

CR13-02
*COMAS IS CLEACHDADH CÀNAIN
SA CHOIMHEARSNACHD, AGUS
AN CUNNTAS-SLUAIGH 2011*

Aithisg Bòrd na Gàidhlig

2016

Gillian Rothach, Iain Mac an Tàilleir, Brian Dòmhnallach
Sabhal Mòr Ostaig



Geàrr-chunntas

Amasan an rannsachaidh: Bha trì amasan san rannsachadh seo: tuigse fhaighinn air mar a thuig agus a fhreagair daoine ceistean Gàidhlig sa chunntas-shluaigh; tuigsinn fhaighinn tro dhàta eimprigeach air dè as ciall dhan dàta staitistigeach mun Ghàidhlig a bha clàraichte ann an Cunntas na h-Alba 2011; agus tuigse fhaighinn air diofaran ann an comas agus cleachdadh na Gàidhlig a rèir diofar dhaoine is choimhearsnachdan.

Dòighean rannsachaidh: Thaghadh ceithir coimhearsnachdan rannsachaidh a bhiodh a' riochdachadh: far a bheil Gàidhlig na mòr-chànan (na Meadhanan, Uibhist a Deas), far a bheil i na mion-chànan ach aig ceudad nas àirde na an gnàth-cheudad nàiseanta (an t-Àth Leathann, san Eilean Sgitheanach), àireamh àrd de luchd na Gàidhlig ach le ceudad ìseal den t-sluaigh (Obar Dheathain), agus Pannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig a tha air a thogail gus feartan sluaigh na Gàidhlig an Alba, a rèir a' Chunntais-shluaigh, a thaisbeanadh. Rinneadh trì ceisteachain a bha a' sireadh fios, airson inbhich agus clann, air feartan an luchd-bruidhinn, comasan cànan, cleachdadh cànan, agus barailean mun Ghàidhlig. Mar phàirt dhe seo, chuireadh ceistean air daoine a bha faisg air ceistean sa Chunntas-Shluaigh 2011.

Rinneadh agallamhan cuideachd le daoine sna coimhearsnachdan a bha an sàs le iomairtean cànan.

Chruthaich eadh sgèile fhileantachd agus chaidh agallamhan fòn an cumail gus measadh neach-teagasg cànan a dhèanamh a ghabhadh cur ri taobh nan fèin-mheasaidhean air sgèilean cànan sna ceisteachain agus a ghabhadh cur ri taobh freagairtean gu ceistean mu chomasan cànan agus cleachdadh cànan san dachaigh, a bha sa Chunntas-Shluaigh 2011. Thàinig an sgioba rannsachaidh gu co-dhùnaidhean, tro na dòighean obrach seo, air prìomh amasan is freagairtean dha na ceistean rannsachaidh.

Toraidhean rannsachaidh: Tha an rannsachadh a' sealltainn, ma tha comas, no 'ability', sa cheist aig a' chunntas-shluaigh co-ionnan ris na ceithir ìrean as àirde air sgèile an Common European Framework of Reference for Languages (2001) – an CEFR - gu bheil na toraidhean aig a' chunntas-shluaigh gu math earbsach. Tha an rannsachadh cuideachd a' sealltainn, mur an gabhar ach a' chiad trì ìrean de fhileantachd (fèin-mheasadh) bonntaichte air sgèile an CEFR mar mhèineachadh air comas, tha cuibhreann de luchd-freagairt caran mòr ann aig ìre 4 (còmhradh bunaitich air cuspairean làitheil); agus lùghdaich eadh seo àireamhan luchd bruidhinn na Gàidhlig a tha gan sealltainn sna cunntasan-sluaigh.

Cuideachd, shealladh san rannsachadh gu bheil na briathran sa cheist sa chunntas mu chleachdadh na Gàidhlig aig an taigh ro fhosgailte a bhith cinnteach dè tha na freagairtean a' ciallachadh a thaobh trichead cleachdaidh.

B' e ar moladh gun tèid beachdachadh as ùir air faclan is mìneachadh cheistean cànan sa chunntas-shluaigh, gus am bi e nas soilleire do shluaigh na h-Alba na tha ga fhaighneachd, eadar na tha comas a' ciallachadh, agus na tha cleachdadh san dachaigh a' ciallachadh.

Sheall an rannsachadh cuideachd gu bheil pàtran ag èirigh de chrìonadh bho fhileantachd gu luchd-bruidhinn le beagan comais sa Ghàidhlig. Shealladh cuideachd mar a tha fileantachd gu mòr ceangailte ri Eileanaich, ge brith càite bheil iad a' fuireach, agus gu bheil beagan comais aig timcheall air ìre 4 agus nas laige air sgèile an CEFR ri daoine eile.

Shaoileadh leis an sgioba rannsachaidh gun robh e doirbh daoine le Gàidhlig a lorg nuair a bha iad sgaoilte ann an coimhearsnachdan anns nach robh mòran Gàidhlig. Chunnacas gum bi seo na dhuilgheadasan airson iomairtean cànan an-dràsta agus san àm ri teachd, agus mholadh togail air a' mhion-fhiosrachadh aig Cunntas na h-Alba gus barrachd rannsachaidh a dhèanamh air daoine is dachaighean le Gàidhlig, fo sgeith Cunntas na h-Alba, gus rannsachadh domhainn a dhèanamh ann an Cunntas Gàidhlig a bhiodh mar bhunait làidir airson phlanaichean cànan.

Mhol an sgioba rannsachaidh gun tèid goireas ùr nàiseanta no sgìreil, mar seirbheis fòn, a chruthachadh a bheireadh cothrom do dhaoine le cion mhisneachd, cion no pailteas sgilean cànan, bruidhinn ri chèile gus nach biodh iad cho sgapte agus aonrach is dòcha, agus gus am faigheadh iad air na sgilean cànan aca a neartachadh.

A thaobh feartan, comas is cleachdadh cànan luchd na Gàidhlig, cha robh ach aon choimhearsnachd san rannsachadh far a bheil Gàidhlig ga cleachdadh a-staigh is a-muigh gu h-àbhaisteach mar chànan làitheil leis a' mhòr-chuid a tha fileanta – anns na Meadhanan. Shaoilear gu bheil gluasad cànan ri fhaicinn sna Meadhanan, gu h-àraidh a thaobh nan cleachdaidhean cànan aig clann taobh a-mach na dachaigh is na sgoile; ach cha robh àireamhan mòra de chlann ann airson a bhith buileach cinnteach às an toradh. Shaoilear cuideachd gur dòcha gu bheil gluasad cànan ri fhaicinn gu ìre bhig sna cleachdaidhean cànan eadar pàrant is pàiste sna Meadhanan, ach cha robh an fhianais ro mhòr.

Tha Gàidhlig san dualchas teaghlach na fhactar reusanta cudromach a thaobh coltas gum bi neach a bhith le comas sa Ghàidhlig. Bha Gàidhlig tric a' nochdadh aig a' mhòr-chuid de bhuidhinn aois nuair a thàinig e gu òigridh a dh'fhaodadh a bhith air a dhol tro Fhoghlam tro Mheadhan na Gàidhlig agus gu daoine os cionn 50 bliadhna a dh' aois.

Chunnacas anns a h-uile coimhearsnachd ach na Meadhanan gum bi clann a' togail Beurla mar as trice/a-mhàin mar an ciad cànan, agus gum bi pàrantan is clann a' bruidhinn ri chèile sa Bheurla a' mhòr-chuid/fad na h-ùine. Tha seo ag innse gu bheil tar-chur cànan sna dachaighean seo air tighinn gu stad – agus bha seo fìor sa h-uile h-àite airson a' mhòr-chuid, ach sna Meadhanan. Bha cuibhreann ann, ged-thà, a bha a' dèanamh oidhirp gus Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice a bhruidhinn ris a' chloinn.

Chunnacas gum bi a' mhòr-chuid dhen chloinn sa h-uile sgìre a' cleachdadh nam meadhanan, mar TV, radio, leabhraichean msaa, sa Bheurla a' mhòr-chuid/fad na h-ùine. Ach anns na Meadhanan, bha deagh chuid a' cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig.

Anns an rannsachadh seo, bha an ìre de over-reporting air sgìlean cànan gu math beag is cha bhiodh seo air diofar a dhèanamh air toraidhean a' chunntais shluaigh (a thaobh a' chiad ceithir ìrean as àirde air sgèile an CEFR). Bha tomhas de under-reporting air sgìlean cànan ga dhèanamh anns na Meadhanan ged-thà, ach a-rithist, cha bhiodh seo air buaidh a thoirt air earbsachd a' Chunntais-Shluaigh.

Shaoilear gu bheil dà dhiofar slighean a dhith gu planadh cànan leis na seòrsa coimhearsnachdan a chaidh sgrùdadh san rannsachadh seo: plana cànan a bhiodh ceangailte gu planaichean bun-structar eaconomaidh is comainn, airson na Meadhanan is coimhearsnachdan eile far a bheil a' Ghàidhlig na mòr-chànan ga cleachdadh gu làitheil; agus planadh airson ceangal is conaltradh, agus togail cànan is cleachdadh cànan sna sgìrean eile far a bheil luchd-bruidhinn sgapte, agus far a bheil mòran a bharrachd dhaoine nach eil fileanta.

Summary

Aims of the research. This research had three aims: to gain an understanding of how respondents with Gaelic ability understood and answered the Gaelic questions in the Census; to gain an understanding through empirical data of the implications of the statistical data on Gaelic recorded in Scotland's Census 2011; and to gain an understanding of the difference in Gaelic ability and use to be expected from various types of user and community.

Research methods. Four research communities were chosen that would represent: where Gaelic is a majority language (na Meadhanan, South Uist), where Gaelic is a minority language but is possessed by a larger percentage of the national population (Broadford, Isle of Skye), Gaelic possessed by a high number of people but representing a low percentage of the population (Aberdeen), and the National Gaelic Research Panel, which is constructed to reflect the main features of the Gaelic population in the 2011 Census. Three questionnaires were administered which sought information from adults and children regarding their characteristics, language abilities, language use and language attitudes. As part of this, questions were posed which closely resembled questions asked in the national census.

Interviews were also undertaken with key individuals in the communities who were involved in language initiatives.

A fluency scale was created and phone interviews were held by a language teacher, the results of which could be analysed in conjunction with the self-assessments of language skills and with respondents' answers to the questions which were close to those asked in the census, 2011. The research team reached their conclusions, using these methods, to the questions contained in the research aims.

Research results. The research shows that if 'ability' in the census questions correlate to the top four levels of ability in the Common European Framework of Reference for Languages (CEFR) scale, that the census results are reliable. The research also shows that if only the top three levels of fluency used in the self-assessment section (ie the CEFR scale) are counted, the proportion of respondents at level four is quite large (able to have a basic conversation on daily subjects); this would reduce the numbers of speakers of Gaelic shown in the census results.

Also, the research showed that the wording used in the census regarding Gaelic use in the home is too open to interpretation to be sure of what responses mean in terms of frequency of use (of Gaelic).

We suggest that more reflection is given to the words used and interpretation guidelines for Gaelic questions in the census, so that it is clearer for Scottish residents what is being asked, in terms of what ability means, and in terms of what use in the home means.

Further, the research showed that a pattern emerges of language attrition, from fluency to people with some ability in Gaelic. It was also shown that fluency is strongly connected to being an Islander, wherever they reside currently, and that non-Islanders typically have some ability at level 4 (CEFR) or weaker, instead of fluency.

The researchers found that it was difficult to find Gaelic speakers when they were in communities where there wasn't much Gaelic. It was thought that this poses a current and future challenge for language initiatives, and it was recommended that more can be made of the detailed information gathered by the census in order to further research the people and households with Gaelic, under the aegis of the census, in order to carry out a deeper Gaelic Census, which would be then form a strong basis for language plans.

The research team recommends the creation of a new national or area-based resource, such as a phone service for improving or using one's Gaelic language skills. This would give opportunities to those with low confidence in speaking Gaelic or who are isolated, or who have low or high ability in speaking Gaelic, an opportunity to speak to others.

In terms of attributes of speakers, their abilities and use of Gaelic, and their opinions about Gaelic, there was only one research community where Gaelic is widely used at home and out in the community as a daily language with the majority, who are fluent – in the Meadhanan, Uist. It is suggested that language shift is apparent however in the Meadhanan, especially in regard to children's use of Gaelic outside the home and the school; but the research had only low numbers of children upon which to offer this conclusion. The researchers also thought that language shift is to be seen to a small degree in the language use patterns between parent and child in the Meadhanan, but the evidence was limited.

Having Gaelic in one's family background was a fairly important factor in indicating an involvement with Gaelic. Gaelic ability amongst the majority of the age group appeared in relation to young people of an age to have benefitted from Gaelic Medium Education, as to people older than 50 years of age.

In every community except the Meadhanan, the majority of children had English mainly or only as their first language, and in the majority of cases parents and children speak mainly or only English to each other. This would indicate that inter-generational transmission of Gaelic between adult and child has ceased or not come to pass yet in these families. This was the case for the majority of cases except in the Meadhanan. There was also a section of the respondent community where an effort is being made to use only Gaelic or mainly Gaelic between a parent and child.

The majority of children in every community used the media, such as TV, radio, books and so on, through mainly or only English. However, use of the Gaelic media particularly by adults was marked in the Meadhanan.

In this research, the amount of over-reporting of language skills was small and would have made no difference to the census results (when based on the four highest language abilities on the CEFR scale). There was a small amount of under-reporting in the Meadhanan area of Gaelic ability, which again would have made no difference to the overall census results.

The research team suggest that there are at least two different sets of approaches to language planning, according to the research communities studied here: language planning that is also connected to economic and social infrastructure planning, for the Meadhanan and communities where Gaelic is a majority language in use on a daily basis; and planning for connections and conversations, and for raising ability and language use in other more disparate communities and areas, where there are higher percentages of those who are semi-fluent.

Buidheachas

Tha an luchd-rannsachaidh fada an comainn nan daoine agus nam buidhnean a leanas, airson an taice, an fhiosrachaidh, is an deagh ghean a sheall iad dhan sgioba rannsachaidh - ged a bha iad fhèin cho trang - fhad's a bha an rannsachadh a' dol air adhart. Tapadh leibh gu mòr.

Baile Obar Dheathain

Buill Club Gàidhlig Obar Dheathain

Bunsgoil Ghilcomstoun, agus pàrantan na cloinne ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig

Mary Owens, Marsaili NicLeòid, agus Comataidh Club Gàidhlig Obar Dheathain

Dawn MacLean, neach-comhairle phàrant aig Comann nam Pàrant

Coinneach MacCoinnich, neach-teagaisg Gàidhlig, Àrd-sgoil Hazlehead

Cairistiona Walker, a bha na neach-teagaisg agus na h-òraidiche san oilthigh an Obar Dheathain air a' chùrsa airson tidsearan Gàidhlig sa bhunsgoil a thrèanadh

Ceannard Comhairle Baile Obar Dheathain; agus Anna Thirkell, Oifigear Gàidhlig Comhairle Baile Obar Dheathain

An t-Urramach Daibhidh Mac a' Phearsain, Eaglais Shaor Bhon Accord.

An t-Àth Leathann, san Eilean Sgitheanach

Luchd-freagairt nan ceisteachain san Àth Leathann

Luchd-taic rannsachaidh: Brenda Howieson, Ruairidh Greumach, Brian Dòmhnallach, Màiri Ruiseal

A' Bhean-Phòsta Ghreumach, is a mac Ruairidh Greumach, Breacais

An Comhairliche Hamish Friseal

Bunsgoil an Àth Leathainn

Sine Gillespie, Comunn na Gàidhlig.

Uibhist a Deas

Luchd-freagairt nan ceisteachain anns na Meadhanan

Luchd-obrach agus buill comataidh stiùiridh Cheòlais: Liam Crouse, Màiri Schmoller, Iain Dòmhnallach, Màiri T. NicAonghais, Catrìona Nic an t-Saoir

Gemma Steele, neach-taic rannsachaidh

Mgr Mìcheal MacDhòmhnaill, Eaglais Bhòrnais

An Comhairliche David Blaney

Oifigearan aig Comhairle nan Eilean Siar: Malcolm Burr, Bernie Chisholm, Sgioba na Gàidhlig, Uilleam MacDhòmhnaill, Dòmhnall Iain MacDhòmhnaill

Cothrom: Barbara MacDhòmhnaill

Sgoil Dhalabroig (Anne Graham), agus Sgoil an Ìochdair (Màiri Nic an Aonghais, is a sgioba)

A' Choimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta

Lèirsinn agus buill Pannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig

Comataidh Rannsachaidh Bòrd na Gàidhlig

Peadar Morgan, Daibhidh Boag, agus an t-Ollamh Fiona O' Hanlon

Sabhal Mòr Ostaig

Murchadh MacLeòid, Caoimhín Ó Donnaille, Iain Tormod MacLeòid

Clàr-innse

Geàrr-chunntas.....	2
Summary.....	6
Buidheachas.....	9
Clàr-innse.....	11
Liosta de Dhealbhan	14
Giorrachaidhean	15
1. Cùl-Eachdraidh a’ Phròiseict	16
1.1. Ro-ràdh.....	16
1.2. Dòighean rannsachaidh	18
2. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànan: Coimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig.....	32
2.1. Ro-ràdh.....	32
2.2. Feartan (Inbhich).....	32
2.3. Comas Cànan (Inbhich)	40
2.4. Comas Cànan (Inbhich)	42
2.5. Cleachdadh Cànan (Inbhich)	45
2.6. Barailean air a’ Ghàidhlig (Inbhich).....	46
2.7. Comas Cànan (Clann)	53
2.8. Cleachdadh Cànan (Clann)	54
2.9. Co-dhùnadh.....	55
3. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànan sna Meadhanan, Uibhist a Deas	59
3.1. Ro-ràdh.....	59
3.2. Feartan (Inbhich).....	67
3.3. Comas Cànan (Inbhich)	76
3.4. Cleachdadh Cànan (Inbhich)	79

3.5. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich).....	80
3.6. Feartan (Clann).....	84
3.7. Comas Cànnain (Clann)	87
3.8. Cleachdadh Cànnain (Clann)	89
3.9. Co-dhùnadh.....	89
4. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànnain san Àth Leathann	95
4.1. Ro-ràdh.....	95
4.2. Feartan (Inbhich).....	99
4.3. Comas Cànnain (Inbhich)	108
4.4. Cleachdadh Cànnain (Inbhich)	110
4.5. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich).....	112
4.6. Feartan (Clann).....	115
4.7. Comas Cànnain (Clann)	119
4.8. Cleachdadh Cànnain (Clann)	121
4.9. Co-dhùnadh.....	121
5. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànnain ann an Obar Dheathain	128
5.1. Ro-ràdh.....	128
5.2. Feartan (Inbhich).....	133
5.3. Comas Cànnain (Inbhich)	142
5.4. Cleachdadh Cànnain (Inbhich)	145
5.5. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich).....	146
5.6. Feartan (Clann).....	149
5.7. Comas Cànnain (Clann)	152
5.8. Cleachdadh Cànnain (Clann)	153
5.9. Co-dhùnadh.....	154
6. A' Chlann gu Lèir san Rannsachadh	160

7. Comas Càinain	163
7.1. Ro-ràdh.....	163
7.2. Toraidhean air Fèin-mheasadh sna Ceisteachain agus Coimeasan le Sgèile Measadh Fileantachd aig Sabhal Mòr Ostaig.....	164
7.3. Toraidhean air Fèin-mheasadh sna Ceisteachain agus Freagairtean gu Ceistean a Bha Coltach ri Ceistean a’ Chunntais-Sluaigh sna Ceisteachain.....	170
7.4. Co-dhùnadh.....	173
8. Co-dhùnaidhean	174
9. Tùsan.....	185
10. Pàipearan-taice	187

[Toc441156555](#)

Liosta de Dhealbhan

Dealbh 1: Luchd-cuideachaidh sna Meadhanan ag obair leis na ceisteachain

Dealbh 2: Doras oifis Cheòlais, Dalabrog, Uibhist a Deas

Dealbh 3: Luchd-cuideachaidh nan ceisteachan sna Meadhanan, Gemma Steele agus Liam Crouse

Dealbh 4: Duilleag-aghaidh Club Gàidhlig Obar Dheathain

Dealbh 5: Luchd-cuideachaidh san Àth Leathann a' tòiseachadh air ceisteachain a sgaoileadh

Dealbh 6: Air a' chladach, taobh siar Uibhist a Deas

Dealbh 7: Sgoil Dhalabroig, Uibhist a Deas

Dealbh 8: Talla Staoinebrig – talla coimhearsnachd, Uibhist a Deas

Dealbh 9: Cothrom, Uibhist a Deas

Dealbh 10: Taigh-tasgaidh Chill Donain, Uibhist a Deas

Dealbh 11: Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas

Dealbh 12: Soidhne rathaid dà-chànanach airson Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas

Dealbh 13: Bho Loch Bhacasaraigh, a' coimhead air pìos de Staoinebrig, Uibhist a Deas

Dealbh 14: Caisteal Ormacleit, Uibhist a Deas

Dealbh 15: Each air a' mhonadh, Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas

Dealbh 16: An t-Àth Leathann san Eilean Sgitheanach

Dealbh 17: Bunsgoil an Àth Leathain san Eilean Sgitheanach

Dealbh 18: An t-Àth Leathann bho Achadh a' Chùirn, le Beinn na Caillich sa chùil

Dealbh 19: Bùithtean san Àth Leathann

Dealbh 20: Dealbh le Club Gàidhlig Obar Dheathain air an duilleag-aghaidh aca air Facebook

Dealbh 21: Bunsgoil Ghilcomstoun – sgoil Bheurla le ionad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig

Dealbh 22: Còisir Gàidhlig Obar Dheathain, bhon duilleig-lìn air Facebook

Giorrachaidhean

BnG	Bòrd na Gàidhlig
CA	Ceisteachan A
CB	Ceisteachan B
CC	Ceisteachan C
CEFR	<i>Common European Framework of Reference for Languages: Learning, teaching, assessment (2001)</i>
CNA	Clàraidhean Nàiseanta na h-Alba (National Records of Scotland (NRS))
CnaG	Comann na Gàidhlig
CnamP	Comann nam Pàrant
CS 2011	Cunntas-Sluaigh 2011
CRNG	Coimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig
FMB	Foghlam tro Mheadhan na Beurla
FMG	Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
NRS	National Records of Scotland (Clàraidhean Nàiseanta na h-Alba (CNA))
SMO	Sabhal Mòr Ostaig

1. Cùl-Eachdraidh a' Phròiseict

1.1. Ro-ràdh

An Co-theagsa Nàiseanta agus Amasan an Rannsachaidh

Tha Cunntas-sluaigh 2011 a' taisbeanadh sìor-chrìonadh ann an àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig anns na sgìrean traidiseanta, agus a' Ghàidhlig air a dhol na mion-chànan ann an cuid de cheàrnaidhean nan Eilean Siar, m.e. taobh an iar Bharraigh, an Rubha agus Beàrnaraigh Ùig, aig an aon àm ri neartachadh mun ear is mu dheas, gu h-àraidh ann an Cathair agus Siorrachd Obar Dheathain.

'S e goireas feumail a tha sa Chunntas ann a bhith a' gabhail os làimhe rannsachadh air comas agus gu ìre cleachdadh cànan sa Ghàidhlig; mar eisimpleir, ann an 2011 chaidh faighneachd mu chànan an dachaigh, agus chaidh stòran-dàta a' Chunntais [scotlandscensus.gov.uk] cur gu feum mar bhunait den rannsachadh. Mar a thèid mìneachadh seo shìos, ged-thà, bha feum air diofar innleachdan rannsachaidh airson dèanamh cinnteach gum bi na toraidhean cho seasmhach agus cho earbsach agus as urrainn.

Bha an sgioba rannsachaidh a' faicinn gun robh diofar eileamaidean no fho-phròiseactan eadar-dhealaichte ach co-cheangailte an cois an sgrùdadh seo, agus thèid mìneachadh seo shìos cuideachd mar a bha e san amharc iad sin a ghabhail os làimh.

Mar a bha Speac Pròiseict CR13-02 a' dèanamh soilleir, tha 'dealbh nas coileanta air far a bheil laigsean agus cothroman airson planadh cànan dhan Ghàidhlig' a dhìth, agus ri linn an cuid eòlais air sgrùdadh coimhearsnachd agus obair staitistigeach, dh'fheuch an sgioba-rannsachaidh dealbh choileanta a tharraing agus beàrnan san eòlais a lìonadh.

Airson an 'dealbh nas coileanta' fhaotainn, bha e fa-near don sgioba rannsachaidh na trì toraidhean aig Bòrd na Gàidhlig a choileanadh:

- tuigse tro dhàta eimpirigeach air dè as ciall dhan dàta staitistigeach mun Ghàidhlig air a chlàradh ann an Cunntas na h-Alba 2011;
- tuigse air an diofar ann an comas is cleachdadh na Gàidhlig a rèir diofar seòrsa cleachdaiche is coimhearsnachd;
- tuigse air mar a bha luchd-freagairt le Gàidhlig a' tuigsinn agus a' freagairt nan ceistean Gàidhlig sa Chunntas.

An Sgioba Rannsachaidh

Chaidh an rannsachadh a chruthachadh, a chur an gnìomh, a sgrùdadh agus a sgrìobhadh le ceathrar luchd-obrach aig Sabhal Mòr Ostaig:

- **Iain Mac an Tàilleir (IST)**: eòlas spèisealta air Gàidhlig sa chunntas-shluaigh, agus air measadh sgìlean cànan; chruthaich Iain an sgèile measadh fileantachd agus chuir e ri cruthachadh nan ceisteachain is dealbhadh an rannsachaidh gu lèir;
- **Brian Dòmhnallach (BD)**, ionad rannsachaidh Lèirsinn: dealbhadh cheisteachain; agus anailis dàta air SPSS; agus thug e beachdan air ciall nan toraidhean statistigeach;
- **Gillian Rothach (GR)**: rannsachadh sna coimhearsnachdan an Uibhist, Obar Dheathain agus san Àth Leathann; sgrìobhadh na h-aithisg (ach an earrann air na h-agallamhan fòn, a tha sgrìobhte le Murchadh MacLeòid).

Ghabh neach-obrach eile aig Sabhal Mòr Ostaig pàirt chudromach san rannsachadh: dh'obraich Iain Mac an Tàilleir le **Murchadh MacLeòid (MMM)**, neach teagaisg cànan, gus slatan-tomhais a chruthachadh air fileantachd; rinn MMM na còmhradhean is agallamhan fòn agus mheas e gach duine a thaobh ìre fileantachd. Sgrìobh e an earrann dhen aithisg a thug mìneachadh air sgìlean cànan dhaoine a bhruidhinn ris air a' fòn (Caibideil 7).

A bharrachd air an sgioba rannsachaidh oifigeil, fhuair e taic fìor chudromach bho **eòlaichean sna sgìrean rannsachaidh** a thug seachad comhairle air an dòigh as fheàrr air daoine a bhrosnachadh, air sgìrean ionchaidh, air luchd-taice agus gu leòr eile: *faicibh 1.2 Dòighean rannsachaidh*; agus fhuair e taic ionmholta bho **dhaoine anns na diofar choimhearsnachdan rannsachaidh**, a lìon na ceisteachain agus a ghabh pàirt sna h-agallamhan fòn.

'Coimhearsnachd'

Tha co-dhiù ceithir diofar sheòrsachan 'coimhearsnachd' ann, a rèir cuid acadaimigich, nam measg: coimhearsnachd fiosaigeach ann an sgìre, coimhearsnachd ann an seadh samhlauchail, coimhearsnachd ann an seadh phoileataigeach agus coimhearsnachd a tha mar lionradh (Munro & Hart, 2000). Gu bunaiteach, tha coimhearsnachd a' ciallachadh na h-ùidhean no na ceanglaichean a tha a' tarraing dhaoine ri chèile. Faodaidh diofar chèill de choimhearsnachd a bhith aig coimhearsnachd, uile aig an aon àm, cuideachd: dh'fhaodadh daoine ann am baile can ann an Leòdhas a bhith mar choimhearsnachd fhiosaigeach ann an sgìre, coimhearsnachd shamlauchail, coimhearsnachd

phoileataigeach agus coimhearsnachd lìonraidh. Ach feumar cuimhneachadh cuideachd nach eil beachdan ball coimhearsnachd sam bith an aon rud ri beachdan buill eile, nuair a thig e gu ceistean ballrachd agus crìochan; mar sin, tha ‘coimhearsnachd’ ga thuigsinn an seo aig ìre gu math farsaing – aig ìre teòiridheil, mar gum biodh.

Chan e prìomh obair a’ phròiseict rannsachaidh seo sgrùdadh mionaideach a dhèanamh air mar a tha coimhearsnachd is cànan a’ tighinn còmhla, no dè as ciall do choimhearsnachd is coimhearsnachd cànan; ach feumar ainmeachadh gu bheil gach seòrsa coimhearsnachd ga thaisbeanadh anns na h-adhbharan airson na ceithir coimhearsnachdan a thaghte a shònrachadh san rannsachadh (*faicibh 1.2. Dòighean rannsachaidh, fodha*). Bhiodh coimhearsnachd nam Meadhanan ann an Uibhist a’ gabhail a-steach gach seòrsa ainmichte gu h-àrd; tha Gàidhlig san t-Àth Leathann san Eilean Sgitheanach na coimhearsnachd cànan a tha a’ nochdadh ann an àitean sònraichte mar an sgoil/cròileagan is ann an còmhruidhean eadar luchd na Gàidhlig (coimhearsnachdan ùidh). Tha coimhearsnachd Obar Dheathain ag obair ann an coimhearsnachdan ùidh agus lìonraidhean nas sgapte buileach na an t-Àth Leathann, leis a’ mhòr-chuid de luchd-bruidhinn nan luchd-ionnsachaidh agus le cuid às na h-Eileanan/Ghàidhealtachd.

1.2. Dòighean rannsachaidh

Sgilean Cànan is Measadh Sgilean Cànan

Chleachdadh an *Common European Framework of Reference for Languages: Learning, teaching, assessment* (2001) – an ‘CEFR’ - gus sgèile a chruthachadh airson gach comas cànan (bruidhinn, tuigsinn, sgrìobhadh is leughadh) a mheasadh sna ceisteachain; agus chaidh iarraidh air inbhich fèin-luachadh a dhèanamh orra fhèin, agus às leth na cloinne aca. Chaidh am fiosrachadh seo a chur ri taobh beachd eòlaiche measadh sgilean cànan, agus ri taobh tuigsinn agus freagairt an duine dha na ceistean a bha coltach ri ceistean a’ chunntais-shluaigh, feuch dè na beachdan a ghabhadh togail gu ìre air cothromachd fèin-luachaidhean agus earbsachd toraidhean a’ chunntais-shluaigh.

Dh’fheuchadh ri luchd-labhairt na Gàidhlig a lorg anns na coimhearsnachdan. Sna Meadhanan an Uibhist, cha mhòr nach robhar aig a h-uile taigh san sgìre; san Àth Leathann, dh’fheuchadh gach doras agus chaidh comhairle iarraidh air daoine san àite air cò aig a bha a’ Ghàidhlig san sgìre.

Ann an Obar Dheathain, chaidh daoine le Gàidhlig a lorg tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain, tro chonaltradh le Eaglais Shaor Bon Accord gus daoine sa choithional le Gàidhlig a lorg, agus tro cheangal ri pàrantan cloinne ann am FMG sa bhunsgoil. Bu chòir innse, ged a rinneadh oidhirp mhòr gus daoine le Gàidhlig a lorg, gun robh am sampall an crochadh gu mòr air lìonradh Club Gàidhlig Obar Dheathain – agus le seo, tha sinn faiceallach mu cho

riochdachail is a tha na toraidhean bho Obar Dheathain. Tha Club Gàidhlig Obar Dheathain an sàs ann an clasaichean ionnsachadh cànan air an oidhche is air an deireadh-seachdain, agus cèilidhean, sanasachd tachartasan co-cheangailte ris a' Ghàidhlig sa bhaile, agus ma dh' fhaoidte gu bheil an àireamh de luchd-ionnsachaidh cànan sa bhallrachd aig a' Chlub nas àirde na an sluagh gu lèir le Gàidhlig ann an Obar Dheathain. Dh' innis dithis a tha an sàs ann an ruith a' Chlub nach eil e air a bhith soirbh dhaibh daoine le Gàidhlig nan dualchas a lorg, a tha a' fuireach ann an Obar Dheathain no sa sgìre timcheall, no am faighinn gu tachartasan Gàidhlig sa bhaile.

Bha a' choimhearsnachd rannsachaidh nàiseanta, airson beachdan luchd na Gàidhlig a rannsachadh - CNRG - ann mar-thà, agus chaidh cuireadh a chur air post-dealain dhan phannal gu lèir pàirt a ghabhail san rannsachadh.

Sgrìobh cuid sna ceisteachain gum biodh iad deònach bruidhinn ris a' sgioba mu an cuid Gàidhlig. Thaghte daoine bho liosta airson gach sgìre, a rèir an robh iad a' riochdachadh profile na sgìre a thaobh aois, gnè, agus a rèir comas labhairt/ an ìre air an sgèile (nam beachd fhèin). Thaghadh 60 duine eadar nan ceithir coimhearsnachdan, agus fhuairteadh freagairtean air a' fòn bho 49 (chaidh fònadh gu càch aig diofar amannan dhen latha, ach cha d'fhuairteadh freagairt).

Airson measadh cànan a dhèanamh, chaidh liosta de phuingean a tha a' comharrachadh diofar ìrean gràmair a phòsadh ris an CEFR, agus chaidh seo a chur ri chèile le eòlaichean teagasg cànan aig SMO: Iain Mac an Tàilleir agus Murchadh MacLeòid. Thog iad air an sgèile a rinneadh airson Bòrd na Gàidhlig ann an 2012, a bha bonntaichte air an Common European Framework (2001), gus sgèile measadh sgilean cànan sa Ghàidhlig a chruthachadh, a ghabhadh cleachdadh ann an agallamhan fòn.

Taghadh nan coimhearsnachdan

A' cleachdadh dàta bhon Chunntas-Shluaigh 2011, thaghte trì coimhearsnachdan:

- a. far a bheil a' Ghàidhlig na mòr-chànan
Census code HS8 5: Na Meadhanan, Uibhist a Deas (144 daoine le Gàidhlig = 76% den t-sluagh)
- b. far a bheil a' Ghàidhlig na mion-chànan ach aig ceudad nas àirde na an gnàth-cheudad nàiseanta
Còd a' Chunntais-Shluaigh HS49 9 (an t-Srath): An t-Àth Leathann, san Eilean Sgitheanach (125 = 17% den t-sluagh)
- c. far a bheil a' Ghàidhlig aig àireamh àrd ach ceudad ìseal den t-sluagh

Obar Dheathain (1,626 = 0.8%).

[Àireamhan bho Mhac an Tàilleir (2014).]

Ann an trì coimhearsnachdan seo uile, bha Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ri fhaotainn – mar a dh' iarr am Bòrd san tagradh rannsachaidh.

- d. Rinn an sgioba rannsachaidh co-dhùnadh coimhearsnachd eile a thaghadh, daoine a bha air pannal airson Lèirsinn, leis an ainm, Coimhearsnachd Nàiseanta Rannsachadh na Gàidhlig (CNRG)

Aig an toiseach, bha an sgioba rannsachaidh an dùil rannsachadh a dhèanamh san sgìre as làidire a rèir CS 2011, eadar Cill Pheadair agus Gleann Dail an ceann a deas Uibhist a Deas; ach leis cho beag is a bha an àireamh de chloinn, agus air comhairle eòlaichean ann an Uibhist, is as dèidh cead fhaighinn bho Bhòrd na Gàidhlig, chaidh co-dhùnadh coimhead air sgìre nam Meadhanan. Is iad na Meadhanan, agus Sgalpaigh na Hearadh, na h-aon sgìrean aig CS 2011 a bha, a thaobh ceudad de luchd-bruidhinn na Gàidhlig, os cionn 75%, is iad le chèile aig 76%. Thathas an seo a' gabhail ris gu bheil 75% agus nas àirde mar chomharra air cànan a tha ga bruidhinn san dachaigh/choimhearsnachd gu làitheil.



Dealbh 1: Luchd-cuideachaidh sna Meadhanan ag obair leis na ceisteachain - Gemma Steele agus Liam Crouse – is iad a' dol timcheall nan dorsan sna Meadhanan, Uibhist a Deas

Ceisteachain

Chruthaich eadh trì ceisteachain. Chaidh am bonntachadh air na ceistean a chleachd an sgioba ann an Siabost (*Barail agus Comas Cànan*, 2010). Chleachd an sgioba dreach Beurla dhen cheisteachan – chaidh ar comhairleachadh ann an Uibhist an toiseach, is an uair sin ann an Obar Dheathain, gun robh na ceisteachain gu math mòr agus gum biodh e nas fhasa agus ma dh' fhaoidte nas luaithe do luchd-freagairt na ceistean a fhreagairt sa Bheurla.

Ceisteachan A, airson bun-fhiosrachadh air àireamh, gnè, aois is comas cànan gach neach anns gach taigh a rannsachadh;

Ceisteachan B, airson gach inbheach le Gàidhlig. Bha ceithir earrannan sa cheisteachan seo: Earrann A air bun-fhiosrachadh mun duine (m.e. àite breith, ciad cànan, cànan san teaghlach, obair); Earrann B air comas cànan a thaobh comas labhairt, tuigsinn, sgrìobhaidh is leughaidh; Earrann C air cleachdadh cànan sa choimhearsnachd; agus Earrann D air beachdan air a' Ghàidhlig a' cleachdadh sgèile Likert;

Ceisteachan C, airson gach pàiste le Gàidhlig, a lìonadh pàrant/neach-cùraim às a leth, le earrannan coltach ri A, B is C ann an Ceisteachan B.

Chaidh comhairleachadh fios a sgaoileadh do dhaoine anns na Meadhanan mus nochdar aig an doras, leis nach robh iad eòlach tuilleadh air daoine a' dol timcheall nan dorsan, agus chaidh moladh cuideachd fios mun phròiseact a bha misneachail/positive a sgaoileadh; agus le sin, chaidh fios air an obair a bha gu bhith san sgìre a chur ann an cuairt-litir na h-eaglaise san sgìre – thuirte feadhainn aig na dorsan gun robh iad air seo fhaicinn ro làimhe is shaoilear gun robh an comhairle a bha seo gu math cudromach gu soirbheas an rannsachaidh.

Ann an Obar Dheathain, chaidh fios a sgaoileadh ro làimh air post-dealain le rùnaire a' Chlub, do bhuill Chlub Gàidhlig Obar Dheathain. Bha fios aig buill CRNG ro-làimhe co-dhiù gum bithte a' tighinn thuca bho àm gu àm le cuireadh airson pàirt a ghabhail ann an rannsachaidhean; le sin, chaidh cuireadh thuca ann am post-dealain, le ceangal gu www.SurveyMonkey.co.uk, airson pàirt a ghabhail ann, ma bhathar deònach sin a dhèanamh. San Àth Leathann, thugadh litir do dhaoine còmhla ris na ceisteachain, agus ged a bhathar an dùil fios a chur sa Phàipear Bheag ro làimhe; fhuair eadh àireamh de cheisteachain B air ais a bha faisg air an àireimh a fhreagair sa CS 2011 gu bheil Gàidhlig aca.

Chithear gun robh boireannaich nas dualtaiche na fireannaich ri na ceisteachain, air loidhne gu sònraichte, a lìonadh; tha seo cumanta ann an rannsachadh le ceisteachain.

Ag obair le daoine anns gach coimhearsnachd

Thathar air leth taingeil airson an taic mhòir a fhuair eadh anns na Meadhanan, san Àth Leathann, air loidhne bhon CRNG, agus ann an Obar Dheathain.

Sna Meadhanan: Thug Comhairle nan Eilean Siar am beannachadh dhan rannsachadh an Uibhist (Malcolm Burr, Bernie Chisholm, agus Sgioba na Gàidhlig, Steòrnabhagh; bho Fhoghlam is Fhoghlam Coimhearsnachd, Uilleam MacDhòmhnaiill agus DJ MacDonald, Beinn a' Bhaoghla). Fhuair eadh taic is comhairle bho Chomann na Gàidhlig sna h-Eileanan Siar agus gu h-àraidh bho Chalum Iain MacLeòid agus Mhàiri Anna Chaimbeul: thug iad seachad ainmean dhaoine is ainmean bhuidhnean a bhiodh fiosrach is cuideachail leis an rannsachadh. Bhon sin, ann a bhith a' sireadh òigridh a bhiodh deònach ar cuideachadh le sgaoileadh is togail nan ceisteachan sa choimhearsnachd, fhuair eadh làn thaic chan ann a-mhàin bho Mhàiri Anna Chaimbeul ach cuideachd bho luchd-obrach Cheòlais air fad agus bhon bhòrd stiùiridh (Iain Dòmhnallach, Màiri Schmöller, Liam Crouse, Catriona Nic an t-Saoir, is Màiri T. NicAonghais).



Dealbh 2: Oifis Cheòlais, Dalabrog, Uibhist a Deas

Chuir Ceòlas taic mhòr ris an rannsachadh le bhith a' saoradh oifigear Gàidhlig Cheòlais, Liam Crouse; bha seo air leth cudromach gu soirbheas lìonadh is togail nan ceisteachan sa choimhearsnachd oir bha a' mhòr-chuid eòlach air Liam mar oifigear Cheòlais agus air

neach-cuideachaidh eile, a chaidh a togail san sgìre, Gemma Steele. Coltach ris an rannsachadh a chaidh a dhèanamh ann an Siabost (2010), thuirte gu leòr sa choimhearsnachd gun robh e a’ toirt togail dhaibh a bhith a’ faicinn òigridh le Gàidhlig agus le ùidh sa chànan air na starsnaich aca – agus chuidich e gu mòr gun robh daoine cho measail air obair Liam air cultar is cànan na sgìre agus air obair Gemma sna seirbheisean sòisealta: bha daoine deònach cuideachadh leis gun robh earbsa aca san òigridh iongantach seo.

Fhuair e taic chudromach cuideachd bho na daoine is buidhnean a leanas: Deirdre Steele aig Stòras Uibhist; Mgr Micheal MacDhòmhnail a bhruidhinn ris an neach-rannsachaidh, agus a leig leis an sgioba ceisteachain a chruinneachadh bho bhogsa airson cheisteachain san eaglais ann am Bòrnais; Barbara NicDhòmhnail aig Cothrom; Uilleam MacDhòmhnail is Dòmhnall Iain MacDhòmhnail aig Comhairle nan Eilean Siar (Beinn a’ Bhaoghla); Anne Graham aig Sgoil Dhalabrog; Màiri T. NicAonghais aig Sgoil an Ìochdair agus a sgioba san sgoil, a chuidich le comhairle air òigridh a dh’fhaodadh cuideachadh le ceisteachain a sgaoileadh; agus David Blaney, comhairliche ionadail.



Dealbh 3: Luchd-cuideachaidh nan ceisteachan sna Meadhanan, Gemma Steele agus Liam Crouse, a’ gabhail biadh fhad’s a bha iad a’ dol timcheall nan dorsan leis na ceisteachain; Taobh a Tuath Loch Aineoirt, Uibhist a Deas.

Obar Dheathain: Thathar air leth taingeil do na leanas: Dawn MacLean aig Comann nam Pàrant ann an Obar Dheathain; Marsaili NicLeòid agus Mary Owens aig Club Gàidhlig

Obar Dheathain; Michelle NicLeòid agus Ailig Dòmhnallach aig Oilthigh Obar Dheathain; pàrantan is tidsearan FMG aig Bunsgoil Ghilcomstoun; aig Àrd-sgoil Hazlehead, Ceannard na Sgoile agus an tidsear Gàidhlig, Coinneach MacCoinnich; Anna Thirkell & Comhairle Baile Obar Dheathain; agus An t-Urramach David MacPherson, Eaglais Shaor Bon Accord.

Leis gu bheil daoine le Gàidhlig sgapte air feadh baile agus siorrachd Obar Dheathain is nach eil e comasach a dhol chun nan dorsan gu furasta idir, chaidh bruidhinn le eòlaichean ann an Obar Dheathain aig a bheil ceangal gu daoine a tha an sàs leis a' Ghàidhlig. Fhuair eadhon taic ionmholta bho Chlub Gàidhlig Obar Dheathain, aig a bheil an làrach-lìon is dòigh conaltraidh air tachartasan is cothroman do dhaoine le ùidh/comasan sa Ghàidhlig. Tha an Club a' ruith chlasaichean ionnsachaidh agus a' sanasachd na tha a' dol a thaobh ionnsachadh/cleachdadh na Gàidhlig aig diofar thachartasan ann an Obar Dheathain. Feumar aideachadh, leis mar a tha Club Gàidhlig Obar Dheathain a' ruith chlasaichean Gàidhlig airson luchd-ionnsachaidh, agus gu bheil luchd-ionnsachaidh nas pailte sa bhallrachd na fileantaich, gum faodadh gu bheil an sampall a' clonadh gu luchd-ionnsachaidh; ach gun fios mionaideach bho a leithid cunntas-sluaigh is stòr-data slàn de fhiosrachadh air a h-uile duine le Gàidhlig, chan urrainnear a bhith cinnteach dè cho faisg no eadar-dhealaichte is a tha an sampall.

Chaidh na ceisteachain airson inbhich is clann a sgaoileadh gu daoine le ùidh/comas sa Ghàidhlig tro Chlub Gàidhlig Obar Dheathain; agus chaidh an ceisteachan cloinne a sgaoileadh cuideachd tro Bhunsgoil Gilcomstoun agus tro thidsear Gàidhlig Àrd-sgoil Hazlehead. Chaidh fios air na ceisteachain a sgaoileadh tron eaglais cuideachd. Thathas mothachail bho chòmhradh gu bheil gu h-àraidh fileantaich, agus cuid luchd-ionnsachaidh eile, ann an Obar Dheathain nach eil nam buill aig Club Gàidhlig Obar Dheathain, agus thathar ag aideachadh gun robh e doirbh a bhith cinnteach gun do ràinig an rannsachadh gu leòr dhe na daoine seo. Bha an Club fhèin mothachail gu bheil an ceudad de luchd-ionnsachaidh a tha nam buill aca gu math àrd, agus bha iad fhèin ag ràdh gu bheil e doirbh daoine le Gàidhlig bho thùs às na h-Eileanan/Ghàidhealtachd fhaighinn air an liosta de bhuill.



Dealbh 4: Duilleag-aghaidh Club Gàidhlig Obar Dheathain, bhon duilleig Facebook (<https://www.facebook.com>)

A bharrachd air seo, fhuair eadh beagan fhreagairtean gu Ceisteachan B agus C bho dhaoine air liosta buill Club Gàidhlig Obar Dheathain nach robh a' fuireach sa bhaile fhèin ach a bha a' fuireach faisg air làimh, ann an Siorrachd Obar Dheathain. Chaidh co-dhùnadh a ghabhail gun cleachdadh na freagairtean seo leis mar a bha na daoine seo a' dol dhan bhaile mhòr airson tachartasan Gàidhlig, agus leis nach robh an àireamh bheag de cheisteachain a' dol a chur toraidhean an rannsachadh air iomrall.

An t-Àth Leathann, san Eilean Sgitheanach



Dealbh 5: Luchd-cuideachaidh san Àth Leathann a' tòiseachadh air ceisteachain a sgoileadh:

Brian Dòmhnallach, Gillian Rothach, agus Ruairidh Greumach.

Chaidh sgioba de dhaoine le eòlas air a' bhaile fhastadh gus daoine le Gàidhlig a lorg san Àth Leathann: b' iad Ruairidh Greumach, Brian MacDhòmhnail, Màiri Ruiseal, agus gu sònraichte Brenda Howieson. Cha b' e obair ro fhurasta a bh' ann daoine le Gàidhlig a lorg, oir tron latha, bha mòran de luchd-còmhnaidh a-muigh ag obair nuair a bha an sgioba a' dol timcheall nan dorsan; ach dh' aontaich Brenda Howieson a bhith a' dol a-mach chun nan taighean feasgar. Leis gun robh Brenda a' fuireach san Àth Leathann, chuir cuid na ceisteachain aca air ais dhan taigh aice. Bha e dha-rìribh na chuideachadh gun robh fios aig mòran san sgìre air Brenda, leis gun robh i na neach-teagaisg a bharrachd air na neach-còmhnaidh, san Àth Leathann. Chuidich cèile Brenda le bhith a' tilleadh nan ceisteachain gu sàbhailte is gu dìomhair gu SMO.

Bha Ruairidh Greumach gu math taiceil is cuideachail leis an rannsachadh cuideachd; buinidh Ruairidh dhan ath bhaile a tha, an ìre mhath, na phàirt dhen Àth Leathann, is bha eòlas aig mòran air agus air a theaghlach. Cuideachd, chuidich Ruairidh le eòlas air

buidhnean Gàidhlig san sgìre. Chuidich Ruairidh, a mhàthair Mrs Graham, Brian is Brenda le ainmean dhaoine a bha fios aca a bha air a bhith ag ionnsachadh/a' bruidhinn Gàidhlig no aig an robh buntanas ri sgìrean Gàidhlig.

Coimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig. Chaidh coimhearsnachd ùr a chruthachadh ann an 2012-13 de dhaoine le tomhas de Ghàidhlig, a rèir nam feartan mar aois, gnè is àite-fuirich sa Chunntas-shluaigh 2011 – ach tha beagan a bharrachd òigridh le Gàidhlig air a' phannal na tha sa Chunntas-Shluaigh 2011.

Rinneadh co-dhùnadh coimhearsnachd mar seo a chleachdadh mar shamhla air luchd bruidhinn na Gàidhlig gu nàiseanta, agus mar choimeas do na trì coimhearsnachdan cànan eile, a' tarraing, bhathar an dòchas, air a h-uile seòrsa coimhearsnachd is neach-bruidhinn gu farsaing san dùthaich gum biodh a' choimhearsnachd coltach ri feartan Cunntas-Sluaigh 2011.

Ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh 2011

San speac pròiseict, dh' iarr am Bòrd “tuigse air mar a bha luchd-freagairt le Gàidhlig a' tuigsinn agus a' freagairt nan ceistean Gàidhlig sa Chunntas”, agus “tuigse tro dhàta eimpirigeach air dè as ciall dhan dàta staitistigeach mun Ghàidhlig air a chlàradh ann an Cunntas na h-Alba 2011”.

Bha an sgioba rannsachaidh ga mheas riatanach feuchainn ri freagairtean dhaoine do na ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh 2011 a thuigsinn, leis mar a tha eas-aonta ann am measg sgoilearan air seasmhachd ceistean cànan ann an diofar Chunntasan eadar-nàiseanta (Williams, 1991). Cha robh na ceistean sa Chunntas-Shluaigh 2011 a' faighneachd mu ìrean fileantachd idir; agus mar sin, bha e cudromach beachd a ghabhail bhon rannsachadh, tro na diofar dhòighean air comas cànan a mheas, air dè cho feumail is a tha am fios a gheibhear bho na ceistean sa Chunntas-Shluaigh mu 'an urrainn dhuibh... leughadh/sgrìobhadh/bruidhinn sa Ghàidhlig/a' Ghàidhlig a thuigsinn'.

Tha an sgioba mothachail gu bheil ceistean mòra ann a thaobh na tha 'fileanta' a' ciallachadh, m.e. Martin-Jones & Romaine (1987), ach chleachdadh *Sgèilichean Sgìlean Cànan* (Barail agus

Comas Cànan 2010) mar bhunait pàipear measaidh nas mionaidiche (Pàipear-taice B). Chaidh neach-measaidh fhastadh dhan phròiseact a bha eòlach air luachadh sgilean cànan luchd-ionnsachaidh agus fileantaich [luchd-teagaisg sgilean cànan, a tha a’ teagasg cànan do dh’fhileantaich agus luchd-ionnsachaidh] agus thug e stiùir feumail air cur nan sgèilichean sin an gnìomh.

Airson a’ chiad agus an dàrna toradh seo a choileanadh, shir an sgioba comhairle bhon Phroif. Fiona O’ Hanlon agus fhuair eadh comhairle bho Chlàraidhean Nàiseanta na h-Alba (NRS) a bhith a’ seachnadh nan dearbh cheistean a bha sa chunntas, air adhbharan dìomhaireachd fhiosrachaidh phearsanta.

Nochd na ceistean a bha coltach ri ceistean a’ chunntais-shluaigh mar a leanas; bha iad aig toiseach earrainn (B) sa cheisteachan airson inbhich. ‘S e a bh’ ann an Earrann B, earrann a bha a’ faighneachd mu chomasan an duine ann am bruidhinn, tuigsinn, leughadh is sgrìobhadh, mar a chithear fodha:

BRIATHRAN SA CHUNNTAS-SHLUAIGH 2011	BRIATHRAN SAN OBAIR RANNSACHAIDH SEO
<p>Which of these can you do? Tick all that apply.</p> <p>English Scottish-Gaelic Scots</p> <p>Understand <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/> <input type="checkbox"/></p>	<p>Were you living in the Na Meadhanan area when the 2011 Census was being done?</p> <p><input type="checkbox"/>Yes <input type="checkbox"/>No</p> <p>Please answer the following two questions, adapted from the 2011 Census, based on your current ability and usage of Gaelic.</p> <p>Which of these can you do? Tick all that apply:</p> <p>Scots Gaelic</p>

Speak	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	Understand	<input type="checkbox"/>
Read	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	Speak	<input type="checkbox"/>
Write	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	Read	<input type="checkbox"/>
or				Write	<input type="checkbox"/>
None of these	<input type="checkbox"/>			or	
				None of these	<input type="checkbox"/>
Do you use a language other than English at home? Tick all that apply.				Do you use Gaelic at home?	
<input type="checkbox"/> No, English only <input type="checkbox"/> Yes, British Sign Language <input type="checkbox"/> Yes, other – please write in:				<input type="checkbox"/> Yes <input type="checkbox"/> No	

Mar sin, cha deach iarraidh air daoine na freagairtean aca sa chunntas-shluaigh innse, ach chaidh iarraidh orra ceistean a fhreagairt a bha dèanta stèidhichte air ceistean a' chunntais-shluaigh. Chan ionnan na ceistean, air adhbharan dìomhaireachd fhreagairtean sa Chunntas-Shluaigh. Ach thathar a' meas gu bheil e coltach gun d'fhuaireadh freagairtean san rannsachadh seo a bhiodh gu math faisg air freagairtean sa Chunntas-Shluaigh 2011.

Agallamhan fòn (gus fileantachd a mheasadh)

Chaidh neach-teagaisg cànan bhò SMO a thaghadh (Murchadh MacLeòid – MMM) airson measadh cànan a dhèanamh air a' fòn, le taghadh de luchd-freagairt nan ceisteachain (a sgrìobh gun robh iad deònach a bhith a' bruidhinn mu an cuid fhileantachd) bhò na ceithir buidhnean/sgìrean. Chumadh aire air riochdachadh diofar ìrean fileantachd (bha e aig luchd-freagairt nan ceisteachan ri iad fhèin a mheasadh a thaobh fileantachd), is aire gu riochdachadh gnè is aois. Fheuch a' bhuidheann rannsachaidh 15 neach bhò gach sgìre rannsachaidh (4) a thaghadh. Seo mar a chaidh na h-agallamhan:

Coimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig – 20 air an taghadh gun adhbharan sònraichte, bhon fheadhainn a dh’ innis sa cheisteachan gun robh iad airson pàirt a ghabhail: chaidh agallamhan a chumail le 15 duine.

An t-Àth Leathann – bha 17 deònach sa cheisteachan agallamh a dhèanamh: chaidh agallamhan an cumail le 14.

Obar Dheathain – chaidh fichead a thaghadh, agus chaidh agallamhan an cumail le 15.

Uibhist: thuirt deichnear gum biodh iad deònach agallamh a dhèanamh; cha d’fhuaireadh air a’ fòn ged-thà ach còignear.

Chaidh agallamh fòn a chumail leis gach duine a fhreagair am fòn (49).

Chruthaich eadh sgèile (Pàipear Taice B), a bha bonntaichte air, agus air a leasachadh bho, sgèile airson measadh fileantachd a chruthaich eadh le Iain Mac an Tàilleir (Rothach *et al*, 2010); agus chaidh seo a chleachdadh sna h-agallamhan fòn. Chaidh bruidhinn ris an neach: mhìnich an neach-rannsachaidh cò e agus carson a bha e a’ fònach is dh’ iarr e cead am measadh a dhèanamh; chaidh ùine fhreagarrach a chur air dòigh; agus rinneadh measadh air sgilean còmhraidh an neach le bhith a’ cleachdadh an sgèile. Chaidh bruidhinn air an aimsir, agus na beachdan aca air Gàidhlig no air an sgìre aca; cha robhas a’ clàradh an fhiosrachaidh seo idir; cha robhas ach a’ measadh sgilean cànan. Chaidh duais £10 a thabhann do gach neach a chuidich leis a’ phàirt seo dhen rannsachadh.

CEFR agus Comas sa Chunntas-Shluaigh 2011

Leis gun robh an Cunntas-Sluaigh 2011 a’ faighneachd mun chomas aig duine sa chànan, chaidh co-dhùnadh a ghabhail leis an sgioba rannsachaidh gum biodh e cothromach gu leòr de neach a bha a’ lionadh nan ceisteachain againne iad fhèin a mheas **comasach**, sna sgilean cànan ainmichte sa chunntas-shluaigh, ma bha iad aig ìre fileantachd a trì no nas fhileanta, sna ceisteachain againne (a bha bonntaichte air sgèile an CEFR) agus ma chaidh an sampall de dhaoine am meas air a’ fòn le eòlaiche cànan mar dhaoine a bha an dha-rìribh aig an ìre seo, no na b àirde/na bu chomasaiche.

Structar na h-aithisge

San ath cheithir caibideilean gheibhear toraidhean gach sgìre a chaidh rannsachadh. Thèid am mìneachadh san òrdugh a leanas:

- a. Am Pannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig (Caib. 2)
- b. Na Meadhanan, Uibhist a Deas (Caib. 3)

- c. An t-Àth Leathann, san Eilean Sgitheanach (Caib. 4)
- d. Obar Dheathain (Caib. 5).

Anns gach caibideil is sgìre/coimhearsnachd, thèid coimhead air Inbhich agus an uair sin Clann, fo cheithir chuspairean: Feartan, Comas Cànan, Cleachdadh Cànan, agus Barailean air a' Ghàidhlig (inbhich a-mhàin).

Ged nach mòr an caibideil, Caibideil 6, thaisbeanadh clàran cudromach le coimeasan na cloinne sna ceithir sgìrean rannsachaidh.

Ann an Caibideil 7, thèid tuilleadh sgrùdaidh a dhèanamh air Comas Cànan, a' tarraing ri chèile na fèin-mheasaidhean air sgèile an CEFR, a' fhreagairt dhan cheist coltach ri ceist a' CS 2011 a thaobh comas labhairt na Gàidhlig, agus am measadh beò a chaidh a dhèanamh air a' fòn le cuid dhen fheadhainn a fhreagair na ceisteachain.

Sa chaibideil mu dheireadh, Caib. 8, thèid bruidhinn air na prìomh cho-dhùnaidhean bhon rannsachadh.

2. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànan: Coimhearsnachd Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig

2.1. Ro-ràdh

Ann an trì coimhearsnachdan Gàidhlig eile san rannsachadh, thèid dealbh a thoirt seachad air co-theagsa coimhearsnachd nan àiteachan rannsachaidh. Airson an t-seòrsa coimhearsnachd seo, am measg an CNRG, phannal nach eil beò ach air loidhne far a bheil daoine sgapte air feadh Alba, cha ghabh co-theagsa a chur an cèill cho furasta: chan eil dad ach ballrachd na Coimhearsnachd a' ceangal nan daoine ri chèile, agus gu bheil Gàidhlig aca gu ìre air choreigin; agus gu bheil ùidh aca a bhith a' toirt seachad am beachdan air rannsachadh co-cheangailte ris a' Ghàidhlig. Tha gach neach air a' phannal suidhichte ann an coimhearsnachd fiosaigeach, poileataigeach agus mac-meanmnach ach tha a' mhòr-chuid eadar-dhealaichte bho chèile, gu diofar ìrean. Ach thèid dealbh a thoirt san rannsachadh fhèin, fodha, air diofar feartan a' phannail seo, a rèir gnè, aois, sgìlean cànan, cleachdadh na Gàidhlig, agus mar sin air adhart.

2.2. Feartan (Inbhich)


Tha an clàr fodha a' sealltainn gun d'fhuair eadhon freagairtean gu na ceisteachain bho Phannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig a bha, **gu ìre mhath, co-ionnan ris a' Chunntas-Shluaigh 2011 a thaobh ceudad de dh' aoisean luchd-bruidhinn na Gàidhlig**. Bhathar mar sin cofhartail gu leòr gun robh **sampall riochdachail** de choimhearsnachd na Gàidhlig, a thaobh aois, ann an Alba aig an sgioba rannsachaidh, ged a tha am figear airson òigridh fo 16 nas àirde air a' phannal agus nas ìsle airson daoine 75+.

Tha an dà chlàr fodha a' sealltainn, ann an àireamhan is ìomhaighean, cho faisg is a bha an dà bhuidhinn a thaobh aois (ged a tha a' Choimhearsnachd a' gabhail a-steach barrachd òigridh eadar 3-15, is nas lugha de dhaoine 75+).

Clàr 1: Cunntas v. luchd-freagairt CRNG

SCOTLAND Percentage of Gaelic Speakers		
Age Group	CENSUS	CRNG Respondents
3 to 15 years	13.8	18.4
16 to 24 years	10.5	11.0
25 to 34 years	10.4	12.1
35 to 49 years	20.0	23.3
50 to 64 years	21.6	22.2
65 to 74 years	12.0	9.2
75 years and over	11.8	3.7
Total	100.0	100.0

Clàr 2: Cunntas v luchd-freagairt (ann an dealbh)



Clàr 3: Àireamh fhreagairtean

Questionnaire Response	N returns
Questionnaire B (for Adults aged +16)	291
Questionnaire C (for Children aged 0 to16)	67

Chithear gu h-àrd gun robh an àireamh de cheisteachain a chaidh tilleadh airson inbhich (291) agus clann (67) gu math mòr, agus mar sin tha e comasach a bhith cinnteach às na toraidhean.

Tha na h-àireamhan gu h-ìosal air àite-fuirich luchd-cleachdaidh na Gàidhlig glè fhaisg air na figearan sa chunntas-shluaigh 2011.

Clàr 4: Àite-fuirich

Home Location (Adults)	N	%
1 Western Isles	36	14.2
2 Highland & Argyll	72	28.5
3 Central Belt	97	38.3
4 Rest of Scotland	44	17.4
5 Outwith Scotland	4	1.6
Total	253	100.0

Thill cha mhòr dà uiread de bhoireannaich na ceisteachain na thill fireannaich.

Clàr 5: Gnè

Gender	N	%
Male	135	38.4
Female	217	61.6
Total	352	100.0


San ath chlàr, chithear aois an luchd-freagairt; tha e a' sealltainn gu bheil an luchd-freagairt a' riochdachadh gach buidhinn aoise.

Clàr 6: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	3	0.8
4 to 5 years	7	2.0
6 to 11 years	39	11.0
12 to 15 years	18	5.1
16 to 24 years	38	10.8
25 to 34 years	43	12.2
35 to 49 years	83	23.5
50 to 64 years	77	21.8
65 to 74 years	32	9.1
75 years and over	13	3.7
Total	353	100.0

Nuair a thèid gnè agus aois an cur còmhla, chithear dealbh air an luchd-freagairt (tha National Online Survey Respondents a' ciallachadh buill PRNG).

Clàr 9: Buntanas luchd-freagairt (cearcall paidh)



Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil còrr is an dàrna leth de bhuill air a’ CRNG air gluasad dhan àite far a bheil iad a’ fuireach a-nis.

Clàr 10: In-imrich

Locale	N	%
Lived in area all or most of life	110	42.0
Moved to area	152	58.0
Total	262	100.0

Dhen fheadhainn a bha air gluasad dhan àite far a bheil iad a-nis, bha barrachd agus 76% air gluasad anns na 26 bliadhna mu dheireadh.

Clàr 11: Cuine a ghluaiseadh ann

Decade moved to Area	N	%
2010s	52	29.2
2000s	48	27.0
1990s	35	19.7
1980s	18	10.1
1970s	18	10.1
pre 1970s	7	3.9
Total	178	100.0

Chithear sa chlàr fodha gu bheil màthair/athair às a’ Ghaidhealtachd (na h-Eileanan Siar agus a’ Ghaidhealtachd agus na h-Eileanan) aig leth dhen luchd-freagairt.

Clàr 12: Buntanas phàrantan aig luchd-freagairt

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Western Isles	82	29.9	67	24.7
Highlands & Islands	49	17.9	55	20.3
Elsewhere in Scotland	86	31.4	100	36.9
Other	57	20.8	49	18.1
Total	274	100.0	271	100.0

Fodha, chithear nach eil ach 15% dhen luchd-freagairt ann a fhuair togail le pàrant a bhruidhinn/bhruidhneas Gàidhlig a-mhàin, no mar bu/as trice. Tha *circa* 25% ag innse gun robh pàrantan/am pàrantan a’ cleachdadh Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre; agus tha *circa* 60% ag ràdh gur i a’ Bheurla mar a bu/as trice, no a-mhàin, a chleachdas no a chleachd pàrant(-an).

Clàr 13: Cànan phàrantan an luchd-freagairt

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	5	1.8	4	1.5
Mainly Gaelic	37	13.7	38	14.2
English and Gaelic equally	67	24.7	49	18.3
Mainly English	27	10.0	32	11.9
English only	135	49.8	145	54.1
Total	271	100.0	268	100.0

Tha an clàr fodha a’ cur an cèill gun do dh’ innis luchd-freagairt nach robh ach aon pàrant às gach còignear no ceathrar a’ bruidhinn Gàidhlig mar as trice/a-mhàin ri luchd-freagairt. Chithear leis gach pàrant gur e cuibhreann glè bheag dhe na pàrantan uile a th’ air a bhith dà-chànanach leis a’ chloinn aca.

Mas cuirear a’ chiad trì rang de chleachdadh na Gàidhlig ris an neach-freagairt le pàrant, tha **nas lugha na aon trian** de luchd-freagairt a’ faighinn Gàidhlig cho tric no nas trice na Beurla air bilean am pàrant. Chithear cuideachd gun robh an **dà chuid** màthraichean agus athraichean a’ bruidhinn Beurla nas trice/a-mhàin na gin dhe na pàtrain eile (màthraichean 69%, athraichean 72%).

Clàr 14: Cànan air am bruidhinn ri luchd-freagairt le am pàrantan

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	27	9.9	30	11.1
Mainly Gaelic	36	13.1	29	10.7
English and Gaelic equally	23	8.4	16	5.9
Mainly English	36	13.1	32	11.9
English only	152	55.5	163	60.4
Total	274	100.0	270	100.0

Tha an clàr fodha air a’ chànain/na cànan a bhruidhinn - agus a bhruidhneas - luchd-freagairt ri am pàrantan a’ sealltainn gun robh/bheil trì cairteal, c.75%, a’ bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ri am pàrantan. Tha seo a’ sealltainn nach eil diofar mòr ann eadar an cànan a bhruidhneas pàrant ri neach-freagairt agus an cànan a bhruidhneas neach-freagairt ri pàrant.

Clàr 15: Cànan a bhruidhinn luchd-freagairt ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	26	9.4	28	10.3
Mainly Gaelic	32	11.5	24	8.8
English and Gaelic equally	22	7.9	16	5.9
Mainly English	42	15.1	32	11.8
English only	156	56.1	172	63.2
Total	278	100.0	272	100.0

Bha a’ mhòr-chuid, 78%, dhe na h-inbhich a lìon an ceisteachan a’ cosnadh no ag obair mar oileanach/phàrant/neach-cùraim:

Clàr 16: Obair

Employment Status	N	%
Employed full-time	116	40.4
Employed part-time	36	12.5
Self-employed	30	10.5
Student	33	11.5
Looking after home or family	10	3.5
Unemployed	7	2.4
Retired	50	17.4
Permanently sick or disabled	3	1
Other	2	0.7
Total	287	100

Tha an clàr a leanas a’ sealltainn gu bheil Gàidhlig cudromach san obair aig 40% de na daoine air a’ phannal nàiseanta a thill na ceisteachain; tha e 4% nas àirde na fhreagair muinntir Shiaboist; agus tha an àireamh le Gàidhlig san tuairisgeul obrach, 30%, pìos mòr – 23% - nas àirde an seo na ann an Siabost (2011). Tha diofar fhactaran a’ bualadh air na h-àireamhan seo gu h-ìseal, nam measg: gu bheil mòran de na h-obraichean Gàidhlig stèidhichte taobh a-muigh nan Eilean Siar, far a bheil Siabost; agus, gu ìre, gun deach cuid a dhaoine an trusadh airson a’ CRNG air sgath is gun robh e nas fhasa luchd na Gàidhlig a lorg tro lìonraidhean Gàidhlig is tro eòlas air luchd-obrach Gàidhlig.

Clàr 17: Gàidhlig cudromach nad obair?

Gaelic important in daily work?	N	%
Yes	106	40.0
No	159	60.0
Total	265	100.0

Clàr 18: Gàidhlig san tuairisgeul obrach

Gaelic in job description?	N	%
Yes	74	30.3
No	170	69.7
Total	244	100.0

Chithear sa chlàr air foghlam aig luchd-freagairt gu bheil teisteanasan aig na h-ìrean as àirde (colaiste is gu h-àraidh oilthigh) aig ceathrar às gach còignear.

Clàr 19: Teisteanasan foghlaim

Level of Education	N	%
No formal qualification	8	2.9
Level I – National 4, National 5	14	5.0
Level II – Higher, Advanced Higher, 6 th Year Studies	29	10.4
Level III – HNC, HND SVQ level 4	37	13.3
Level IV - Degree, Post-graduate	191	68.5
Total	279	100.0

Anns a’ chlàr fodha, chithear gu bheil daoine a’ cleachdadh nan goireasan uile mar as trice sa Bheurla, ach gu bheil radio Gàidhlig fìor chudromach, is TV Gàidhlig cudromach, le 59% ag èisteachd ri radio Gàidhlig mar as trice/an aon uiread ris a’ Bheurla, agus tha cha mhòr 38% a’ coimhead prògraman Gàidhlig mar as trice/an aon uiread ris a’ Bheurla.

Tha seo a’ sealltainn mar a tha na meadhanan a’ tarraing aire luchd bruidhinn na Gàidhlig san t-sampall nàiseanta seo nas trice na tha na rudan eile.

Clàr 20: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(N)
	(percentage)			
Watch TV	3.9	33.6	62.5	283
Listen to radio	24.1	33.0	42.9	282
Using social media	0.8	17.9	81.3	262
Watch DVDs	0.8	1.9	97.3	264
View the internet	0.8	13.6	85.7	280
Read novels	2.2	10.8	87.1	279
Read other material	1.8	17.3	80.9	277

2.3. Comas Cànan (Inbhich)


Nuair a chaidh an CRNG a chruthachadh, dh’fheuchadh ri beagan a bharrachd òigridh a thrusadh agus dh’fheuchadh cuideachd ri barrachd fhaighinn le fileantachd nas àirde; agus tha buaidh aig seo air na figearan fodha: chithear, mar eisimpleir, gu bheil 59% fileanta sa bhuidhinn-aois 16-49 – figear a tha nas àirde na na figearan airson an aois seo sna toraidhean aig a’ Chunntas-Shluaigh 2011. Cuideachd, tha an àireamh 53% a tha fileanta sa bhuidhinn-aois 50+ nas ìsle na am figear sa Chunntas-Shluaigh 2011. Ach airson an rannsachaidh seo, tha e cudromach a ràdh gu bheil co-dhiù beagan comais sa chànan aig 90% dhe gach buidhinn aois.

Clàr 21: Aois agus fileantachd an neach-freagairt

Respondent: Age and Fluency	aged 16 to 49		aged 50 plus	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	15	9.4	13	10.7
Some ability in Gaelic	50	31.4	55	45.5
Fluent Gaelic speaker	94	59.1	53	43.8
Total	159	100.0	122	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil fileantachd mòran nas cumanta am measg luchd-freagairt le dà phàrant le Gàidhlig. Dhen fheadhainn aig nach eil pàrant sam bith le Gàidhlig, chan eil ach gach treas duine air fileantachd a ruigsinn.

Clàr 22: Fileantachd an neach-freagairt agus àireamh phàrantan le Gàidhlig




Chithear fodha gu bheil Gàidhlig gu ìre air choreigin aig 99% dhe na h-Eileanaich, agus aig 87% dhe dhaoine air Tìr-Mòr. A bharrachd air seo, chithear gu bheil fileantachd am measg Eileanaich dà uiread nas motha na fileantachd nan daoine air Tìr-Mòr; cuideachd, tha tòrr a bharrachd – 46% - de dhaoine bho Tìr-Mòr ag ràdh gu bheil beagan comais aca sa Ghàidhlig na tha Eileanaich -16%.

Clàr 23: Cò às, agus fileantachd, an neach-freagairt

Respondent: Origin and Fluency	Islander		Mainlander	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	1	1.4	24	13.0
Some ability in Gaelic	12	16.4	85	46.2
Fluent Gaelic speaker	60	82.2	75	40.8
Total	73	100.0	184	100.0

Tha barrachd fileanta sa Ghàidhlig na nach eil fileanta, ach sna buidhnean aoise fo 5, no eadar 35-49, 50-64, agus 75+.

Clàr 24: Buidheann aois agus fileantachd sa Ghàidhlig



2.4. Comas Cànan (Inbhidh)

Chaidh na ceistean is freagarthan a leanas am faighneachd airson feuchainn ri tuairmse fhaighinn air na seòrsa freagarthan a dh'fhaodadh daoine an Alba a bhith air an toirt seachad sa Chunntas-Shluaigh 2011.

Tha an clàr fodha a' sealltainn gun robh 84% de dhaoine a' fuireach san aon àite san robh iad aig àm a' Chunntais-Shluaigh 2011.

Clàr 25: A' fuireach san àite aig àm a' chunntais?

B1.1 Living in Area During 2011 Census	N	%
Yes	241	84.3
No	45	15.7
	286	100.0

Tha na ceudadan fodha a' sealltainn gun robh barrachd is trì cairtealan de luchd-freagairt a' faireachdainn gu bheil iad gu math comasach sna ceithir sgìlean cànan. Tha 9nar às gach 10nar

ag ràdh gu bheil sgilean labhairt sa Ghàidhlig aca; agus tha na figearan airson tuigsinn, leughaidh agus sgrìobhaidh faisg air an ìre fìor àrd seo cuideachd.

Clàr 26: Comasan sa Ghàidhlig

B1.2 Which of these can you do in relation to Scottish Gaelic?	N	%
Understand	263	90.4
Speak	261	89.7
Read	254	87.3
Write	228	78.4
None of those	10	3.4

(ceist *multiple response* bho 291 neach-freagairt)

Chithear sa chlàr fodha gu bheil 62%, a' mhòr-chuid, a' cumail a-mach gu bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig, gu ìre air choreigin, aig an taigh.

Clàr 27: Cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh

B1.3 Do you Use Gaelic at home?	N	%
Yes	176	62.2
No	104	37.8
	283	100.0

Fhreagair 77% gu bheil iad comasach air Gàidhlig a thuigsinn anns na trì suidheachaidhean as làidire a tha a' comharrachadh fileantachd.

Clàr 28: Comas tuigsinn na Gàidhlig

B2 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in work situations	87	30.6
Understand fluent Gaelic speakers talking	85	29.9
Understand daily conversations	46	16.2
Pick up the meaning of simple conversations	50	17.6
Understand simple greetings	16	5.6
Not yet understand any Gaelic	0	0.0
Total	284	100.0

Fodha, chithear gun do fhreagair 67% gu bheil comas bruidhinn aca anns na trì suidheachaidhean as làidire a thaobh fileantachd.

Clàr 29: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Speaking Ability	N	%
Comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers	81	28.6
Comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	67	23.7
Take part in daily conversations on most subjects	43	15.2
Take part in basic conversations about every-day subjects	63	22.3
Exchange simple greetings in Gaelic	29	10.2
Not yet speak any Gaelic	0	0.0
Total	283	100.0

Tha comasan leughaidh aig 73% anns na trì suidheachaidhean a tha a' comharrachadh fileantachd.

Clàr 30: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to my work	72	25.4
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	73	25.7
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	62	21.8
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	15	5.3
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	39	13.7
Understand a few words on signs with picture help	18	6.3
Cannot yet read any Gaelic	5	1.8
Total	284	100.0

Tha 72% air ainmeachadh gu bheil comas sgrìobhaidh aca aig na trì ìrean as àirde a thaobh fileantachd (fodha).

Clàr 31: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B5 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to work without difficulty	59	20.8
Write about most every-day subjects without difficulty	65	23.0
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	79	27.9
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	43	15.2
Write a simple greeting in a thank you note or birthday card	24	8.5
Cannot yet write anything in Gaelic	13	4.6
Total	283	100.0

2.5. Cleachdadh Cànan (Inbhich)

Chaidh faighneachd mu dheidhinn cleachdadh na Gàidhlig ann an diofar suidheachaidhean san teaghlach, coimhearsnachd, is eile oir faodaidh comas cànan àrd a bhith aig duine gun iad a bhith a' cleachdadh a' chànan.

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil fileantaich a' cleachdadh an cuid Gàidhlig gu sònraichte nuair a tha iad a' bruidhinn ri teaghlach air a' fòn, nuair a tha iad a' bruidhinn ri nàbaidhean, nuair a tha iad a' bruidhinn ri clann agus nuair a tha seann-phàrantan a' bruidhinn ri oghaichean. Tha an fheadhainn nach eil fileanta nas buailtiche a bhith a' bruidhinn Gàidhlig ri an cuid cloinne.

Clàr 32: Cleachdadh na Gàidhlig agus ìre fileantachd agus cleachdaidh

QU/RUN	NATIONAL ONLINE: SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	FLUENT	NON-FLUENT	All respondents	All respondents
C14	Phone family	96	83	12	152	145
C06	Your Children	65	39	26	63	89
C16	Neighbours	61	50	11	183	91
C12	Grandparent Children	45	33	12	62	52
C04	Other adults	40	29	11	146	54
C10	Children each other	28	17	11	137	57
C02	Your Partner	25	21	4	169	72
C50	Primary School other children	23	13	10	28	39
C42	Primary School teachers	21	15	6	29	38
C52	Primary School parents	21	12	9	29	32
C08	Partner Children	20	13	7	85	32
C44	Primary School Head teacher	19	12	7	31	30

Tha an clàr fodha a' mìneachadh far am bi daoine a' cleachdadh an cuid Gàidhlig, is cò leis. San fharsaingeachd, is ann leis an teaghlach, nàbaidhean is daoine sa sgoil a thèid an cuid Gàidhlig a chur gu feum nas trice. Tha e a' cur an cèill cuideachd diofaran a thaobh aoise, is tha e a' sealltainn gu bheil a' bhuidheann as òige (16-49) nas dualtaiche Gàidhlig a chleachdadh leis an cuid cloinne agus am broinn na sgoile.

Clàr 33: Aois agus ìre cleachdaidh na Gàidhlig

QU/RUN	NATIONAL ONLINE: SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	16 to 49	50 plus	All respondents	All respondents
C14	Phone family	96	52	42	152	145
C06	Your Children	65	47	17	63	89
C16	Neighbours	61	29	30	183	91
C12	Grandparent Children	45	26	18	62	52
C04	Other adults	40	25	13	146	54
C10	Children each other	28	19	8	137	57
C02	Your Partner	25	14	11	169	72
C50	Primary School other children	23	22	1	28	39
C42	Primary School teachers	21	20	1	29	38
C52	Primary School parents	21	19	2	29	32
C08	Partner Children	20	13	7	85	32
C44	Primary School Head teacher	19	18	1	31	30

2.6. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbheach)

Tha an earrann seo (dà chlàr) a' mìneachadh dè na beachdan a bh' aig luchd-freagairt inbheach air a' Ghàidhlig.

Chaidh iarraidh air daoine seantansan le beachdan air a' Ghàidhlig a leughadh is a bhith ag innse an robh iad ag aontachadh no a' chaochladh ris na seantansan, a' cleachdadh sgèile eadar Ag aontachadh gu làidir gu A' dol na aghaidh gu làidir.

Clàr 34: Barailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree
	percentage of respondents				
D1. To get on in life there are more valuable languages than Gaelic	3.2	18.9	28.8	33.0	16.1
D2. It seems a good idea that councils support Gaelic.	71.5	25.4	2.5	0.7	0.0
D3. Gaelic is a dying language.	0.7	17.7	18.4	36.0	27.2
D4. To keep their true identity, the Islands need their Gaelic speakers.	50.7	38.7	7.0	3.2	0.4
D5. Only working class people speak Gaelic.	0.0	0.4	9.5	33.7	56.5

D6. To work in the public sector in the Gaelic areas, you should be able to speak Gaelic.	26.1	44.2	22.3	6.7	0.7
D7. Gaelic has no place in the modern world.	1.1	0.0	2.8	19.0	77.1
D8. It is essential that children in the Western Isles learn Gaelic.	40.4	38.9	15.8	4.6	0.4
D9. The Gaelic language is not suitable for business and science.	0.4	3.2	11.3	32.9	52.3
D10. Speaking Gaelic helps you get promoted.	6.0	17.3	57.6	16.3	2.8
D12. Most people view anything to do with Gaelic as old-fashioned.	2.5	30.0	26.9	33.2	7.4

Clàr 35: Tuilleadh bharailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree
	percentage of respondents				
D17. Most other people view Gaelic as old-fashioned.	5.0	30.2	32.0	26.7	6.0
D18. It is important that incomers to Gaelic-speaking areas should make an effort to learn Gaelic.	23.8	49.5	22.1	3.6	1.1
D19. Gaelic is a crofter language.	0.7	7.1	24.2	43.4	24.6
D20. More public sector jobs (e.g. in teaching, in the health services) should be labelled 'Gaelic-essential'.	15.4	33.2	34.3	15.7	1.4
D21. It is important that Gaelic-speaking parents speak Gaelic to their children in the home.	68.1	24.5	6.7	0.4	0.4

B' iad na toraidhean a b' inntinniche:

D8: Tha cha mhòr a h-uile duine ag aontachadh gum bu chòir do chlann sna h-Eileanan a bhith ag ionnsachadh na Gàidhlig.

Bha na freagairtean gu **D4** a' cur taic làidir ris a' bheachd gu bheil a' Ghàidhlig dlùth-cheangailte ri fèin-aithne nan Eilean Siar.

Bha na freagairtean gu **D2** agus **D6** a' sealltainn taic mhòr dhan bheachd gu bheil dleastanas air na comhairlean Gàidhlig a bhrosnachadh, agus gum bu chòir Gàidhlig a bhith agad ma tha thu ag obair air a' Ghàidhealtachd/sna h-Eileanan.

Annas a' chlàr fodha, chithear gun robh an luchd-freagairt gam meas fhèin aig an ìre as àirde a thaobh taic don Ghàidhlig, is an uair sin daoine le Gàidhlig bho thùs gu h-ionadail, agus an uair sin Riaghaltas na h-Alba. Mheas iad Riaghaltas Bhreatainn agus gnìomhachasan prìobhaiteach san sgìre aig na h-ìrean as laige a thaobh taic don Ghàidhlig.

Clàr 36: Cò as taiceile don Ghàidhlig?

D13. Level of Support to Gaelic (1 to 10 Scale)	N	Min	Max	Mean	SD
a. Yourself	281	4	10	9.2	1.39
b. Your friends	279	1	10	6.8	2.28
c. Local native Gaelic speakers	268	1	10	7.7	1.93
d. Local people without Gaelic	275	1	10	4.8	2.17
e. Incomers to your area	269	1	10	4.6	2.23
f. Local religious bodies/churches	261	1	10	5.0	2.45
g. Media, TV & radio	273	1	10	6.5	2.24
h. Public bodies (e.g. NHS, police, etc)	274	1	10	4.7	2.13
i. Local private businesses	271	1	10	3.8	2.07
j. Local Government in your area	275	1	10	5.2	2.53
k. Scottish Government	277	1	10	6.6	2.16
l. UK Government	273	1	10	3.2	2.14

Leis a' cheist agus fiosrachadh a leanas sa chlàr fodha, tha e doirbh cus mhìneachaidh a thoirt air, gun a bhith a' dèanamh mion-sgrùdadh air sgìrean ri taobh nam beachdan air a' cheist.

Clàr 37: Fèin-aithne Gàidhlig làidir san sgìre?

D14. Area has strong Gaelic identity?	N	%
Yes	96	36.0

No	171	64.0
	267	100.0

Ach sa chlàr fodha, tha e inntinneach gu bheil cuibhreann car mòr (48%) air a ràdh gu bheil am fèin-aithne Gàidhlig san sgìre air a dhol beagan nas làidire. Is iad boireannach a bha sa mhòr-chuid dhen 48%, daoine gun phàrantan le Gàidhlig, daoine air tìr-mòr seach anns na h-eileanan, agus b' iad luchd-ionnsachaidh a bha sa mhòr-chuid cuideachd.

Clàr 38: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna mu dheireadh?

D15. Local area's Gaelic identity in last 10 years?	N	%
Very much stronger	21	8.4
Slightly stronger	99	39.6
Much the same	64	25.6
Slightly weaker	39	15.6
Very much weaker	27	10.8
	250	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil cha mhòr a h-uile duine ag aithneachadh Bòrd na Gàidhlig.

Clàr 39: Eòlach air Bòrd na Gàidhlig?

D22. Have you previously read or heard about Bòrd na Gàidhlig?	N	%
Yes	279	98.9
No	3	1.1
	282	100.0

2.6. Feartan (Clann)

Anns an ath earrann sa chaibideil seo, thèid sgrùdadh a dhèanamh air na freagairtean a thug inbhich seachad mu an cuid cloinne san dachaigh.

Tha an clàr seo fodha glè choltach ris an dealbh sa CS 2011. A thaobh nan sgìrean taobh a-muigh na Gàidhealtachd ged-thà, b' ann às an Central Belt a bha a' mhòr-chuid dhen chloinn.

Clàr 40: Àite-fuirich

Home Location	N	%
---------------	---	---

Western Isles	11	18.6
Highland & Argyll	16	27.1
Central Belt	31	52.5
Rest of Scotland	1	1.7
Total	59	100.0

Chithear sa chlàr fodha gu bheil a' mhòr-chuid (85%) dhen chloinn eadar 6-15 bliadhna a dh' aois, agus tha a' mhòr-chuid dhiubh seo aig aois bun-sgoile (6-11).

Clàr 41: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	3	4.5
4 to 5 years	7	10.4
6 to 11 years	39	58.2
12 to 15 years	18	26.9
Total	67	100

Chithear sa chlàr fodha gu bheil barrachd nigheanan ann na gillean: 58% gu 42%.

Clàr 42: Gnè

Gender	N	%
Male	28	41.8
Female	39	58.2
Total	67	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn nam prìomh chànan a bhios a' chlann a' bruidhinn. Tha e inntinneach gu bheil 20% ann le Gàidhlig mar an aon chànan no Gàidhlig mar am prìomh chànan. Ach tha an àireamh a tha a' faighinn an dà chuid chun na h-aon ìre glè bheag (9%), fhad's a tha a' chlann a tha a' faighinn **Beurla** fad na h-ùine/a' mhòr-chuid dhen ùine aig **69%**.

Clàr 43: A' chiad chànan

First Language	N	%
Gaelic only	7	10.8
Mainly Gaelic	6	9.2
English and Gaelic equally	6	9.2
Mainly English	30	46.2

English only	15	23.1
Other	1	1.5
Total	65	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil prògraman Gàidhlig air an radio is TV cudromach ach is ann sa Bheurla as motha a tha iad a’ cur feum air goireas sam bith. Tha inbhich a’ cur barrachd feum air prògraman Gàidhlig TV is radio na tha clann, gu h-àraidh a thaobh an radio; ach tha barrachd cloinne a’ cur feum air stuthan leughaidh sa Ghàidhlig na tha inbhich – ma dh’fhaoidte gu bheil am fios mu dheireadh mar thoradh air na leabhraichean cloinne/sgoile a tha air tighinn re na bliadhnaichean ri linn Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Clàr 44: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/ Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(N)
	(percentage)			
Watch TV	6.0	16.4	77.6	67
Listen to radio	3.7	24.1	72.2	54
Using social media	0.0	2.6	97.4	39
Watch DVDs	4.8	1.6	93.6	63
View the internet	0.0	6.7	93.3	60
Read novels	8.8	15.8	75.4	57
Read other material	9.7	19.4	70.9	62

Tha an clàr gu h-iseal a’ sealltainn gur i a’ Bheurla a-mhàin no a’ Bheurla mar as trice a th’ aig pàrantan na cloinne – 69% (màthair) agus 74% (athair).

Clàr 45: Cànan nam Pàrant

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	4	6.3	4	6.2
Mainly Gaelic	5	7.8	3	4.6
English and Gaelic equally	11	17.2	10	15.4
Mainly English	27	42.2	25	38.5
English only	17	26.6	23	35.4
Total	64	100.0	65	100.0

Buinidh 58% dhe na pàrantan gu àiteachan taobh a-muigh nan sgìrean Gàidhealach.

Clàr 46: Buntanas nam pàrant

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Western Isles	15	22.7	17	25.4
Highlands & Islands	13	19.7	9	13.4
Elsewhere in Scotland	24	36.4	32	47.8
Other	14	21.2	9	13.4
Total	66	100.0	67	100.0

Sa chlàr a leanas, chithear gur i a' Bheurla a-mhàin no a' Bheurla mar as trice a tha pàrantan a' bruidhinn ris a' chloinn: 74% (màthraichean) agus 76% (athraichean). Is fìor bheag a tha a' faighinn Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre (9%), ach tha aon anns gach còignear a' faighinn Gàidhlig a-mhàin/mar as trice.

Clàr 47: Cànan air am bruidhinn ris a' chloinn

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	4	6.3	7	10.6
Mainly Gaelic	5	7.8	6	9.1
English and Gaelic equally	8	12.5	3	4.5
Mainly English	28	43.8	29	43.9
English only	19	29.7	21	31.8
Total	64	100.0	66	100.0

Tha 72% dhe chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ri am pàrantan, mar a chithear fodha.

Clàr 48: Cànan air am bruidhinn leis a' chloinn ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	8	12.3	5	7.7
Mainly Gaelic	4	6.2	3	4.6
English and Gaelic equally	6	9.2	10	15.4
Mainly English	30	46.2	24	36.9
English only	17	26.2	23	35.4
Total	65	100.0	65	100.0

Tha pàrantan air innse gu bheil 85% dhen chloinn a' tuigsinn na Gàidhlig aig ìre nan trì suidheachaidhean fileantachd as àirde.

2.7. Comas Cànan (Clann)

Chithear fodha gu bheil 85% a' tuigsinn na Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde.

Clàr 49: Comas tuigsinn na Gàidhlig

B1 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in school situations	22	32.8
Understand fluent Gaelic speakers talking	27	40.3
Understand daily conversations	8	11.9
Pick up the meaning of simple conversations	5	7.5
Understand simple greetings	5	7.5
Cannot understand Gaelic	0	0.0
Total	67	100.0

Tha an aon àireamh, 85%, comasach air Gàidhlig a bhruidhinn sna trì suidheachaidhean fileantachd.

Clàr 50: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B2 Gaelic Speaking Ability	N	%
Discuss school subjects with specialist words with fluent Gaelic speakers	22	32.8
Take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	27	40.3
Take part in daily conversations if s/he takes time	8	11.9
Take part in basic conversations	5	7.5
Exchange simple greetings	5	7.5
Cannot speak Gaelic	0	0.0
Total	67	100.0

A thaobh comasan leughaidh, tha 51% dhe na freagairtean aig ìre leughadh leabhraichean cloinne/deugairean le cuideachadh bho fhaclair no le dealbhan.

Clàr 51: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to school	10	14.9
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	8	11.9
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	3	4.5
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	13	19.4
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	20	29.9

Understand a few words on signs with picture help	6	9.0
Cannot yet read any Gaelic	7	10.4
Total	67	100.0

Bha na sgilean sgrìobhaidh aig a' chloinn aig ìre àrd, le 75% dhiubh comasach air na ceithir ìrean as fhileanta.

Clàr 52: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to school without difficulty	20	29.9
Write about most every-day subjects without difficulty	13	19.4
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	9	13.4
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	8	11.9
Write a simple greeting in a thankyou note or birthday card	6	9.0
Cannot yet write anything in Gaelic	11	16.4
Total	67	100.0

2.8. Cleachdadh Cànan (Clann)

Is ann sa sgoil as motha a chleachdas a' chlann an cuid Gàidhlig mar as trice, agus le teaghlach.

Clàr 53: Cò leis agus càite an cleachd clann an cuid Gàidhlig/Beurla, agus ìre cleachdaidh

	NATIONAL SECTION C	ONLINE CHILDREN:	USE GAELIC at least as much as English	USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
QU	(Number of Respondents)		ALL RESPONDENTS	All respondents	All respondents
C30	School teachers		47	11	56
C32	School Head teacher		38	22	41
C34	School classroom assistant(s)		37	14	37
C38	School other children		32	27	54
C12	Child and other Family		25	35	35
C08	Child and Grandparent		24	27	31
C36	School support staff		24	28	25
C40	School parents		20	35	39
C04	Child and other adults		18	37	27
C46	Sports Club		15	19	19
C06	Child and other Children		14	38	45
C48	Other Clubs		14	28	23
C10	Child and Neighbours		13	48	22
C02	Child and Partner		12	52	36
C42	Youth Club		7	18	15
C20	Childminder		4	2	4

C24	Childminder house	4	2	4
C22	Childminder other children	4	2	5
C14	Sgoil Àraich staff	3	1	3
C44	Sunday School	2	23	7
C16	Sgoil Àraich children	1	3	3
C18	Sgoil Àraich parents	0	3	2

2.9. Co-dhùnadh

Is iad seo prìomh phuingeann Caibideil 2:

Feartan (Inbhich)

1. Fhuair eadh sampall a bha glè fhaisg air feartan sluaigh na Gàidhlig sa Chunntas-Shluaigh 2011. Bha beagan a bharrachd òigridh agus beagan nas lugha de dhaoine òs cionn 75 sa rannsachadh na bha sa CS 2011, ach tha an sampall fhathast gu math earbsach.
2. Bha còrr is leth dhen t-sampall air gluasad dhan sgìre, is thachair seo, airson trì cairteal dhiubh, sna 26 bliadhna mu dheireadh.
3. Bha pàrant às na h-Eileanan Siar no às a' Ghàidhealtachd is nan eilean aig leth den phannal.
4. Chaidh 40% an togail le Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre/Gàidhlig mar bu trice/Gàidhlig a-mhàin.
5. Chaidh triùir às gach còignear dhen luchd-freagairt an togail le am pàrantan a' bruidhinn riutha sa Bheurla a-mhàin/mar bu trice.
6. B' e Beurla a-mhàin/mar bu trice a bhruidhinn 75% dhen luchd freagairt ri am pàrantan.
7. Bha a' mhòr-chuid, 78%, ag obair/aig an taigh a' coimhead às dèidh clann/nan oileanaich.
8. Bha àireamh mhòr, 40%, a' cleachdadh na Gàidhlig gach latha san obair aca.
9. Bha Gàidhlig san tuairisgeul obrach aig 30% den luchd-freagairt.
10. Bha teisteanasan aig ìre ceum/for-cheum aig 69%; agus bha teisteanasan aig ìre HNC msaa aig 13% eile.
11. Nuair a bha dithis phàrant le Gàidhlig aig neach-freagairt, bha e glè choltach gum biodh iad fhèin fileanta.
12. B' e fileantaich a bha sa mhòr-chuid de dh' eileanaich: 82%. Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 16% eile dhe na h-eileanaich.
13. Dhe daoine bho Tìr-Mòr, bha 41% fileanta, agus bha 46% a bharrachd le beagan comais sa chànan.
14. Bha a' mhòr-chuid fileanta sna buidhnean aoise: 6-34, agus 65-74.

Comas Cànan (Inbhich)

15. Bha 84% san aon àite sa CS 2011.
16. Dha na ceistean comas cànan againne a bha coltach ri ceistean a' CS 2011 ('which of these can you do?'), chuir buill tick gu bheil na sgilean cànan mar seo aca: bruidhinn 90%; tuigsinn 90%; leughadh 87%; sgrìobhadh 78%.
17. Dhan cheist 'Do you use Gaelic at home?', a tha coltach ri ceist sa CS 2011, fhreagair 60% gu bheil.
18. Sna fèin-mheasaidhean air comasan cànan, mheas luchd-freagairt iad fhèin mar a leanas, aig na trì ìrean as àirde: tuigsinn 77%; bruidhinn 67%; leughadh 73%; sgrìobhadh 72%.
19. Sna fèin-mheasaidhean air comasan cànan, mheas daoine iad fhèin mar a leanas aig na ceithir ìrean as àirde: tuigsinn 94%; bruidhinn 90%; leughadh 78%; sgrìobhadh 87%.
20. A' cur na trì ìrean mu choinneamh nan ceithir ìrean a thaobh sgilean labhairt, chithear gu bheil beàrn mòr ann (23%) eadar sgilean bruidhinn eadar fileantaich aig na trì ìrean as àirde agus fileantaich plus daoine aig na ceithir ìrean as àirde.
21. Chithear bhon choimheas eadar ceistean 16 agus 19 nach robh mòran under- no over-reporting ga dhèanamh; ach ma nithear coimeas eadar ceistean 16 agus 18, chithear gun robh over-reporting ann de c.13% (ach ann an sgilean sgrìobhaidh).

Cleachdadh Cànan (Inbhich)

22. Bhiodh fileantaich a' cleachdadh an cuid Gàidhlig leis an teaghlach air a' fòn, le nàbaidhean, clann, agus eadar ogha agus seann-phàrant. Bha an sgoil glè chudromach cuideachd airson cleachdadh na Gàidhlig.

Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich)

23. Rinn a' mhòr-chuid ceangal làidir eadar Gàidhlig agus na h-Eileanan Siar
24. Rinn a' mhòr-chuid ceangal làidir eadar Gàidhlig agus role nan comhairlean.
25. Shaoil mòran gum bu chòir dhut Gàidhlig ionnsachadh ma tha thu ag obair ann an sgìre Ghàidhlig.
26. Chuir daoine iad fhèin, fileantaich às an sgìre, agus Riaghltas na h-Alba mar na daoine/buidhnean a bu taiceile don chànan.
27. Shaoil 36% gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig na sgìrean aca.
28. Shaoil 48% gu bheil fèin-aithne Gàidhlig na sgìre aca air fàs nas làidire sna 10 bliadhna a dh' fhalbh.

Feartan (Clann)

29. Bha a' mhòr-chuid dhen chloinn san t-sampall a' fuireach sa Central Belt, agus bha iad aig aois bun-sgoile.
30. B' i Beurla a-mhàin/a bu trice a bh' aig 69% dhen chloinn mar a' chiad chànan aca.
31. B' ann sa Bheurla a chleachdadh iad na meadhanan gu lèir, ach bha beagan a' leughadh nobhailean is eile sa Ghàidhlig, agus a' cleachdadh TV is radio Gàidhlig.
32. B' i a' Bheurla a-mhàin/mar bu trice prìomh cànan pàrantan na cloinne.
33. B' ann bho taobh a-muigh sgìrean Gàidhealach a bha 58% dhe na pàrantan.
34. Bha 75% dhe na pàrantan a' cleachdadh Beurla a-mhàin/mar bu trice ris a' chloinn aca.
35. Bha 20% a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice leis an cuid cloinne.
36. Bhiodh 72% dhen chloinn a' cleachdadh Beurla a-mhàin/mar bu trice le am pàrantan.

Comas (Clann)

37. Chaidh fileantachd na cloinne a meas le am pàrantan, a lion an ceisteachain às leth na cloinne, mar a leanas: tuigsinn agus bruidhinn 85%; leughadh 51%; agus sgrìobhadh 75%.

Cleachdadh (Clann)

38. Fhreagair daoine gun robh a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig san sgoil le diofar dhaoine agus leis an teaghlach.

San fharsaingeachd, thathas a' faighinn dealbh tron PRNG air 'coimhearsnachd' nàiseanta na Gàidhlig a tha fìor inntinneach. A thaobh nan **inbheach**, tha a' mhòr-chuid (78%) ag obair (a' gabhail a-staigh coimhead às dèidh an dachaigh/teaghlach, agus oileanaich); tha àireamh mhòr a' cleachdadh Gàidhlig san obair aca gach latha (40%); tha teisteanasan aig ìre àrd (bho Cert HE gu for-cheumannan) aig mòran dhiubh (82%); tha iad gu math 'mobile' san t-seadh is gu bheil còrr is leth dhiubh (58%) air gluasad dhan àite far an robh iad a' fuireach aig àm an rannsachaidh. Chaidh a' mhòr-chuid (c.70%) an togail sa Bheurla a-mhàin/mar bu trice. Tha a' mhòr-chuid (82%) de dh' Eileanaich air a' phannal gu math fileanta, ach tha cha mhòr leth (46%) dhe na daoine bho Tìr-Mòr le beagan comais sa Ghàidhlig.

Bha leth dhiubh le pàrant às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan.

Bha 84% a' fuireach san aon sgìre nuair a chaidh CS 2011 a dhèanamh. Dh' innis iad gum biodh 62% a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

Anns na ceistean air comas cànan, a bha coltach ri ceistean a' CS 2011, chaidh innse gu bheil iad comasach sa chànan mar a leanas: Tuigsinn 90%; Bruidhinn 90%; Leughadh: 87%; agus Sgrìobhadh 78%.

Sna fèin-mheasaidhean stèidhichte air sgèile an CEFR, a' cleachdadh nan ceithir/trì ìrean as comasaiche air an sgèile chithear na leanas: Tuigsinn 94/77%; Bruidhinn 90/68%; Leughadh 78/73%; Sgrìobhadh 87/72%. Bha litrearrachd glè àrd sa choimhearsnachd seo. Tha na figearan eadar ceistean coltach ris a' CS 2011 agus na ceithir ìrean as àirde air an CEFR a thaobh bruidhinn is tuigsinn gu math faisg air a chèile; ach tha beàrn mòr eatorra (13% a thaobh tuigsinn, agus 22% a thaobh bruidhinn) ma ghabhas sinn dìreach na trì ìrean fileantachd as àirde. Bha am PRNG faisg air tuigsinn ceistean a' CS 2011 a rèir seo, a' cleachdadh nan ceithir ìrean fileantachd as àirde air an sgèile CEFR ann an tuigsinn is labhairt.

A thaobh **na cloinne**, bha a' mhòr-chuid a' fuireach sa Central Belt agus bha iad aig aois bunsgoile. Fhuair a' mhòr-chuid (69%) Beurla a-mhàin, no mar as trice, mar a' chiad chànan aca, agus bidh na pàrantan a' bruidhinn riutha an-diugh san aon dòigh – 75% a' bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ris a' chloinn, agus tha a' chlann a' bruidhinn air ais riutha san aon dòigh. Is ann air na meadhanan Beurla a tha a' mhòr chuid dhen chloinn a' cur feum.

Bha ceangal aig 42% dhe na pàrantan ris a' Ghàidhealtachd/ris na h-Eileanan.

Mheas na pàrantan gu bheil 85% dhen chloinn aca aig na trì ìrean as àirde a thaobh bruidhinn is tuigsinn na Gàidhlig, agus gu bheil 75% aig na h-ìrean àrda sin a thaobh sgrìobhaidh; ach chan eil ach 51% dhen chloinn aig na trì ìrean as àirde a thaobh fileantachd ann an leughadh.

Bidh a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig sa sgoil agus san dachaigh; ach tha iad a' cleachdadh Beurla sa mhòr-chuid a shuidheachaidhean.

3. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànanain sna Meadhanan, Uibhist a Deas



Dealbh 6: Air a' chladach, taobh siar Uibhist a Deas

3.1. Ro-ràdh

Tha sgìre nam Meadhanan, mar a tha an t-ainm ag innse, ann am meadhan Uibhist a Deas. Tha e a' gabhail a-staigh na leanas: Cill Donain, Ormacleit, Bòrnais, Staoinebrig agus Loch Aineort (Tuath agus Deas). Tha gach baile ach Loch Aineort an ìre mhath air an taobh an iar de dh' Uibhist, no air an làimh chli dhen rathad mhòr nuair a tha thu a' siubhail bhon cheann a deas gu tuath. Bhiodh an ceangal eadar an taobh an iar agus an ear cudromach sna bliadhnaichean a dh'fhalbh, leis cho cudromach is a bha Loch Aineort mar phort le fasgadh airson bhàtaichean.

Chaidh innse, nuair nach biodh daoine a' siubhal cho tric, gun robhar dhen bheachd gu robh trì sgìrean ann an Uibhist a Deas – Loch Baghasdal, na Meadhanan, agus an Tuath. Chaidh a ràdh gu bheil fèin-aithne fa leth air a bhith aig daoine anns na sgìrean seo, le fiù's faclan Gàidhlig eadar-dhealaichte gan cleachdadh – feart, bhathar a' faireachdainn, nach eil cho cumanta tuilleadh. Tha taigh tasgaidh, ionad trèanaidh *Cothrom*, talla coimhearsnachd, agus bùth

carthannais ann (*Cothrom Re-Store* – bùth is bùth-obrach airson daoine a thrèanadh ann an obair fiodh/ath-chuairteachadh àirneis - a bha na bhùth-bìdh is post-oifis roimhe).

An-diugh, gheibh muinntir nam Meadhanan biadh is seirbhisean ann an Dalabrog/Loch Baghasdal (4 mìltean), no nas fhaide air falbh, gu tuath, ann am Beinn a' Bhaoghla (15 mìltean).

Tha croitearachd gu math nochdte anns na Meadhanan; agus is e bailtean croitearachd a th' ann taobh suas chun an latha an-diugh. Chaidh innse gu bheil deagh thalamh ann (air an taobh an iar dhen sgìre) agus gu bheil an talamh seo air a h-obrachadh gu math. Mar sin, chan iongnadh e gu bheil mòran obair rannsachaidh air a bhith a' dol ann am Bòrnais, air a' mhachaire, sna 30 bliadhna mu dheireadh, bho fhuaireadh fianais air tuineachadh bho Linn an Iarrainn (tuathanas mòr), sgrìobhadh Ogham, agus am baile Lochlannach a bu mhotha a chaidh a lorg ann am Breatainn.

An-diugh, tha obair croite ri fhaicinn gu soilleir ann – chunnacas crodh air mòran dhe na croitean sna bailtean air an taobh an iar (an àite crodh a h-uile duine còmhla air a' mhonadh); is chithear daoine a-muigh tron latha a' biathadh a' chruaidh is nan caorach agus ag obair air na croitean – sealladh a tha sìor fhàs neo-chumanta ann am mòran sgìrean croitearachd eile air a' Ghàidhealtachd.

Chaidh a ràdh mu Staoinebrig gu sònraichte gur ann air sgath is gur e sgìre chroitearachd, làn chroitean, is nach eil daoine a' reic talmhainn no chroitean airson thaighean, as coireach gu bheil a' Ghàidhlig fhathast cho làidir innte. Shaoil an neach-rannsachaidh agus an sgioba rannsachaidh gu bheil misneachd is toil aig daoine sa sgìre a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig agus thuirtear cuid a mhuinntir an àite gu bheil daoine san sgìre seo a' bruidhinn bho latha gu latha sa Ghàidhlig, ach tha an òigridh, a thuigeas a' Ghàidhlig, dualtach an-diugh a bhith a' freagairt sa Bheurla. A rèir neach a bha ag obair air leasachadh a' chàin is a' cultair, is e seo an sgìre as treasa an Uibhist a thaobh bruidhinn na Gàidhlig le deòin, agus gu h-àbhaisteach.

San latha an-diugh, bidh clann aois bun-sgoile às na Meadhanan a' dol an dàrna cuid gu Bunsgoil Dhalabroig, no gu Sgoil an Ìochdair. Anns na sgoiltean seo tha taghadh ann de fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig, no tro mheadhan na Beurla. Ann an Dalabrog, chaidh aithneachadh nuair nach robh suidheachadh tidsearan Gàidhlig ann an Bunsgoil Dhalabroig cinnteach o chionn beagan bhliadhnaichean agus gun tug seo buaidh air àireamhan cloinne ann am FMG; ach tha an suidheachadh seo air atharrachadh a-rithist is FMG ga thaghadh le còrr is

Ieth dhe na pàrantan. Tha Sgoil an Ìochdair air a bhith fìor làidir a thaobh feallsanachd FMG agus àireamhan cloinne ann am FMG.



Dealbh 7: Sgoil Dhalabroig, Uibhist a Deas

Bidh clann aois àrd-sgoile uile a’ dol gu Sgoil Lionacleit ann am Beinn a’ Bhaoghla, far am faighear cuid a chlasaichean tro mheadhan na Gàidhlig.

Bha an t-oifigear Gàidhlig aig CnaG, Màiri Anna Chaimbeul, ag obair mar 0.8FTE. Tha i an sàs ann am brosnachadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd ann an Uibhist, le prìomhachas air cothroman cleachdaidh airson òigrìdh. Bidh i a’ brosnachadh thachartasan tro mheadhan na Gàidhlig airson daoine dhen a h-uile aoise (Ieth dhen t-seachdain aice), tro thachartasan mar bingo, cèilidhean is dannsaichean; agus bidh an t-oifigear cuideachd ag obair leis na sgoilearan le Gàidhlig (an Ieth eile san t-seachdain) sna bun-sgoiltean ionadail, agus aig àrd-sgoil Lionacleit, gus am bi cothroman aig a’ chloinn an cuid Gàidhlig a chur gu feum gu sòisealta, taobh a-muigh a’ chlas, tro chlubaidhean spòrs, dràma is eile.

Bha cuid a phroifeiseantaich ris an do bhruidhneadh a’ faireachdainn ged-thà gu bheil mòran dhe na beagan teaghlaichean le Gàidhlig a th’ ann a’ cleachdadh Beurla gu tric a-staigh san dachaigh, agus gu bheil fìù ’s seann-phàrantan a’ cleachdadh na Beurla le an cuid oghaichean.



Dealbh 8: Talla Staoinebrig – talla coimhearsnachd, Uibhist a Deas

Bhathas ag obair air Plana Cànain airson Uibhist, ‘Plana Cànain Uibhist’, mar bhuil bhon obair air na Standing Outcome Agreements, nuair a bha an rannsachadh a’ dol air adhart. Bha seo a’ cur a-mach nam prìomh amasan: àrdachadh cothroman cleachdaidh, àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig, àireamhan chloinne a tha dà-chànanach; agus a’ cruthachadh chothroman ionnsachaidh is a’ ceangal cànain ri beatha sòisealta is eaconomaidh na sgìre. Bhathas ag obair air gnìomhan mu choinneamh nan amasan seo, le molaidhean air cò dhèanamh an obair, na targaidean a bhiodh ann agus cuine. Bha gu leòr gu bhith air a dhèanamh le buidhnean ann an co-obrachadh, eadar Ceòlas, Cothrom, sgoiltean san sgìre, pàrantan, Tobair an Dualchais is Sabhal Mòr Ostaig, Òigridh Uibhist, comataidhean eile, agus mar sin air adhart.

Nuair a thòisich an rannsachadh, bha Ceòlas dìreach air neach ùr fhastadh gus taobh cànain is cultar na Gàidhlig ann an obair Cheòlais a leudachadh, tro bhith ag obair air, am measg rudan eile, suirbhidh air feumalachdan luchd-ionnsachaidh/coimhearsnachd na Gàidhlig agus gus stòr-data a chruthachadh air oidean às an sgìre; poileasaidh cleachdadh cànain airson Ceòlas fhèin, agus obair a dhèanamh le a leithid na sgoiltean is an òigridh mu ghillean Oidhche Chulaig, is traidiseanan eile. Fhad’s a bha an rannsachadh a’ dol air adhart, thàinig an obair seo gu crìch, ach le dùil aig Ceòlas oifigear eile fhastadh na àite. Rinneadh cinnteach gum biodh an oifigear a’ co-obrachadh le buidhnean eile san sgìre, gu h-àraidh le buidhnean le ceangal dhan chànan/chultar, agus dh’fheuchadh nach biodh an aon rud ga dhèanamh le barrachd is aon bhuidhinn.

Bho thàinig an obair rannsachaidh gu crìoch, tha am fìor dheagh naidheachd air sgaoileadh gu bheil ionad ùr gu bhith aig Ceòlas, a bheir cothrom do Cheòlas cànain is ceòl is cùrsaichean a thabhann don choimhearsnachd ionadail agus gu daoine a thig a dh’ Uibhist a dh’ ionnsachadh.

Trèanadh is Ionnsachadh

Tha na diofar bhuidhnean a tha an sàs ann an trèanadh is ionnsachadh ann an Uibhist air an riochdachadh air a' Uist Core Learning Interests Group (UCLIG), agus is e an t-amas no 'vision statement' aig a' bhuidhinn seo a bhith 'A' togail coimhearsnachd le misneachd' (Summary Evaluation Inspection, 2015). Tha a' bhuidheann seo a' ceangal cuideachd ris a' bhuidhinn Education, Skills and Training Outcome Group, a tha na fo-bhuidhinn aig an Outer Hebrides Community Planning Partnership; tha poileasaidhean is planaichean gnìomha ann cuideachd a tha a' toirt stiùir dha leasachaidhean, mar a' bhuidheann Western Isles Community Learning Strategy and an Single Outcome Agreement.

Am measg nam prìomhachasan leasachaidh aig a' choimhearsnachd san amharc aig a' UCLIG tha òigridh agus an Curraicealam airson Sàr-Mhaitheis; litearachd agus àireamhachd airson inbhich; foghlam air deoch làidir; togail comais sa choimhearsnachd; ag obair gu saor-thoileach (volunteering); togail slàinte a h-uile duine tron chultar (a' gabhail a-staigh na Gàidhlig), agus spòrs. Tha an t-adhartas a thèid a dhèanamh clàraichte mu choinneamh prìomhachasan dhen Standing Outcome Agreement a thaobh 'gnìomhan' agus cò na buidhnean a tha a' cur ris na gnìomhan – agus tha seo a' lìonadh mòran dhuilleagan (*Uist Core Learning Interests Group Action Plan Reports*). Tha na buidhnean a leanas, a tha nam buill aig a' UCLIG, gu mòr an sàs ann an ruith chùrsaichean a bheir seachad teisteanasan: Cothrom, Ceòlas, Colaiste a' Chaisteil, Taigh Chearsabhaigh agus Bòrd Slàinte nan Eilean Siar. Tha Cothrom agus Ceòlas suidhichte le oifisean ann an Uibhist a Deas – tha Cothrom ann an sgìre nam Meadhanan, agus tha oifis Cheòlais ann an Dalabrog.

San *Summary Evaluation Inspection* (2015) thathar ag aithneachadh dùbhlain nach beag: call sluaigh, le mòran aois 16-17 a' fàgail Uibhist; seirbheisean a' dol dhan mheadhan; an sluaigh a' fàs sean; bun-structar comhdhail nach eil math gu leòr; gainnead seirbheis bann-leathainn; bochdainn conaidh; iomallachd; leasachaidhean seirbheisean slàinte nach eil a' toirt buaidh mhath air daoine; duilgheadasan le cosnadh is obraichean; gainnead ionmhais agus ghoireasan; agus bruthadh air siostaman cùraim is taice.

Nuair a chumadh co-labhairt òigridh, 'Dèanamh Diofar', thogadh na puingean a leanas, am measg phuingean eile: cion chothroman foghlam adhartach san sgìre; coin obraichean airson òigridh; seirbheis WiFi agus làraich-lìn a tha bochd, agus cion seirbheis 3G; seirbheis chòmhdhail nach robh math gu leòr; sàbhailteachd sa choimhearsnachd (air na rathaidean, drogaichean is deoch làidir); agus modh mì-iomchaidh. Thog na buidhnean san sgìre air na puingean seo bhon uair sin, a' feuchainn ri barrachd chothroman a leasachadh.

Nuair a chaidh faighneachd mu chothroman obrach an Uibhist airson òigridh (agus daoine eile), bhathar a' moladh Cothrom gu mòr mar ionad trèanaidh is mar bhuidheann a tha a' leasachadh chothroman obrach. Faodar teisteanasan gu ìre SVQ a chosnadh ann an grunn dhiofar

chuspairean, is bidh cùrsaichean eile a' ruith ann an gàirnealaireachd is fàs bìdh, agus eile. Cuideachd, tha Cothrom air a bhith a' ruith sgeama ùr - Mentor Uist and Barra- is òigridh àrd-sgoile an sàs nam measg; bhuinig an sgeama an duais nàiseanta mar Phròiseact Coimhearsnachd na Bliadhna, ann an 2016.



Dealbh 9: Cothrom, Uibhist a Deas

Bhon rinneadh an rannsachadh, tha an àireamh de dh' àiteachan trèanaidh is apprenticeships fo sgèith pròiseact Cothrom Re-Store an impis dùblachadh (2016/17), ri linn togalaich ùir ri taobh Chothroim, togalach ùr a tha gu math nas motha na a' bhùth is bùth-obrach, Cothrom Re-Store, ann am Bòrnais.

Chaidh na cothroman aig Colaisde a' Chaisteil ann am Beinn a' Bhaoghla ainmeachadh cuideachd mar chothroman do dh' òigridh trèanadh fhaighinn/fuireach sna h-eileanan. Tha cothroman eile ann an Uibhist, mar obraichean aig Stòras Uibhist, no aig a' Chomhairle; ach bhathar a' faireachdainn, bho thaobh na h-òigridh, gum feumte sgilean/teisteanasan ro-làimh/trèanadh airson na h-obraichean seo fhaighinn, mar bu trice.

Aig àm an rannsachaidh, bhathar a' faireachdainn gun robh glè bheag de chothroman is taghadh obraichean ann an Uibhist; agus gu dearbh, bha daoine a' faireachdainn gu bheil an òigridh a' sìor falbh airson obair fhaighinn air tìr-mòr. Chaidh a ràdh gun robh beagan teaghlaichean òga air tilleadh a dh' Uibhist a Deas o chionn beagan bhliadhnaichean, ach dh'fhalbh cuid a bha air tilleadh.

Iomairtean, comataidhean is toil a bhith a' leasachadh

Chaidh Uibhist a Deas is Beinn a' Bhaoghla a cheannach leis a' choimhearsnachd ann an 2006, agus chaidh Stòras Uibhist a chruthachadh gus an oighreachd a ruith, le prìomhachas ga chur air taic a chur ris an t-sluagh is ri leasachadh eacanomaigeach a thaobh: iasgachd, aquaculture, obair togail, seirbheisean, àiteachas, turasachd, agus food processing. Thathar a' leasachadh sgeamaichean mòra gus barrachd gnìomhachais a thòiseachadh is a thàladh dhan sgìre – tha an dà phròiseact mhòr air ùrachadh ghoireasan ann an Loch Baghasdal (fo Lochboisdale Community Trust), agus tuathanas gaoithe a chruthachadh maoin leasachaidh dhan choimhearsnachd air a bhith soirbheachail, a' toirt chothroman do dhaoine san sgìre taic-airgid fhaighinn bhon mhaoin, no an seirbheis ghnòthachais aca a dhèanamh nas fheàrr air sgath is gu bheil bun-structar san sgìre nas fheàrr ann am Baghasdal.

Tha buidhnean leasachaidh saor-thoileach/buidhnean iomairt (social enterprises) gu leòr ann an Uibhist a Deas agus Uibhist gu lèir, a tha a' feuchainn ri goireasan ionadail a leasachadh; agus tha an ìre de sgilean aig na h-iomairtean seo glè mhòr is proifeiseanta. Is iad eisimpleirean air buidhnean saor-thoileach agus buidhnean iomairt ann an Uibhist a Deas, Cothrom, Ceòlas, Brosnachadh Slàinte, Fèis Tìr a' Mhurain, Tagsa Uibhist, Lochboisdale Amenity Trust, agus eile. Ach chaidh a ràdh mu na comataidhean saor-thoileach le oifigear san sgìre: "Is iad na h-aon daoine a tha deònach gu saor-thoileach a bhith a' dèanamh rudan", agus mar sin "Bidh iad a' fàs fed-up is sgìth – 'committee fatigue'". Air an làimhe eile, tha e uaireannan nas fhasa rudan a dhèanamh mur bheil comataidh ro mhòr: "A-nis, tha cuid air a dhol gu comataidhean glè bheag, 'comataidh beag dlùth!', is tha iad gu math neo-fhoirmeil is ag obair, mar eisimpleir, tro fònadh nuair a dh'fheumas seathraichean a dhol a-mach, no eile".

Thuir an oifigear Gàidhlig gu bheil na daoine air comataidhean Gàidhlig, gu bheil iad air a h-uile comataidh Gàidhlig – rud a tha math, ged a bhiodh e fìor mhath daoine eile fhaighinn air bòrd cuideachd. Thuir i gu bheil a' chlann glè mhath air tighinn a-mach gu rudan a thèid a chur air dòigh dhaibh, às dèidh na sgoile no air an deireadh-seachdainne. Chaidh a ràdh cuideachd, le cuid a thachartasan agus gainnead dhaoine an Uibhist, ged a chùirte tachartas air dòigh le aoigh bho air falbh, uaireannan cha tig daoine gu leòr dhan tachartas.

Dh'fheumte aideachadh gun robh blas dhen aon fhaireachdainn ann an còmhradh le oifigear leasachaidh an Uibhist a Deas a bha a' faireachdainn gur "e glè bheag a thig a-mach airson rudan a tha a' dol sa choimhearsnachd", agus "Is iad na h-aon daoine a thèid dha na tachartasan fad an t-siubhail – agus cha mhòr nach urrainn dhut innse ro-làimhe cò bhios a' nochdadh". Ach bu chòir a ràdh cuideachd nach eil an sluagh ro mhòr, gu bheil a' choimhearsnachd a' fàs nas sine, agus gu bheil droch shìde agus tachartasan eile aig an taigh a' cumail daoine a-staigh.

Crìonadh sluaigh, agus an sluagh a' fàs sean

Eadar 1991-2001 chrìon an sluagh ann an Uibhist le 18% (CS 2001); ach chaidh seo gu 2.8% eadar 2001-2011 a rèir a' CS 2011; cuideachd, cha robh clann fo 18 a' riochdachadh ach 23% dhen t-sluagh gu lèir – a' ciallachadh gur e coimhearsnachd a tha a' fàs sean a th' ann an sluagh Uibhist (Summary Evaluation Inspection 2015). Fhad's a bhathar a' còmhraidh ri daoine re an rannsachaidh, b' e am prìomh dragh a bh' air daoine crìonadh san àireimh de dhaoine, agus gu sònraichte òigridh, a tha a' fuireach ann an Uibhist a Deas, agus co-cheangailte ri seo, an gainnead obraichean a chumadh daoine san eilean. Dh' innis neach proifeiseanta òg na ficheadan mar nach eil àireamhan cloinne sna bailtean san àite mar a b' àbhaist nuair a bha i fhèin òg deich gu còig bliadhna deug air ais, agus dh' innis neach eile sna ficheadan gun robh a h-uile duine air a' chlas aice anns an àrd-sgoil (faisg air 50) airson fuireach an Uibhist (nuair a chaidh faighneachd dhaibh aig àm ceannach oighreachd Uibhist a Deas), agus an-diugh chan eil ach 2 aca fhathast ann an Uibhist. San rannsachadh seo, bha e doirbh òigridh às an àite a lorg airson cuideachadh leis an rannsachadh sna Meadhanan – oir cha robh mòran òigridh ann airson faighneachd dhaibh – eu-coltach ris an t-suidheachadh a bh' ann an Leòdhas nuair a rinneadh rannsachadh ann an Siabost (Barail agus Comas Cànan, 2010).



Dealbh 10: Tigh-tasgaidh Chill Donain, Uibhist a Deas

3.2. Feartan (Inbhich)

Tha an clàr fodha a’ mìneachadh mar a fhuairteadh freagairtean bho seachad taigh, is bho 85 inbhich, agus freagairtean às leth 11 duine cloinne.


Clàr 54: Àireamh fhreagairtean

Questionnaire Response	N returns
Questionnaire A (Household)	70
Questionnaire B (for Adults aged +16)	85
Questionnaire C (for Children aged 0 to16)	11

Chithear fodha gun d’fhuairteadh faisg air an aon àireimh de dhaoine a bha sa CS 2011 anns an rannsachadh, ach gu bheil nas lugha de dhaoine òga san rannsachadh. Aon adhbhar airson an diofar, is e nach robh e comasach dhan sgioba rannsachaidh a bhith a’ dol timcheall nan dorsan air an oidhche, nuair a bhiodh òigridh a bha a-muigh tron latha a’ cosnadh, is a’ chlann sa sgoil.

Tha e intinneach cuideachd, anns a’ bhuidhinn aoise 65-74, gun d’fhuairteadh barrachd sa bhuidhinn aoise seo na bha sa CS 2011. Ma dh’fhaoidte, anns na ceithir bliadhna eadar an CS 2011 agus an rannsachadh seo, gun do ghluais daoine suas ann am buidhinn aoise, bho 50-64 gu 65-74 (mar sin, bhiodh feadhainn air an obair a leigeil seachad san ùine sin).

Clàr 55: Cunntas v luchd-freagairt



Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil 65% dhen luchd-freagairt aig aois 50 no nas sine, a’ ciallachadh gur e coimhearsnachd a tha a’ fàs sean a th’ anns na Meadhanan. Chithear cho beag

bideach is a tha na h-àireamhan cloinne fo 25 bliadhna a dh' aois – ach a-rithist, leis nach d'fhuairteadh freagairtean bhon a h-uile taigh, feumar a bhith faiceallach. Tha inbhich aois 16-34, na bliadhnaichean nuair a tha iad nas dualtaiche clann a bhith aca, gann cuideachd.

Clàr 56: Aois

AGE	N	%
0 to 3 years	1	1.0
4 to 5 years	0	0.0
6 to 11 years	3	3.1
12 to 15 years	7	7.3
16 to 24 years	4	4.2
25 to 34 years	4	4.2
35 to 49 years	15	15.6
50 to 64 years	25	26.0
65 to 74 years	24	25.0
75 years and over	13	13.5
Total	96	100.0

Chithear fodha gu bheil na h-àireamhan de dh' fhireannaich is bhoireannaich gu math faisg.

Clàr 57: Gnè

GENDER	N	%
Male	49	52.1
Female	45	47.9
Total	94	100.0

Tha an clàr fodha air na h-obraichean aig daoine inntinneach, oir ged a tha an slugh san fharsaingeachd 'sean', chan eil ach aon trian dhen luchd-freagairt air an obair aca a leigeil seachad. Chithear gu bheil 60% a' cosnadh/mar oileanaich/a' coimhead às dèidh an dachaigh no teaghlaich; agus gu bheil 36% air an dreuchdan a leigeil dhiubh.

Clàr 58: Obair

Employment Status	N	%
Employed full-time	27	32.5
Employed part-time	8	9.6
Self-employed	11	13.3
Student	1	1.2
Looking after home or family	3	3.6
Unemployed	3	3.6

Retired	30	36.1
Permanently sick or disabled	0	0.0
Other	0	0.0
Total	83	100.0



Dealbh 11: Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas

Tha an dà chlàr fodha gu math inntinneach, oir tha iad a' sealltainn ged a tha Gàidhlig cudromach dhan obair aig aon duine às gach dithis, chan eil Gàidhlig anns an tuairisgeul obrach ach aig aon duine às gach sianar.

Clàr 59: Gàidhlig cudromach nad obair?

Gaelic important in daily work?	N	%
Yes	37	53.6
No	32	46.4
Total	69	100.0

Clàr 60: Gàidhlig san tuairisgeul obrach

Gaelic in job description?	N	%
Yes	10	17.2
No	48	82.8

Total	58	100.0
-------	----	-------

Tha an clàr fodha air teisteanasan foghlaim ag innse gu bheil teisteanasan aig an dà ìre as àirde aig 38% dhen t-sluagh. Tha àireamhan àrda ann gun teisteanas idir (33%) no le teisteanasan aig ìre teisteanasan àrd-sgoil (29%).

Clàr 61: Teisteanasan foghlaim

Level of Education	N	%
No formal qualification	25	32.9
Level I - National 4, National 5	15	19.7
Level II - Higher, Advanced Higher, 6th Year Studies	7	9.2
Level III - HNC, HND SVQ level 4	8	10.5
Level IV - Degree, Post-graduate	21	27.6
Total	76	100.0

Chithear sa chlàr fodha gu bheil barrachd is leth dhen t-sluagh air a bhith a' fuireach a' mhòr-chuid no fad am beatha sna Meadhanan.

Clàr 62: In-imrich

Na Meadhanan Local or Incomer	N	%
Lived in Na Meadhanan all or most of life	44	55.0
Moved to Na Meadhanan	36	45.0
Total	80	100.0



Dealbh 12: soidhne rathaid dà-chànanach airson Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas


Tha tuilleadh mìneachaidh fodha, nuair a chìthear gu bheil 20% air tighinn dha na Meadhanan bho àiteachan eile ann an Uibhist; le sin, dh'fhaodar a ràdh gur ann às na Meadhanan/Uibhist a tha 74% dhen t-sluagh – àireamh àrd a thaobh fèin-aithne eileanach is ceangal ris a' Ghàidhlig san teaghlach.

Clàr 63: Buntanas luchd-freagairt

Place of Upbringing	N	%
Na Meadhanan area	44	54.3
Elsewhere in Uist	16	19.8
The Western Isles	1	1.2
Elsewhere in the Highlands and Islands	1	1.2
Elsewhere in Scotland	12	14.8
Other	7	8.6
Total	81	100.0

Tha an clàr gu h-àrd air a riochdachadh ann an dealbh cearcallach, fodha.

Clàr 64: Buntanas luchd-freagairt (cearcall paidh)



Dealbh 13: Bho Loch Bhacasaraigh, a’ coimhead air pìos de Staoinebrig, Uibhist a Deas

Dhen fheadhainn a fhreagair gun tàinig iad a dh’fhuireach sna Meadhanan, thàinig cha mhòr a h-uile duine san 55 bliadhna mu dheireadh. Chan eil na h-àireamhan airson nan 1970/80an a’

sealltainn fàs ri linn cruthachadh Comhairle nan Eilean Siar. ‘S ann sna 1990an a thàinig an ceudad as motha.

Clàr 65: Cuine a ghluaiseadh ann

Decade moved to Na Meadhanan	N	%
2010s	8	22.2
2000s	5	13.9
1990s	12	33.3
1980s	7	19.4
1970s	3	8.3
pre 1970s	1	2.8
Total	36	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil fileantachd an aon rud, an ìre mhath, thar nam buidhnean aoise; tha e inntinneach is dòcha gu bheil barrachd aois 50+ gun Gàidhlig sam bith am measg nan inbheach aoisean 16-49.

Chithear cuideachd gu bheil a’ mhòr-chuid, 20 a-mach à 23, aig aoisean 16-49 ag ràdh gu bheil iad fileanta/comasach air beagan Gàidhlig a bhruidhinn; tha am figear beagan nas lugha airson daoine os cionn 50 – 49 a-mach à 61 [chleachdadh àireamhan an seo seach ceudadan leis gu bheil an àireamh shlàn fo 50].

Clàr 66: Aois agus fileantachd an neach-freagairt

Respondent: Age and Fluency	aged 16 to 49		aged 50 plus	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	3	13.0	12	19.7
Some ability in Gaelic	3	13.0	5	8.2
Fluent Gaelic speaker	17	73.9	44	72.1
Total	23	100.0	61	100.0

Chaidh coimhead air fileantachd agus cò às a bha daoine, agus fhuair a-mach gu bheil 89% bho tìr mòr gun Gàidhlig sam bith, no le glè bheag de Ghàidhlig (ach tha beagan comais aig 10% dhiubh seo). A thaobh eileanaich, bha cha mhòr a h-uile duine fileanta (95%) agus cha robh eileanach ann aig nach robh Gàidhlig idir no aig an robh glè bheag de Ghàidhlig.

Clàr 67: Cò às, agus fileantachd, an neach-freagairt

Respondent: Origin and Fluency	Islander		Mainlander	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	0	0.0	15	78.9
Some ability in Gaelic	3	5.3	2	10.5
Fluent Gaelic speaker	54	94.7	2	10.5
Total	57	100.0	19	100.0

Fhreagradh gur às na h-Eileanan a bha a’ mhòr-chuid dhe am màthraichean (79%) agus athraichean (77%). Is ann à Uibhist san fharsaingeachd a bha a’ mhòr-chuid a màthraichean (67%) agus athraichean (73%).

Clàr 68: Buntanas phàrantan aig luchd-freagairt

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Na Meadhanan area	28	34.6	38	46.9
Elsewhere in Uist	26	32.1	21	25.9
Elsewhere in Western Isles	9	11.1	3	3.7
Elsewhere in Highlands & Islands	1	1.2	2	2.5
Elsewhere in Scotland	10	12.3	7	8.6
Other	7	8.6	10	12.3
Total	81	100.0	81	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gun do chleachd pàrantan Gàidhlig a-mhàin no Gàidhlig mar bu trice anns na ceudadan a leanas: màthraichean (55%) agus athraichean (67%). Gu soilleir, tha Gàidhlig air a bhith bitheanta is beò air bilean a’ mhòr-shluaigh gus o chionn ghoirid, agus tha daoine beò an-diugh le pàrantan aig nach robh a’ Bheurla.

Cha mhòr gun robh pàrant sam bith ann a bha a’ cleachdadh Beurla mar bu trice; ach bha aon phàrant às gach còignear a’ bruidhinn Beurla a-mhàin.

Clàr 69: Cànan phàrantan an luchd-freagairt

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	26	31.7	30	38.5
Mainly Gaelic	19	23.2	22	28.2
English and Gaelic equally	18	22.0	10	12.8
Mainly English	3	3.7	0	0.0
English only	16	19.5	16	20.5
Total	82	100.0	78	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gur i a’ Ghàidhlig a-mhàin/mar bu trice a chaidh bruidhinn ris an neach-freagairt le 63% de mhàthraichean is 65% de dh’ athraichean. Tha seo a’ sealltainn gu bheil Gàidhlig air a bhith na mòr-cànain ga bruidhinn ris an luchd-freagairt.

Chithear cuideachd nach robh ‘dà-chànanas’ co-ionnan cumanta; ach bha Beurla a-mhàin/mar bu trice ga bruidhinn ris an luchd-fhreagairt le 26% de mhàthraichean is le 24% de dh’ athraichean.

Clàr 70: Cànan air am bruidhinn ri luchd-freagairt le am pàrantan

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	38	46.3	37	47.4
Mainly Gaelic	14	17.1	14	17.9
English and Gaelic equally	8	9.8	8	10.3
Mainly English	3	3.7	1	1.3
English only	19	23.2	18	23.1
Total	82	100.0	78	100.0

Chan eil cus diofar ri fhaicinn bhon chlàr gu h-àrd agus an clàr, fodha. Tha gluasad beag ann gu beagan a bharrachd Beurla aig clann seach aig am pàrantan nuair a tha iad a’ bruidhinn ri chèile.

Clàr 71: Cànan air am bruidhinn le luchd-freagairt ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	36	44.4	33	44.0
Mainly Gaelic	13	16.0	15	20.0
English and Gaelic equally	10	12.3	7	9.3
Mainly English	4	4.9	2	2.7
English only	18	22.2	18	24.0
Total	81	100.0	75	100.0

Tha an clàr fodha fìor inntinneach, oir tha e a’ sealltainn gu bheil àireamhan mòra a’ cleachdadh nam meadhanan Gàidhlig – Gàidhlig a-mhàin no an dà chànan. Tha dìlseachd ann gu sònraichte do phrògraman Gàidhlig air an radio, leis an treas cuid (32%) ag èisteachd gu Gàidhlig mar as trice, agus dhan dà chuid (30%).

Clàr 72: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(N)
	(percentage)			
Watch TV	12.8	42.3	44.9	78
Listen to radio	31.6	30.4	38.0	79
Using social media	5.7	17.0	77.3	85
Watch DVDs	9.5	7.5	83.0	53
View the internet	4.8	9.5	85.7	63
Read novels	4.5	10.4	85.1	67
Read other material	1.5	16.9	81.5	65



Dealbh 14: Caisteal Ormacléit, Uibhist a Deas

3.3. Comas Cànan (Inbhidh)

Chithear fodha gun do fhreagair 90% gun robh iad a' fuireach sna Meadhanan nuair a chaidh an Cunntas-Sluaigh 2011 a dhèanamh san sgìre.

Clàr 73: A' fuireach san àite aig àm a' chunntais?

B1.1 Living in Na Meadhanan area during 2011 Census	N	%
1 Yes	70	89.7
2 No	8	10.3
Total	78	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil comas labhairt na Gàidhlig aig 81%, comas tuigsinn na Gàidhlig aig 86%, comas leughaidh sa Ghàidhlig aig 62%, agus tha comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig aig 52% dhen t-sluagh. Tha na comasan tuigsinn is bruidhinn gu sònraichte àrd sa chlàr fodha.

Clàr 74: Comasan sa Ghàidhlig

B1.2 Which of these can you do in relation to Scottish Gaelic?	N	%
Understand	73	85.9
Speak	69	81.2
Read	53	62.4
Write	44	51.8
None of those	10	11.8

multiple response question from 85 respondents

Dh' fhreagair 78% dhen luchd-freagairt gu bheil iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh.

Clàr 75: Cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh

B1.3 Do you use Gaelic at home?	N	%
Yes	66	77.6
No	19	22.4
Total	85	100.0

Fhreagair 82% gu bheil iad a' tuigsinn na Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde.

Clàr 76: Comas tuigsinn na Gàidhlig

B2 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in work situations	34	41.5
Understand fluent Gaelic speakers talking	29	35.4
Understand daily conversations	4	4.9
Pick up the meaning of simple conversations	7	8.5
Understand simple greetings	6	7.3
Not yet understand any Gaelic	2	2.4
Total	82	100.0

Fhreagair 73% gu bheil comas labhairt na Gàidhlig aca aig na trì ìrean as àirde. Dh' fhreagair 2.4% nach eil Gàidhlig idir aca, is fhreagair 24%, aon duine às gach ceathrar, gu bheil beagan aca.

Clàr 77: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Speaking Ability	N	%
Comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers	33	40.2
Comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	27	32.9
Take part in daily conversations on most subjects	0	0.0
Take part in basic conversations about everyday subjects	8	9.8
Exchange simple greetings in Gaelic	12	14.6
Not yet speak any Gaelic	2	2.4
Total	82	100.0

Tha comas leughaidh sa Ghàidhlig aig 65% aig na trì ìrean as àirde. Chan eil comas leughaidh sam bith sa Ghàidhlig aig 14%, is cha leugh 15% eile ach facal no dhà sa Ghàidhlig.

Clàr 78: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to my work	14	17.5
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	30	37.5
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	8	10.0
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	0	0.0
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	5	6.3
Understand a few words on signs with picture help	12	15.0
Cannot yet read any Gaelic	11	13.8
Total	80	100.0

'S ann a bhith a' sgrìobhadh na Gàidhlig a gheibhear na toraidhean comas cànan as laige airson Gàidhlig. Chithear fodha gu bheil 28% ag ràdh nach urrainn dhaibh Gàidhlig sam bith a sgrìobhadh. Chan eil sàr-sgilean aig an ìre as àirde ach aig 15% - ach tha 18% eile ag innse gu bheil comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig anns a' mhòr-chuid de chuspairean aca. A' gabhail nan trì ìrean as comasaiche còmhla, tha comas sgrìobhaidh aig 41% de luchd-freagairt.

Clàr 79: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B5 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to work without difficulty	12	15.2
Write about most every-day subjects without difficulty	14	17.7
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	6	7.6
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	12	15.2
Write a simple greeting in a thank you note or birthday card	13	16.5
Cannot yet write anything in Gaelic	22	27.8
Total	79	100.0

3.4. Cleachdadh Cànan (Inbhidh)

Chaidh faighneachd mu càite am bi luchd-freagairt a’ cleachdadh na Gàidhlig, agus chithear na toraidhean sa chlàr fodha. Airson fileantaich agus airson daoine nach eil fileanta, tha iad nas dualtaiche a’ Ghàidhlig a chleachdadh aig an ionad-slàinte le eu-slàintich eile, leis an teaghlach agus air a’ fòn leis an teaghlach, sa bhùth, le cèile agus san eaglais.

Clàr 80: Cleachdadh na Gàidhlig agus ìre fileantachd agus cleachdaidh

QU/RUN	NA MEADHANAN : SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	FLUENT	NON-FLUENT	All respondents	All respondents
C66	Health Centre patients	49	47	2	20	63
C16	Neighbours	48	45	3	17	62
C14	Phone family	47	45	2	14	56
C94	Shop customers	42	41	1	18	58
C02	Your Partner	41	38	3	20	46
C90	Post Office customers	41	41	0	19	58
C04	Other adults	40	40	0	12	44
C34	Congregation	40	37	3	11	48
C32	Elders	39	37	2	10	42
C92	Shop staff	39	37	2	25	49
C62	Health Centre nurses	38	36	2	34	47
C88	Post Office staff	36	35	1	28	48

Tha an clàr gu h-àrd air a bhriseadh sìos, fodha, gus sealltainn dè an aois san fharsaingeachd a tha an luchd-freagairt a tha a’ cleachdadh na Gàidhlig co-dhiù cho tric is a tha iad a’ cleachdadh

na Beurla. Tha an clàr a’ sealltainn gu bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh leis an teaghlach, agus a bharrachd gu bheil i air a cleachdadh gu poblach. Tha an clàr a’ sealltainn cuideachd gur iad na daoine os cionn 50 as motha a tha a’ cleachdadh na Gàidhlig sna suidheachaidhean seo.

Clàr 81: Aois agus ìre cleachdaidh na Gàidhlig

QU/RUN	NA MEADHANAN : SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	16 to 49	50 plus	All respondents	All respondents
C66	Health Centre patients	49	11	38	20	63
C16	Neighbours	48	12	36	17	62
C14	Phone family	47	12	35	14	56
C94	Shop customers	42	8	34	18	58
C02	Your Partner	41	10	31	20	46
C90	Post Office customers	41	11	30	19	58
C04	Other adults	40	11	29	12	44
C34	Congregation	40	9	31	11	48
C32	Elders	39	9	30	10	42
C92	Shop staff	39	10	29	25	49
C62	Health Centre nurses	38	9	29	34	47
C88	Post Office staff	36	8	28	28	48

3.5. Barailean air a’ Ghàidhlig (Inbhich)

Anns a’ chlàr fodha, tha diofar phàtrain a’ nochdadh. Tha 25% ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir gu bheil cànan eile ann a tha nas luachmhor na a’ Ghàidhlig (D1); agus fhreagair 38% nach eil iad ag aontachadh/a’ dol na aghaidh. Tha cha mhòr a h-uile duine ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir gum bu chòir do na comhairlean a bhith a’ cur taic ris a’ Ghàidhlig (D2). Tha 55% a’ dol an aghaidh/an aghaidh gu làidir a’ bheachd gu bheil Gàidhlig a’ dol à bith.

Tha cha mhòr gach neach-freagairt (91%) ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir ri D4, gu bheil Gàidhlig riatanach do fhìor fhèin-aithne nan Eilean.

Tha a’ mhòr-chuid (79%) a’ dol an aghaidh/a’ dol an aghaidh gu làidir a’ bheachd gur iad dìreach daoine dhen chlas-obrach a-mhàin a’ bruidhinn na Gàidhlig.

Tha 61% a’ dol leis an argamaid gum bu chòir Gàidhlig a bhith agad ma tha thu a’ faighinn obair san raon-phoblaich; aig a’ cheart àm, ann an ceist D10, tha a’ mhòr-chuid (67%) dhen bheachd nach eil comas bruidhinn sa Ghàidhlig na chuideachadh ann a bhith a’ faighinn àrdachadh dreuchd sna h-Eileanan. Tha aon duine às gach trìuir (37%) a’ smaoinichadh gu bheil e na chuideachadh an Alba a bhith a’ faighinn àrdachadh dreuchd ma tha a’ Ghàidhlig agad (D11).

Agus gu h-inntinneach ann an D12, tha a' mhòr chuid (65%) a' smaoinneachadh nach eil daoine a' faicinn cànan na Gàidhlig mar nì a tha seann-fhasanta.

Ann an D18, fhreagair còrr is leth (54%) dhe na daoine gu bheil iad a' dol an aghaidh/gu làidir a' dol an aghaidh na beachd gu bheil e cudromach gun ionnsaich in-imrichean do sgìrean Gàidhlig a' Ghàidhlig. Agus ann an D20 tha na beachdan air an roinn air am bu chòir do Ghàidhlig a bhith riatanach ann am bharrachd obraichean san roinn shòisealta.

Ach bha 87% ag aontachadh/gu làidir ag aontachadh gum bu chòir do phàrantan le Gàidhlig Gàidhlig a thoirt don chloinn aca.

Clàr 82: Barailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree
	percentage of respondents				
D1. To get on in life there are more valuable languages than Gaelic	6.3	18.8	37.5	33.8	3.8
D2. It seems a good idea that councils support Gaelic.	43.9	42.7	9.8	2.4	1.2
D3. Gaelic is a dying language.	2.4	25.6	17.1	40.2	14.6
D4. To keep their true identity, the Islands need their Gaelic speakers.	49.4	42.0	7.4	0.0	1.2
D5. Only working class people speak Gaelic.	0.0	9.8	11.0	59.8	19.5
D6. To work in the public sector in the Gaelic areas, you should be able to speak Gaelic.	27.2	33.3	16.0	18.5	4.9
D7. Gaelic has no place in the modern world.	1.2	3.7	7.4	44.4	43.2
D8. It is essential that children in the Western Isles learn Gaelic.	43.9	41.5	13.4	1.2	0.0
D9. The Gaelic language is not suitable for business and science.	2.5	11.1	19.8	45.7	21.0
D10. Speaking Gaelic helps you get promoted in the Islands.	2.5	11.1	19.8	45.7	21.0
D11. Speaking Gaelic helps you get promoted within Scotland.	6.2	30.9	43.2	16.0	3.7
D12. Most people view anything to do with Gaelic as old-fashioned.	2.5	9.9	22.2	46.9	18.5

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree	N
	percentage of respondents					
D17. Most other people view Gaelic as old-fashioned.	0.0	14.5	27.7	45.8	12.0	83
D18. It is important that incomers to Gaelic-speaking areas should make an effort to learn Gaelic.	3.6	18.1	24.1	41.0	13.3	83
D19. Gaelic is a crofter language.	3.6	18.1	24.1	41.0	13.3	83

D20. More public sector jobs (e.g. in teaching, in the health services) should be labelled 'Gaelic-essential'.	4.9	23.2	40.2	25.6	6.1	82
D21. It is important that Gaelic-speaking parents speak Gaelic to their children in the home.	51.2	35.4	13.4	0.0	0.0	82

Anns na Meadhanan, fhreagair daoine gum measadh iad iad fhèin, luchd-bruidhinn na Gàidhlig san sgìre, agus na caraidean aca, mar na daoine as taiceile don Ghàidhlig. Is iad na gnìomhachasan prìobhaideach san sgìre agus gu h-àraidh daoine a bha air tighinn a-steach a bha iad a' meas aig bonn sgèile taice don chànan.

Clàr 83: Cò as taiceile don Ghàidhlig?

D13. Level of Support to Gaelic (from 1 to 10 Scale)	N	max	min	Mean	SD
a. Yourself	79	1	10	8.7	1.83
b. Your friends	78	1	10	7.9	2.14
c. Local native Gaelic speakers	78	1	10	8.5	1.92
d. Local people without Gaelic	77	1	10	6.3	2.34
e. Incomers to your area	77	1	10	5.7	2.51
f. Local religious bodies/churches	76	1	10	7.1	2.33
g. Media, TV & radio	78	1	10	7.5	2.33
h. Public bodies (e.g. NHS, police, etc)	77	1	10	5.9	2.22
i. Local private businesses	75	1	10	5.8	2.17
j. Local Government in your area	77	1	10	7.6	2.06
k. Scottish Government	77	1	10	6.2	2.54
l. UK Government	76	1	10	3.8	2.37

Shaoil 89% gu bheil fèin-aithne Gàidhealach làidir sna Meadhanan.

Clàr 84: Fèin-aithne Gàidhlig làidir san sgìre?

D14. Area have strong Gaelic identity?	N	%
Yes	74	89.2
No	9	10.8
	83	100.0



Dealbh 15: Each air a' mhonadh, Taobh a Tuath Loch Aineort, Uibhist a Deas – b' àbhaist eich a bhith riatanach airson obair croite, agus bha iad gu math pailte anns na h-Eileanan.

Anns an dà chlàr a leanas, chithear gu bheil an luchd-freagairt dhen bheachd gu bheil a' Ghàidhlig mar a bha i deich bliadhna air ais (38%), no beagan/mòran nas laige (41%).

Sna deich bliadhna ri thighinn, tha iad an dùil gum bi an cànan mun aon rud (36%), no beagan/mòran nas laige (37%).

Tha còrr is aon chairteal (27%) dhen luchd-freagairt an dùil gum bi a' Ghàidhlig beagan/mòran nas làidire.

Clàr 85: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna mu dheireadh?

D15. Na Meadhanan's Gaelic identity in last 10 years?	N	%
Very much stronger	2	2.6
Slightly stronger	14	18.4
Much the same	29	38.2
Slightly weaker	24	31.6
Very much weaker	7	9.2
	76	100.0

Clàr 86: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna ri thighinn?

D16. Na Meadhanan's Gaelic identity in next 10 years?	N	%
---	---	---

Very much stronger	4	5.5
Slightly stronger	16	21.9
Much the same	26	35.6
Slightly weaker	14	19.2
Very much weaker	13	17.8
	73	100.0

Clàr 87: Eòlach air Bòrd na Gàidhlig?

D22. Have you previously read or heard about Bòrd na Gàidhlig?	N	%
Yes	71	91.0
No	7	9.0
	78	100.0

3.6. Feartan (Clann)

Chithear fodha nach d'fhuaireadh fios air gach pàiste a tha san sgìre, Na Meadhanan. Tha a' mhòr-chuid mun d'fhuaireadh fios eadar 12-15.

Feumar a bhith faiceallach ann a bhith a' tarraing cho-dhùnaidhean ro chinnteach leis cho beag is a tha an àireamh de chlann is de phàrantan sna clàir fodha.

Clàr 88: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	1	9.1
4 to 5 years	0	0.0
6 to 11 years	3	27.3
12 to 15 years	7	63.6
Total	11	100

Tha a' mhòr-chuid dhen chloinn nan nigheanan.

Clàr 89: Gnè

Gender	N	%
Male	4	36.4
Female	7	63.6
Total	11	100.0

A rèir a' chlàir fodha, fhuair a h-uile duine ach aonan co-dhiù an aon uiread de Ghàidhlig is a fhuair iad de Bheurla. Cha robh ach aon phàiste ann nach d'fhuair ach Beurla.

Clàr 90: A' chiad chànan

First Language	N	%
Gaelic only	3	27.3
Mainly Gaelic	3	27.3
English and Gaelic equally	4	36.4
Mainly English	0	0.0
English only	1	9.1
Total	11	100.0

Tha a' chlann a' cleachdadh meadhanan sa Beurla mar as trice nuair a chleachdas iad na meadhanan.

Clàr 91: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(Total)
	Number			
Watch TV	1	2	8	11
Listen to radio	0	2	4	6
Using social media	0	0	8	8
Watch DVDs	0	0	8	8
View the internet	0	0	9	9
Read books	0	2	7	9
Read other material	1	3	5	9

A rèir a' chlàir fodha, tha na màthraichean agus athraichean a' cleachdadh Gàidhlig co-dhiù cho tric is a tha iad a' cleachdadh na Beurla, agus tha a' mhòr-chuid a' cleachdadh Gàidhlig mar as trice (is e an athair no a' mhàthair a fhreagair a' cheist seo).

Clàr 92: Cànan nam Pàrant

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	1	9.1
Mainly Gaelic	7	63.6	6	54.5
English and Gaelic equally	3	27.3	3	27.3

Mainly English	1	9.1	0	0.0
English only	0	0.0	1	9.1
Total	11	100.0	11	100.0

Buinidh a' mhòr-chuid de dh' athraichean ris na Meadhanan (9 a-mach à 11) no do dh' àite eile an Uibhist (1 duine); ach buinidh dìreach 6 a-mach à 11 de mhàthraichean do na Meadhanan, aon neach do dh' àite eile an Uibhist, agus buinidh 3 a-mach à 11 do dh' àiteachan eile an Alba.

Clàr 93: Buntanas nam pàrant

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Na Meadhanan	6	54.5	9	81.8
Elsewhere in Uist	1	9.1	1	9.1
Elsewhere in Western Isles	1	9.1	0	0.0
Elsewhere in Scotland	3	27.3	0	0.0
Other	0	0.0	1	9.1
Total	11	100.0	11	100.0

Fhreagradh gu bheil a h-uile màthair is athair (ach am pàrant aig nach eil ach Beurla) a' cleachdadh Gàidhlig co-dhiù dhan aon ìre is a tha iad a' cleachdadh na Beurla. Tha a' mhòr-chuid de mhàthraichean a' feuchainn air dà-chànanas (Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre) a thoirt don chloinn; agus tha leth dhe na h-athraichean a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin leis a' chloinn. Tha 10 a-mach à 11 a' faighinn Gàidhlig co-dhiù cho tric is a tha iad a' cluinntinn Beurla bho an cuid phàrantan; ach tha an àireamh dhe gach pàrant a tha a' cleachdadh Beurla cho math ri Gàidhlig cudromach oir tha e a' sealltainn gu bheil am mion-chànan ga cleachdadh ri taobh mòr-chànan, agus is iongantach mas urrainn don mhion-cànain a bhith co-ionnan ro fhada tuilleadh.

Clàr 94: Cànan air am bruidhinn ris a' chloinn

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	3	27.3	5	45.5
Mainly Gaelic	1	9.1	1	9.1
English and Gaelic equally	6	54.5	4	36.4
Mainly English	0	0.0	0	0.0
English only	1	9.1	1	9.1
Total	11	100.0	11	100.0

Chithear fodha gu bheil 3 a-mach à 11 dhen chloinn a’ cleachdadh Beurla a-mhàin/mar as trice ri am màthraichean is ri an athraichean. Tha aon trian dhiubh, 4rar, a’ cleachdadh an dà chànain chun na h-aon ìre; agus tha 4rar ann a tha a’ cleachdadh na Gàidhlig a-mhàin/mar as trice ri am pàrantan. Tha seo a’ sealltainn gu bheil a’ mhòr-chuid (8 a-mach à 11) a’ bruidhinn Gàidhlig co-dhiù cho tric is a tha iad a’ bruidhinn na Beurla ri am pàrantan. Ach tha e na adhbhar dragh, ann an coimhearsnachd Ghàidhlig cho làidir is a th’ ann, gu bheil an uiread de Bheurla ga cleachdadh, agus a’ dèanamh coimeas eadar an tricead de Ghàidhlig a tha pàrantan a’ bruidhinn ris a’ chloinn, agus na tha a’ chlann a’ bruidhinn ri am pàrantan, tha gluasad ri fhaicinn bho Ghàidhlig mar as trice aig pàrantan gu Gàidhlig agus Beurla chun nan h-aon ìre aig pàrantan; agus clann a’ bruidhinn Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre AGUS barrachd Beurla na Gàidhlig ri am pàrantan na tha na pàrantan a’ bruidhinn riuthasan.

Clàr 95: Cànain air am bruidhinn leis a’ chloinn ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	1	9.1	4	36.4
Mainly Gaelic	3	27.3	0	0.0
English and Gaelic equally	4	36.4	4	36.4
Mainly English	2	18.2	2	18.2
English only	1	9.1	1	9.1
Total	11	100.0	11	100.0

3.7. Comas Cànain (Clann)

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil an ìre fileantachd aig clann ann an tuigsinn na Gàidhlig fìor àrd – tha 10 a-mach à 11 air am meas a bhith aig an dà ìre as àirde. Chan eil pàiste sam bith air am meas aig na h-ìrean sa mheadhan, agus chan eil ach aon duine ann nach tuig a’ Ghàidhlig.

Clàr 96: Comas tuigsinn na Gàidhlig

B1 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in school situations	1	9.1
Understand fluent Gaelic speakers talking	9	81.8
Understand daily conversations	0	0.0
Pick up the meaning of simple conversations	0	0.0
Understand simple greetings	0	0.0
Cannot understand Gaelic	1	9.1
Total	11	100.0

Agus tha an ath chlàr cuideachd a’ sealltainn ìre fileantachd ann am bruidhinn aig an dà ìre as àirde – 10 a-mach à 11. Le inbhich, bha an ìre comais na b’ àirde airson tuigsinn seach bruidhinn, ach an seo am measg na cloinne, tha comas tuigsinn is bruidhinn glè àrd is aig an aon ìre.

Clàr 97: Comas bruidhinn sa Gàidhlig

B2 Gaelic Speaking Ability	N	%
Discuss school subjects with specialist words with fluent Gaelic speakers	1	9.1
Take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	9	81.8
Take part in daily conversations if s/he takes time	0	0.0
Take part in basic conversations	0	0.0
Exchange simple greetings	0	0.0
Cannot speak Gaelic	1	9.1
Total	11	100.0

A rèir nan toraidhean airson comasan leughaidh, cha robh pàiste sam bith aig an dà ìre as àirde, ged is ann eadar 12-16 a bha a’ mhòr-chuid san rannsachadh; chaidh leth dhiubh – 6 a-mach à 11 – am meas aig ìrean faisg air fileanta ged-thà – comasach air leabhraichean no artaigilean a leughadh le faclair, no comasach air leabhraichean deugairean a leughadh le faclair. Chan eil ach dithis ann a tha gun chomas sam bith ann an leughadh sa Ghàidhlig.

Clàr 98: Comas leughadh sa Gàidhlig

B3 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to school	0	0.0
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	0	0.0
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	2	18.2
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	4	36.4
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	2	18.2
Understand a few words on signs with picture help	1	9.1
Cannot yet read any Gaelic	2	18.2
Total	11	100.0

Tha cha mhòr gach pàiste (9 às gach 11) aig na trì ìrean as àirde a thaobh comas a bhith a’ sgrìobhadh na Gàidhlig.

Clàr 99: Comas sgrìobhadh sa Gàidhlig

B4 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to school without difficulty	3	27.3
Write about most every-day subjects without difficulty	5	45.5
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	1	9.1
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	0	0.0

Write a simple greeting in a thankyou note or birthday card	0	0.0
Cannot yet write anything in Gaelic	2	18.2
Total	11	100.0

3.8. Cleachdadh Càinain (Clann)

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil a' chlann a' cleachdadh an cuid Gàidhlig leis an teaghlach agus sa sgoil; ach tha feadhainn a' cleachdadh Beurla fiù's nuair a ghabhadh Gàidhlig a chleachdadh. Chìthear mar a tha clann buailteach Beurla a chleachdadh le clann eile (Children and other children; agus School-other children).

Clàr 100: Cò leis agus càite an cleachd clann an cuid Gàidhlig/Beurla, agus ìre cleachdaidh

	NA MEADHANAN CHILDREN: SECTION C	USE GAELIC at least as much as English	USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
QU	(Number of Respondents)	ALL RESPONDENTS	All respondents	All respondents
C08	Child and Grandparent	9	0	9
C10	Child and Neighbours	8	3	10
C04	Child and other adults	8	3	9
C12	Child and other Family	8	3	10
C02	Child and Partner	8	3	10
C30	School teachers	8	2	8
C06	Child and other Children	7	4	10
C40	School parents	7	2	7
C36	School support staff	7	2	9
C34	School classroom assistant(s)	6	1	6
C32	School Head teacher	6	3	6
C48	Other Clubs	2	0	2
C38	School other children	2	7	8
C16	Sgoil Àraich children	2	0	2
C18	Sgoil Àraich parents	2	0	2
C14	Sgoil Àraich staff	2	0	2
C46	Sports Club	2	2	4
C48	Other Clubs	1	0	1

3.9. Co-dhùnadh

Feartan (Inbhich)

Is iad seo na prìomh phuingeann bhon rannsachadh le luchd-freagairt nan ceisteachan sna Meadhanan:

1. Fhuair eadhon àireamh mhath de fhreagairtean is ceisteachain an coimeas ri àireamhan sluaigh sna Meadhanan sa CS 2011.

2. Tha a' mhòr-chuid a dhaoine sna buidhnean aoise os cionn 35 – tha a' choimhearsnachd a' fàs sean.
3. Bha 60% ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh/nan oileanaich.
4. Bha 36% air na dreuchdan aca a leigeil dhiubh.
5. Bha Gàidhlig cudromach nan obair làitheil aig 54% dhen luchd-freagairt.
6. Cha robh Gàidhlig san tuairisgeul obrach ach aig 17% de luchd-freagairt.
7. Bha 48% le teisteanas aig ìre ceum/for-cheum/HNC+.
8. Bha 33% gun teisteanas foghlaim foirmeil, agus bha teisteanasan ìre O grades aig 20%.
9. Bha 55% air a bhith san sgìre fad am beatha/a' mhòr-chuid dheth.
10. B' ann à Uibhist/na Meadhanan a bha 75% dhen luchd-freagairt.
11. Tha fileantachd ri lorg anns a h-uile buidheann aoise, aig ìre os cionn nan 70s.
12. Tha 95% dhe na h-eileanaich fileanta; air an làimh eile, dhen fheadhainn bho tìr-mòr, chan eil Gàidhlig sam bith, no tha glè bheag aig 79% dhiubh.
13. B' ann à Uibhist/na h-Eileanan Siar a bha c.78% dhe na pàrantan aig luchd-freagairt; agus
14. Fhreagair luchd-freagairt, a thaobh ciad cànanain am pàrantan, gum b'is i a' Ghàidhlig a-mhàin no mar bu trice a bha aig còrr is leth dhiubh.
15. Bhruidhinn còrr is leth dhe na pàrantan aig an luchd-freagairt ris a' luchd-freagairt ann an Gàidhlig a-mhàin/mar bu trice, agus fhreagair an luchd-freagairt san aon dòigh an ìre mhath.
16. Bha feum mòr ga dhèanamh dhe na meadhanan tro mheadhan na Gàidhlig aig muinntir nam Meadhanan: fhreagair daoine gun robh triùir às gach còignear a' cur feum air na meadhanan, sa Ghàidhlig mar bu trice/a-mhàin, gu h-àraidh air TV (55%) agus radio (62%).

Comas Cànanain (Inbhich)

1. Bha 90% a' fuireach sna Meadhanan aig àm a' Chunntais-Shluaigh 2011.
2. Chuir na leanas tick sa bhogsa comasan sa Ghàidhlig: tuigsinn 86%; bruidhinn 81%; leughadh 62%; sgrìobhadh 52%.
3. Fhreagair 78% gun robh iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.
4. Sna fèin-mheasaidhean, aig na trì ìrean comais as àirde, dh'innseadh na leanas: tuigsinn 86%; 73% bruidhinn (ach tha beagan aig 13% eile); 65% leughadh; 41% sgrìobhadh.
5. Sna fèin-mheasaidhean aig na ceithir ìrean comais as àirde, dh'innseadh na leanas: tuigsinn 90%; bruidhinn 83%; leughadh 65%; sgrìobhadh 56%.
6. Chithear nach robh diofar mòr ann sna sgìlean tuigsinn, labhairt is leughaidh eadar ìrean 3 agus 4, a' ciallachadh nach eil an ìre 'lapach' aig ìre 4 cho nochdte sna Meadhanan.

7. Chithear cuideachd gu bheil coltas ann gur dòcha gun robh muinntir nam Meadhanan a' dèanamh beagan **under-reporting** air sgilean cànan sa Ghàidhlig, ma nithear coimeas le puing 2, 5 agus 6.

Cleachdadh Cànan (Inbhich)

1. Tha a' Ghàidhlig ga cleachdadh ann am mòran àiteachan sa choimhearsnachd: leis an teaghlach/air a' fòn, san ionad-slàinte, sa bhùith, le cèile, sa phost-oifis, le inbhich eile, san eaglais, agus eile.

Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich)

1. Bha taic làidir ann dhan bheachd gu bheil Gàidhlig riatanach gu fèin-aithne nan Eilean Siar.
2. Chuir 55% an aghaidh/an aghaidh gu làidir gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh.
3. Dh' aontaich/dh' aontaich gu làidir 28% gum bu chòir a' Ghàidhlig a bhith riatanach airson obraichean san roinn sòisealta; bha 40% gun bheachd.
4. Chaidh mòran an aghaidh/an aghaidh gu làidir a' bheachd gu bheil Gàidhlig seann fhasanta.
5. Cha robh ach 22% de dhaoine ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir gum bu chòir do chòigreach a thig a-steach Gàidhlig ionnsachadh; bha 54% an aghaidh a' bheachd.
6. Bha daoine gam faicinn fhèin, fileantaich san sgìre, agus an caraidean mar na daoine a bu taiceile don Ghàidhlig.
7. Bha 89% dhen bheachd gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir san sgìre.
8. Thairis air na deich bliadhna mu dheireadh, shaoil 41% de dhaoine gu bheil Gàidhlig air a dhol beagan/mòran nas laige, agus bha 38% dhen bheachd gu bheil i an aon rud.
9. San ath dheich bliadhna, shaoil daoine gum bi a' Ghàidhlig an aon rud (36%), beagan/mòran nas laige (37%), agus beagan no mòran nas làidire (27%).

Feartan (Clann)

1. Bha an àireamh de chlann gu math beag san rannsachadh. Dhen fheadhainn a bh' ann, bha a' mhòr-chuid os cionn 5, agus nan nigheanan.
2. Tha a' mhòr mhòr chuid dhen chloinn a' faighinn co-dhiù beagan Gàidhlig mar na ciad cànan aca: bha 10 à 11 a' faighinn Gàidhlig mar as trice/Gàidhlig agus Beurla.
3. Tha a' chlann a' cleachdadh nam meadhanan sa Bheurla mar as trice.
4. Tha pàrantan a' cleachdadh na Gàidhlig leis a' chloinn (7 à 11) no Gàidhlig agus Beurla (3 à 11).
5. Bha a' mhòr mhòr-chuid dhe na pàrantan aig a' chloinn às na h-Eileanan Siar. (8 à 11, agus 10 à 11).

6. Tha a h-uile pàrant a' cleachdadh co-dhiù beagan Gàidhlig (ach aon teaghlach).
7. Tha gluasad cànan ri fhaicinn, a rèir choltais, bho Ghàidhlig gu Beurla nuair a nithear coimeas eadar cànan nam pàrantan leis a' chloinn, agus cànan na cloinne le am pàrantan.
8. Tha a' chlann a' bruidhinn ri am pàrantan ann an Gàidhlig mar as trice/Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre – 64%. Ach tha gluasad cànan ri fhaicinn gu Beurla am measg na cloinne, nuair a nithear coimeas leis na cànan bho phàrant gu pàiste agus pàiste gu pàrant. Agus ged a tha na h-àireamhan beag agus ro bheag, chithear an aon phàtran gu ìre a thaobh na thaghas a' chlann ri bruidhinn, ann an Cleachdadh Cànan, fodha.

Comas Cànan (Clann)

1. Tha ìrean fìor àrd sna comasan cànan aig a' chloinn. Fhuair eadh na toraidhean a leanas, uile aig an dà ìre as àirde:

Tuigsinn agus Bruidhinn – 10 à 11; Sgrìobhadh – 9 à 11; agus Leughadh – cha robh duine aig an dà ìre as àirde.

Cleachdadh Cànan (Clann)

1. Tha clann a' cleachdadh na Gàidhlig leis an teaghlach agus san sgoil – ach gu bheil 7nar à 9nar a' cleachdadh na Beurla mar as trice/a-mhàin le clann eile.

San fharsaingeachd, is ann anns na Meadhanan a gheibhear a' choimhearsnachd as làidire an Alba, san rannsachadh seo, a thaobh àrd chomasan agus cleachdadh àbhaisteach na Gàidhlig sa choimhearsnachd bho latha gu latha. B' e seo an aon àite far an robh e soilleir gun robh a' mhòr-chuid beò ann an coimhearsnachd Ghàidhlig bho latha gu latha, le gach ginealach fileanta sa Ghàidhlig is cothrom aca an cànan a chleachdadh agus a bhith a' cleachdadh sheirbheisean mar bhùithtean, seirbheisean slàinte agus eile is iad a' bruidhinn na Gàidhlig.

Bha còrr is leth (54%) a' cur feum air a' Ghàidhlig airson an obair aca gach latha, agus bha e aig 17% san tuairisgeul obrach. Bhuineadh a' mhòr-chuid (75%) do dh' Uibhist, agus bha leth dhen t-sluagh air a bhith anns an sgìre a' mhòr-chuid/fad an beatha. Bha na pàrantan aig a' mhòr-chuid aig sàr ìrean fileantachd sa Ghàidhlig agus bhiodh iad a' bruidhinn Gàidhlig a-mhàin/a' mhòr-chuid dhen ùine. Bha 95% dhe na h-eileanaich fileanta, ach bha na daoine bho tìr-mòr buileach eadar-dhealaichte – cha robh Gàidhlig sam bith/glè bheag de Ghàidhlig aig 79%.

Tha a' choimhearsnachd ged-thà a' fàs sean. Tha 36% air an dreuchd a leigeil dhiubh, agus tha 60% ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh/clann.

Dha na ceistean coltach ri ceistean CS 2011, dh' innis daoine gun robh iad uile cha mhòr (90%) anns an sgìre aig an àm. Dh' innseadh gu bheil 78% a' cleachdadh na Gàidhlig san dachaigh.

Gu ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011 fhreagradh gu bheil comas Tuigsinn aig 73%, Bruidhinn aig 69%, Leughadh aig 53% agus Sgrìobhadh aig 44%. Ach anns na measaidhean CEFR, agus ma thèid cuideam a chur air na trì ìrean as àirde a thaobh fileantachd, tha barrachd dhaoine fileanta anns gach comas, ach sgrìobhadh, na chaidh innse sa cheist coltach ri ceist a' chunntais-shluaigh: tha seo ga fhaicinn cuideachd anns an sgrùdadh air under-reporting sa Chunntas-Shluaigh. Mar sin, a' gabhail na ceithir agus trì ìrean comais as àirde, seo na toraidhean: Tuigsinn: 90/82%; Bruidhinn: 83/73%; Leughadh: 75/75%; Sgrìobhadh: 56/41%. Saoilidh an luchd-rannsachaidh gun robh **under-reporting** sna Meadhanan sa Chunntas-Shluaigh a thaobh gach comas cànan, gu h-àraidh ma thathar a' cunntadh nan ceithir sgilean as àirde.

Bha na beachdan aig daoine inntinneach: bha daoine ag aontachadh gu beachdan mar: tha Gàidhlig riatanach gu fèin-aithne nan Eilean Siar; agus bha iad a' smaointinn gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir (84%) aig an sgìre; agus shaoil 55% nach eil a' Ghàidhlig a' bàsachadh agus shaoil iad nach eil Gàidhlig seann-fhasanta; agus shaoil 41% gum bi a' Ghàidhlig nas laige ann an deich bliadhna eile. Ach cha robh mòran taic ann dhan bheachd gum bi chòir don Ghàidhlig a bhith riatanach airson obair sa roinn shòisealta fhaighinn agus bha 54% an aghaidh a' bheachd gum bu chòir do chòigrich Gàidhlig ionnsachadh ma thig iad a dh' fhuireach a dh' àiteachan Gàidhlig.

A thaobh na cloinne, cha robh ach àireamh bheag anns an rannsachadh/anns na Meadhanan. Sheall an rannsachadh gun robh a h-uile pàiste agus a h-uile teaghlach ach aon a' bruidhinn Gàidhlig no Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre, ris a' chloinn. Is ann às na h-Eileanan Siar san fharsaingeachd a bha cha mhòr a h-uile pàrant. Bidh cha mhòr dà thrìan dhen chloinn a' cleachdadh Gàidhlig mar as trice/Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre le pàrantan. Bha a' chlann aig an dà ìre as àirde air sgèile an CEFR a thaobh fileantachd ach ann an leughadh.

Is ann sa Bheurla as motha a tha a' chlann a' cleachdadh nam meadhanan.

Tha an oifigear cànan aig CnaG làn mholaidhean airson cho math is a tha a' chlann (is am pàrantan) air tighinn a-mach gu tachartasan cloinne sa Ghàidhlig a chuireas i air dòigh, anns na bun-sgoiltean agus san àrd-sgoil. Tha na tachartasan seo a' toirt dhaibh an cothrom a bhith a' cluich agus ag ionnsachadh còmhla, tro mheadhan na Gàidhlig. Chan eil an t-oifigear cànan ag obair ach pàirt-ùine sna sgoiltean ged-thà, is am pàirt eile dhen obair aice anns a' choimhearsnachd nas fharsainge.

Tha Gàidhlig sna Meadhanan cho làidir/pailte mar chànan àbhaisteach làitheil is a tha Gàidhlig an coimhearsnachd fhiosaigeach agus chànanach sam bith. Ach tha an slugh a' fàs seann, chan eil mòran òigrìdh ann, tha Gàidhlig aig an òigrìdh a' gluasad bho bhith a' faighinn Gàidhlig a' mhòr-chuid dhen ùine gu Gàidhlig agus Beurla chun na h-aon ìre. Timcheall air an sgìre, tha Gàidhlig a' crìonadh, mar a sheall an Cunntas-Sluaigh 2011; cha tig na leasachaidhean eaconomaigeach is sòisealta cho luath is a tha feum air gus an cànan a chumail air bilean an t-sluaigh aig a bheil i. Ann am beachd aon oifigear leasachaidh, mairidh a' choimhearsnachd

cànain làidir seo ma dh'fhaoidte 30 bliadhna eile; mar sin, tha cothrom aig daoine tighinn is èisteachd, ionnsachadh is clàradh.

4. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànan san Àth Leathann



Dealbh 16: An t-Ath Leathann

4.1. Ro-ràdh

Tha Gàidhlig air a bhith ga bruidhinn san Àth Leathann airson ceudan de bhliadhnaichean, agus an-diugh tha i aig cuid a mhuinntir an àite a rugadh is a thogadh san Ath Leathann no ann an sgìrean eile san Eilean Sgitheanach agus bho sgìrean Gàidhlig eile. Tha Beurla air buaidh mhòr a thoirt ged-thà, agus chithear san rannsachadh fodha gu bheil Beurla air gabhail thairis mar phrìomh chànan an dachaigh airson a' mhòr- mhòr-chuid. Tha ionad Gàidhlig sa Bhun-sgoil san Àth Leathann, ach chithear san rannsachadh fodha gur i a' Bheurla prìomh chànan an dachaigh airson na cloinne seo cuideachd. Fhreagair a' mhòr-chuid a dhaoine san rannsachadh nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir idir san Àth Leathann.

Tha an t-Àth Leathann air an rathad mhòr tron Eilean Sgitheanach. Ron fhicheadamh linn, bha am baile cudromach mar phort, às am b' urrainn dhut siubhal gu tìr-mòr na h-Alba agus nas fhaide air falbh. An-diugh, gheibh daoine san Eilean a tha a' fuireach aig ceann a deas an eilein seirbheisean gu leòr, mar bhùithtean (biadh, pharmacy, ironmongery, stuth càradh thaighean), peatroil, seirbheis lighiche bheathaichean, taighean-bìdh is bàraichean, ospadal agus ionad an dotair, post-oifis, leabharlann is oifis nan seirbheisean sòisealta, oifis oifigeair comhairle, agus pàirc gnìomhachais le diofar chothroman an sin. Mar a tha an rannsachadh fodha a' sealltainn, tha an luchd-freagairt trang is a-muigh ag obair ann an obraichean co-cheangailte ris na

seirbheisean uile gu h-àrd, agus ann an gnìomhachasan mar togail thaighean, haulage, obraichean san roinn shòisealta agus foghlaim, ag iasgach, sna cuaraidhean, coilltearachd, draibheadh bhanaichean, foillseachadh, agus gnìomhachasan turasachd.

Tha an t-Àth Leathann gu sònraichte trang le luchd-turais anns t-samhradh: tha ionad luchd-turais air a bhith ann, agus gheibh luchd-turais connadh, biadh, seirbheisean meadaigeach, àite-fuirich ann an aon dhe na ceithir taighean-òsta mòra sa bhaile, no ann am B&B – a tha gu math pailte ann. Chan eil a’ Ghàidhlig follaiseach do luchd-turais no gu muinntir an àite, ach air na soidhnichean-rathaid agus air corra bùth – agus ma chluinneas tu còmhradh eadar dithis le Gàidhlig, mar eisimpleir, sa Cho-op.

Tha an rannsachadh fodha a’ sealltainn gu bheil tòrr air gluasad dhan Àth Leathann. Tha am margaidh thaighean trang gu leòr; agus tha mòran thaighean sòisealta ann mar-thà, agus gan togail, agus feumalachdan na sgìre a choilionadh.

San sgìre, ma tha ùidh agad sa Ghàidhlig, tha buidheann Cròileagan an Àth Leathann ann airson clann fo 3 bliadhna a dh’ aois. Faodaidh a’ chlann seo pàirt a ghabhail ann an seiseanan Book Bug/Rhyme Time, le taic airgid bho Bhòrd na Gàidhlig.



Dealbh 17: Bunsgoil an Àth Leathann

(dealbh le whfp.com)

Sa bhunsgoil, tha Sgoil-Àraich ann a tha fosgailte airson leth-latha, còig latha san t-seachdain; agus sa bhun-sgoil, tha roghainn aig pàrantan eadar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig no Beurla; ann an 2015/16, bha 97 sgoilearan san sgoil, le leth aca ann am FMG, is a’ chlann Ghàidhlig air an roinn ann an dà chlas. Coltach ri iomadh ionad Gàidhlig eile, tha cliù aig pàrantan clann ann am FMG mar dhaoine a tha air leth taiceil don Ghàidhlig. Tha an sgoil agus

na tidsearan Gàidhlig air taic mhòr a chur ri clann FMG tro chlubaidhean is thachartasan Gàidhlig eile, mar ullachadh airson pàirt a ghabhail sa Mhòd gach bliadhna. Tha pàrantan clann FMG cuideachd air a bhith an sàs ann an tagradh don Chomhairle airson togalach is àite-teagaisg nas fheàrr na th' air a bhith aca (portacabins a tha ag aodion). Tha an iomairt air nochdadh sna pàipearan naidheachd is eile, agus tha seo air ùidh a tharraing dhan chuspair agus gu FMG san Àth Leathann – ach chan eil e soilleir an do rinn seo cron no feum no eile, a thaobh margaideachd FMG san Àth Leathann. Cha robh clasaichean Gàidhlig airson phàrantan gun Ghàidhlig gan ruith san Àth Leathann; ach bhon uair sin, 2016-17, tha clasaichean coimhearsnachd airson luchd-ionnsachaidh air tòiseachadh ann an Slèite, a bheireadh cothrom do phàrantan an cuid Gàidhlig a neartachadh.

Dh'fheuchadh o chionn a dhà no trì bhliadhnaichean ri club Shradagan a chur air chois, ach cha tàinig seo gu buil – bha e ro dhuilich àite a lorg a bha freagarrach don chloinn, leis gu bheil an talla coimhearsnachd cho trang.

Tha Club Òigridh air a bhith a' ruith (2015/16), le taic bho oifigear na comhairle airson leasachadh spòrs, agus bha cuid a thachartasan, mar cheòl/drumaireachd, gan ruith ann an Gàidhlig agus Beurla.

Tha Fèis an Earraich ga ruith gach bliadhna airson clann bunsgoile agus nas sine aig a bheil ùidh ann an cluich ciùil traidiseanta, agus tha a' Ghàidhlig gu math nochdte ann an sanasachd, ann an teagasg cuid dhe na tidsearan, agus aig a' chloinn fhèin a ghabhas pàirt.

Aig àm an rannsachaidh (2015/16), bha oifigear ChnaG san Eilean Sgitheanach, Sìne Gillespie, trang a' libhrigeadh sheiseanan do chlann FMG san Àth Leathann air eòlas air an àrainneachd; agus bha iomairt ùr an impis tòiseachadh leis a' chloinn, air sgilean sligheadaireachd, tro mheadhan na Gàidhlig, airson clann prìomhan 5-7. Dh'innseadh cuideachd gum biodh Sìne ag obair le àrd-sgoilearan le Gàidhlig às an Àth Leathann nuair a bhiodh iad ann an Àrd-sgoil Phortrìgh, tro Dhuaisean Iain Muir.

Bidh CnaG cuideachd a' cur taic ri buidheann dràma a nì panto sa Ghàidhlig gach bliadhna, airson clann bun-sgoile agus caraidean.

Tha prògram ùr air tòiseachadh aig CnaG, a chuidicheas ann a bhith a' tarraing òigridh aois sgoile ri chèile bho air feadh Alba, tron iomairt spòrs Ghàidhlig: bidh seo na chuideachadh do dh' òigridh mar òigridh an Àth Leathann, nach fhaigheadh cothroman spòrs gu h-ionadail tro mheadhan na Gàidhlig, le gainnead òigridh le Gàidhlig is gainnead ionmhais airson tachartasan a leithid sgitheadh agus coiseachd ann an gorges.

Do dh' inbhich le ùidh no comas sa Ghàidhlig san Àth Leathann, tha Còisir Ghàidhlig an t-Sratha, buidheann seinn saor thoileach, a' tarraing sean is òg aig a bheil dualchas òrain Ghàidhlig. Tha a' chòisir air a bhith beò airson còrr is 30 bliadhna. Bidh com-pàirtichean a' gabhail òrain Gàidhlig, is cluinnear a' Ghàidhlig ga bruidhinn aig cuid aig coinneamhan na còisir.

B' àbhaist buidheann dràma Gàidhlig a bhith ga ruith, anns an robh Gàidheil is luchd-ionnsachaidh; ach chan eil seo ann tuilleadh.

Ma tha daoine airson Gàidhlig ionnsachadh no airson an cuid fileantachd a neartachadh, tha Sabhal Mòr Ostaig a' tabhann chùrsaichean agus cheumannan airson gach ìre fileantachd sa chànain; agus tha Colaiste na Gaidhealtachd an Iar san Àth Leathann a' tabhann ceum tron Bheurla mu shaoghal na Gàidhlig, le roghainn modail cànan sa Ghàidhlig, a rèir an ìre fileantachd agad.

Tha am fiosrachadh gu h-àrd ann mar cho-theagsa dha na freagairtean a fhuairteadh fodha san rannsachadh, far an deach fios is beachdan iarraidh bho dhachaighean anns a bheil neach le Gàidhlig gu ìre sam bith. Tha Gàidhlig san Àth Leathann, Gàidhlig bho thùs agus Gàidhlig a thathar ag ionnsachadh; tha eachdraidh cultar na Gàidhlig air a bhith sa bhaile, cluinnear Gàidhlig fhathast aig fileantaich is luchd-ionnsachaidh; tha iomairtean ann mar FMG agus obair ChnaG, a' chòisir Ghàidhlig is eile gus cànan is cultar a bhrosnachadh. Ach tha faireachdainn ann nach eil am fèin-aithne Gàidhlig sa bhaile làidir, agus tha an coltas ann gu bheil ìre in-imrich de dhaoine gun Ghàidhlig gu math àrd. Ghabhadh ìomhaigh agus ionnsachadh is cleachdadh na Gàidhlig a thogail sa bhaile tro phlana ionadail airson na Gàidhlig is taic is brosnachadh a bhith a' dol an aghaidh an t-sruith.



Dealbh 18: An t-Àth Leathann bho Achadh a' Chùirn, le Beinn na Caillich sa chùil.


4.2. Feartan (Inbhidh)

Fhuair ceudad gu math àrd de cheisteachan airson dachaighean is daoine le Gàidhlig; nuair a nithear coimeas le figearan bho Chunntas-Sluaigh 2011, tha faisg air a h-uile neach le Gàidhlig air a riochdachadh san rannsachadh seo.

Clàr 101: Àireamh fhreagairtean

Questionnaire Response	N returns
Questionnaire A (Household)	107
Questionnaire B (for Adults aged +16)	90
Questionnaire C (for Children aged 0 to16)	30

Clàr 102: Cunntas v luchd-freagairt (ann an dealbh)



Chithear sa chlàr fodha gu bheil 49% dhen t-sluagh le Gàidhlig os cionn 50 bliadhna a dh' aois. Tha an cuibhreann as motha sa bhuidhinn aoise eadar 50-64 (29%). Tha àireamh àrd ann de dh' òigridh fo 34 bliadhna a dh' aois: 34%.

Clàr 103: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	2	1.7
4 to 5 years	5	4.2
6 to 11 years	7	5.9

12 to 15 years	16	13.4
16 to 24 years	3	2.5
25 to 34 years	8	6.7
35 to 49 years	20	16.8
50 to 64 years	34	28.6
65 to 74 years	15	12.6
75 years and over	9	7.6
Total	119	100.0

Tha barrachd boireannaich na fireannaich am measg an luchd-freagairt le Gàidhlig.


Clàr 104: Gnè

Gender	N	%
Male	49	41.2
Female	70	58.8
Total	119	100.0

Chithear san ath chlàr mar a tha na h-àireamhan de fhireannaich is boireannaich le Gàidhlig, a rèir buidhnean aoise.


Clàr 105: Aois agus gnè an luchd-freagairt (ann an dealbh)

Broadford Survey Respondents



Tha an ath chlàr, fodha, a’ sealltainn mar nach fhaighear fileantachd aig a’ mhòr-chuid de bhuidhnean aoise gus an ruigear aois 75+ bliadhna a dh’ aois. Chan e nach robh tar-chur cànan a’ tachairt ach gu bheil an t-uamhas dhaoine gun a’ Ghàidhlig air gluasad dhan sgìre: tha 64% air gluasad a dh’ fhuireach san Àth Leathann.

Clàr 106: Aois agus fileantachd



Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil cuibhreann mòr (36%) air an obair aca a leigeil seachad; cuideachd tha faisg air leth eile ag obair (56%).

Clàr 107: Obair

Employment status	N	%
Employed full-time	25	28.1
Employed part-time	9	10.1
Self-employed	10	11.2
Student	2	2.2
Looking after home or family	4	4.5
Unemployed	1	1.1
Retired	32	36
Permanently sick or disabled	6	6.7
Other		
Total	89	100.0

Chan eil a’ Ghàidhlig cudromach san obair aig a’ mhòr-chuid (80%).

Clàr 108: Gàidhlig cudromach nad obair?

Gaelic important in daily work?	N	%
Yes	15	20.5
No	58	79.5

Total	73	100.0
-------	----	-------

Ged a tha a' Ghàidhlig cudromach do dh' obair 21% (gu h-àrd), chan eil a' Ghàidhlig air ainmeachadh sna tuairisgeulan obrach ach aig 7% dhen t-sluagh.

Clàr 109: Gàidhlig san tuairisgeul obrach

Gaelic in job description?	N	%
Yes	4	6.7
No	56	93.3
Total	60	100.0

Tha ìre fhoghlaim gu math àrd aig an luchd-freagairt san Àth Leathann: tha foghlam aig ìre HNC+/Oilthigh aig 49% de dhaoine.

Fhreachair 40% dhen luchd-freagairt nach eil teisteanasan foirmeil aca, no gun d'fhuair iad foghlam gu ìre 1.

Clàr 110: Teisteanasan foghlaim

Level of education	N	%
No formal qualification	18	22.0
Level I - National 4, National 5	15	18.3
Level II - Higher, Advanced Higher, 6th Year Studies	9	11.0
Level III - HNC, HND SVQ level 4	14	17.1
Level IV - Degree, Post-graduate	26	31.7
Total	82	100.0

Chithear san ath dhà chlàr gu bheil tòrr dhen luchd-freagairt le Gàidhlig, 64%, air tighinn a dh' fhuireach san Àth Leathann, agus thàinig 54% dhiubh seo dìreach sna 16 bliadhnaichean mu dheireadh.

Clàr 111: In-imrich

Broadford local or incomer	N	%
Lived in Broadford all or most of life	32	36.0
Moved to Broadford	57	64.0
Total	89	100.0

Clàr 112: Cuine a ghluaiseadh ann


Decade moved to Broadford	N	%
2010s	15	24.6
2000s	18	29.5
1990s	10	16.4
1980s	8	13.1
1970s	6	9.8
pre 1970s	4	6.6
Total	61	100.0

Tha an clàr a leanas a’ sealltainn nan àiteachan dham buin an luchd-freagairt. Is e Sgitheanaich a tha san dàrna cuid (55%), le 17% a bharrachd a’ tighinn bho àiteachan eile air a’ Ghàidhealtachd/sna h-eileanan agus 8% eile às na h-Eileanan Siar. Mar sin, fhuair 80% an togail air a’ Ghàidhealtachd/sna h-Eileanan.

Clàr 113: Buntanas luchd-freagairt

Place of upbringing	N	%
Broadford	18	21.2
Elsewhere in Skye	29	34.1
The Western Isles	7	8.2
Elsewhere in the Highlands and Islands	14	16.5
Elsewhere in Scotland	13	15.3
Other	4	4.7
Total	85	100.0

Clàr 114: Buntanas luchd-freagairt (cearcall paidh)



Tha an clàr fodha a’ sealltainn àireamhan àrda airson coimhead air prògraman TV/radio sa Ghàidhlig (Gàidhlig a-mhàin, agus an dà chuid Gàidhlig is Beurla), ach is ann sa Bheurla a tha a’ mhòr-chuid a’ coimhead a’ cur feum air na meadhanan.

Clàr 115: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(N)
	(percentage)			
Watch TV	4.8	20.2	75.0	84
Listen to radio	9.5	25.9	64.7	85
Using social media	2.9	7.4	89.7	68
Watch DVDs	2.8	5.6	91.5	71
View the internet	2.7	2.7	94.5	73
Read novels	3.8	5.1	91.0	78
Read other material	4.7	5.8	89.6	86

Chì sinn sa chlàr fodha gu bheil fileantachd ri fhaicinn barrachd sa bhuidhinn aoise 50+, agus aig an aon àm tha ceudad àrd ann gun, no le glè bheag de Ghàidhlig. Tha e nas cumanta beagan sgilean sa Ghàidhlig a bhith aig an fheadhainn eadar 16-49 bliadhna a dh’ aois:

Clàr 116: Aois agus fileantachd an neach-freagairt

Respondent: Age and Fluency	Aged 16 to 49		Aged 50 plus	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	11	35.5	22	40.0
Some ability in Gaelic	14	45.2	12	21.8
Fluent Gaelic speaker	6	19.4	21	38.2
Total	31	100.0	55	100.0

Chì sinn sa chlàr fodha gu bheil ìrean fileantachd sa Ghàidhlig nas àirde aig eileanaich; ach tha e inntinneach nach eil am beàrn cho mòr (dìreach 9%) eadar eileanaich is daoine eile.

Clàr 117: Cò às, agus fileantachd, an neach-freagairt

Respondent: Origin and Fluency	Islander		Mainlander	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	16	30.8	15	48.4

Some ability in Gaelic	18	34.6	8	25.8
Fluent Gaelic speaker	18	34.6	8	25.8
Total	52	100.0	31	100.0


Tha an clàr fodha a’ sealltainn gur ann às an sgìre/eilean/às na h-Eileanan Siar no a’ Ghàidhealtachd is nan eilean a tha 67% de mhàthraichean is 70% de dh’ athraichean aig luchd-freagairt. A bharrachd air seo, is e Sgitheanach a tha/bha ann an 40% de mhàthraichean is 44% de dh’ athraichean an luchd-freagairt.

Clàr 118: Buntanas phàrantan aig luchd-freagairt

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Broadford area	11	12.2	15	16.9
Elsewhere in Skye	25	27.8	24	27.0
The Western Isles	16	17.8	12	13.5
Elsewhere in Highlands & Islands	8	8.9	11	12.4
Elsewhere in Scotland	17	18.9	15	16.9
Other	13	14.4	12	13.5
Total	90	100.0	89	100.0

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil luchd-freagairt aig a bheil/robh dà phàrant le Gàidhlig gu math nas coltaiche a bhith fileanta sa Ghàidhlig na an fheadhainn le dìreach aon phàrant no gun phàrant le Gàidhlig:

Clàr 119: Fileantachd agus àireamh phàrantan le Gàidhlig



Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil Beurla pailt aig màthraichean agus aithirean, is àireamh àrd ann (c.43%) aig nach eil/robh ach Beurla, no Beurla a’ mhòr-chuid dhen ùine.

Clàr 120: Cànan nam pàrant

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	6	6.9	6	7.1
Mainly Gaelic	17	19.5	17	20.0
English and Gaelic equally	27	31.0	25	29.4
Mainly English	13	14.9	7	8.2
English only	24	27.6	30	35.3
Total	87	100.0	85	100.0

Tha an ath chlàr a’ sealltainn gur i a’ Bheurla a-mhàin no a’ Bheurla mar bu trice a bhruidhinn pàrantan ri luchd-freagairt: le am màthair (60%) agus le an athair (61%).

Clàr 121: Cànan air am bruidhinn ri luchd-freagairt le am pàrantan

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	8	9.4	8	9.5
Mainly Gaelic	15	17.6	14	16.7
English and Gaelic equally	11	12.9	11	13.1
Mainly English	17	20.0	10	11.9
English only	34	40.0	41	48.8
Total	85	100.0	84	100.0

Is i a’ Bheurla a-mhàin, no a’ Bheurla mar bu trice a bhruidhinn/bhruidhneas luchd-freagairt ri am pàrantan (ri màthraichean, 71%; ri athraichean, 68%).

Clàr 122: Cànan a bhruidhinn luchd-freagairt ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	7	8.1	6	7.1
Mainly Gaelic	13	15.1	15	17.9
English and Gaelic equally	5	5.8	6	7.1
Mainly English	22	25.6	13	15.5
English only	39	45.3	44	52.4

Total	86	100.0	84	100.0
-------	----	-------	----	-------

4.3. Comas Cànan (Inbhich)

Bha 88% dhen luchd-freagairt a' fuireach san Àth Leathann aig àm Cunntas-Sluaigh 2011; le sin, thathar an dùil gu bheil na freagairtean gu na ceistean fodha faisg air na freagairtean a bh' aca sa Chunntas-Shluaigh 2011.

Clàr 123: A' fuireach san àite aig àm a' chunntais?

B1.1 Living in Broadford During 2011 Census	N	%
1 Yes	79	87.8
2 No	11	12.2
Total	90	100.0

Fhreagair 67% san rannsachadh seo gu bheil comas labhairt sa Ghàidhlig aca.

Clàr 124: Comasan sa Ghàidhlig

B1.2 Which of these can you do in relation to Scottish Gaelic?	N	%
Understand	72	80.0
Speak	60	66.7
Read	41	45.6
Write	34	37.8
None of those	9	10.0

Fhreagair a' mhòr-chuid, 69%, de luchd-freagairt na Gàidhlig san rannsachadh nach eil iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh.

Clàr 125: Cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh?

B1.3 Do you Use Gaelic at home?	N	%
Yes	27	31.0
No	60	69.0
	87	100.0

Chaidh faighneachd mu na comasan cànan aig luchd-freagairt.

Dh' innis 60% gu bheil iad a' tuigsinn na Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde.

Clàr 126: Comas tuigsinn sa Gàidhlig

B2 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in work situations	22.4	19.0
Understand fluent Gaelic speakers talking	22.4	19.0
Understand daily conversations	15.3	13.0
Pick up the meaning of simple conversations	22.4	19.0
Understand simple greetings	17.6	15.0
Not yet understand any Gaelic	0	0.0
Total	100	85.0

Tha comas labhairt na Gàidhlig, aig na trì ìrean fileantachd as àirde, aig 44% den luchd-freagairt. Cuideachd, tha 17% eile comasach air còmhradh bunaiteach air cuspairean làitheil. Tha beagan Gàidhlig – beagan abairtean – aig 35%. A' gabhail an dà fhigear mu dheireadh an seo, tha comasan bunaiteach aig còrr is leth – 52% - dhen t-sluagh le Gàidhlig anns an Àth Leathann.

Clàr 127: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Speaking Ability	N	%
Comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers	11	12.6
Comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	16	18.4
Take part in daily conversations on most subjects	11	12.6
Take part in basic conversations about every-day subjects	15	17.2
Exchange simple greetings in Gaelic	30	34.5
Not yet speak any Gaelic	4	4.6
Total	87	100.0

Tha comas leughaidh aig na trì ìrean fileantachd as àirde aig aon duine às gach triùir, no 34% de dh' inbhich le Gàidhlig. Tha comas leughaidh bunaiteach aig 45%, agus tha 18% dhen luchd-freagairt le Gàidhlig gu ìre air choireigin eu-comasach air Gàidhlig sam bith a leughadh.

Clàr 128: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to my work	9	10.6
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	10	11.8
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	10	11.8
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	3	3.5

Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	15	17.6
Understand a few words on signs with picture help	23	27.1
Cannot yet read any Gaelic	15	17.6
Total	85	100.0

Tha àrd chomasan ann an sgrìobhadh sa Ghàidhlig aig glè bheag de dhaoine: tha comas leughaidh aig na trì ìrean fileantachd as àirde aig dìreach 26% dhen luchd-freagairt; agus chan eil comas sam bith ann a bhith a' sgrìobhadh sa Ghàidhlig aig 31%, le 28% a bharrachd ag ràdh nach sgrìobh iad ach seantans/abairt no dhà ann an cairt/nòta.

Clàr 129: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B5 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to work without difficulty	8	9.2
Write about most every-day subjects without difficulty	6	6.9
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	9	10.3
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	13	14.9
Write a simple greeting in a thank you note or birthday card	24	27.6
Cannot yet write anything in Gaelic	27	31.0
Total	87	100.0

4.4. Cleachdadh Cànan (Inbhich)

Chithear fodha gum faodar Gàidhlig a chleachdadh ann an cuid a dh' àiteachan poblach: sa Cho-op le luchd-ceannach eile agus le luchd-obrach, aig a' Chemist, agus le daoine san teaghlach as motha a thathas a' cleachdadh na Gàidhlig cho tric is a chleachdar Beurla.

Clàr 130: Cleachdadh na Gàidhlig agus ìre fileantachd agus cleachdaidh

QU/RUN	BROADFORD: SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	FLUENT	NON-FLUENT	All respondents	All respondents
C94	Co-op customers	18	14	4	54	54
C92	Co-op staff	15	11	4	58	39
C14	Phone family	18	15	3	53	36
C06	Your Children	14	9	5	30	24
C66	Health Centre patients	13	9	4	55	31
C106	Pharmacy customers	13	11	2	47	40
C98	Top Shop customers	12	9	3	41	35

C12	Grandparent Children	11	8	3	26	18
C02	Your Partner	10	8	2	54	14
C04	Other adults	9	6	3	44	10
C90	Post Office customers	9	6	3	48	31
C104	Pharmacy staff	9	8	1	50	29



Dealbh 19: Bùithtean san Àth Leathann.

Tha an ath chlàr a' sealltainn gur iad daoine aois 50+ as dualtaiche Gàidhlig a chleachdadh, ach nuair a thig e gu bhith a' bruidhinn ri clann – chan eil aois an uair sin cho cudromach.

Clàr 131: Aois agus ìre cleachdaidh na Gàidhlig

QU/RUN	BROADFORD: SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	16 to 49	50 plus	All respondents	All respondents
C14	Phone family	18	5	13	53	36
C94	Co-op customers:	18	4	14	54	54
C92	Co-op staff	15	4	11	58	39
C06	Your Children	14	6	8	30	24
C106	Pharmacy customers	13	2	11	47	40
C66	Health Centre patients	13	3	10	55	31

C98	Top Shop customers	12	2	10	41	35
C12	Grandparent Children	11	3	8	26	18
C02	Your Partner	10	4	6	54	14
C04	Other adults	9	4	5	44	10
C104	Pharmacy staff	9	0	9	50	29
C90	Post Office customers	9	3	6	48	31

4.5. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich)

Chithear na leanas bhon chlàr fodha:

D4: Tha 90% de dhaoine ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd gu bheil Gàidhlig deatamach gu fìor 'fèin-aithne nan eilean'.

D8: Tha 61% ag aontachadh/gu làidir gu bheil e riatanach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan Siar Gàidhlig; ach tha 29% gun bheachd air a' phuuing seo.

D3: Tha 49% a' dol às-aideachadh/gu làidir gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh, agus tha 24% eile gun bheachd air a' chùis.

D1: Tha 27% a' dol/gu làidir leis a' bheachd gu bheil cànan eile ann a tha nas luachmhoire na a' Ghàidhlig airson faighinn air adhart nad bheatha.

D5: Cha do dh' aontaich duine leis a' bheachd nach bi ach daoine bhon chlas obrach a' bruidhinn na Gàidhlig.

D2 & D6: Ann an D2, chithear gu bheil taic glè làidir ann – ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir, 85% – gur e beachd mhath a th' ann gun cùm comhairlean taic ris a' Ghàidhlig. Agus ann an D6, tha 48% ag aontachadh/gu làidir gum bu chòir comasan labhairt sa Ghàidhlig a bhith agad ma tha thu ag obair ann an sgìrean Gàidhlig.

D10: Ged a dh' aontaich barrachd gu bheil e na chuideachadh airson àrdachadh dreuchd fhaighinn ma tha Gàidhlig agad, bha leth gun bheachd.

Clàr 132: Barailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree	N
	percentage of respondents					
D1. To get on in life there are more valuable languages than Gaelic	8.2	21.2	43.5	17.6	9.4	85
D2. It seems a good idea that councils support Gaelic.	36.8	48.3	13.8	1.1	0.0	87
D3. Gaelic is a dying language.	4.7	22.1	24.4	37.2	11.6	86
D4. To keep their true identity, the Islands need their Gaelic speakers.	37.9	51.7	8.0	2.3	0.0	87
D5. Only working class people speak Gaelic.	0	0	12.8	53.5	33.7	86

D6. To work in the public sector in the Gaelic areas, you should be able to speak Gaelic.	12.6	35.6	28.7	19.5	3.4	87
D7. Gaelic has no place in the modern world.	0.0	2.3	14.0	46.5	37.2	86
D8. It is essential that children in the Western Isles learn Gaelic.	21.8	39.1	28.7	8.0	2.3	87
D9. The Gaelic language is not suitable for business and science.	0.0	8.0	33.3	42.5	16.1	87
D10. Speaking Gaelic helps you get promoted.	6.9	24.1	49.4	17.2	2.3	87
D12. Most people view anything to do with Gaelic as old-fashioned.	1.2	16.3	26.7	51.2	4.7	86

Tha an ath chlàr a’ sealltainn na leanas:

D21: Tha a’ mhòr-chuid, 77%, ag aontachadh/gu làidir gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig a’ Ghàidhlig ris an cuid cloinne aig an taigh. Cha mhòr gun robh duine a’ dol an aghaidh/gu làidir a’ bheachd seo, ged a bha 21% ann a bha gun bheachd air a’ chuspair. Ann an D20, chithear nach robh taic mhòr ann airson na beachd gum bu chòir Gàidhlig a bhith riatanach ann an obraichean san roinn phoblaich (cha robh ach 21% ag aontachadh/gu làidir le seo).

D19: Bha a’ mhòr-chuid (64%) a’ dol an aghaidh na beachd gur e cànan nan croitearan a tha sa Ghàidhlig.

D18: Cha robh ach gach treas duine le Gàidhlig (34%) san Àth Leathann ag aontachadh/gu làidir gum bu chòir do choigrich a thig dhan àite feuchainn air Gàidhlig ionnsachadh nuair a tha iad ann an sgìre Ghàidhlig.

D17: Cha robh ach 25% ag aontachadh/gu làidir leis a’ bheachd gu bheil a’ mhòr-chuid a dhaoine a’ smaoinichadh gur e cànan seann fhasanta a tha sa Ghàidhlig; bha barrachd a’ dol na aghaidh/gu làidir (36%).

Clàr 133: Tuilleadh bharailean air a’ Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree	N
	percentage of respondents					
D17. Most other people view Gaelic as old-fashioned.	2.3	22.7	38.6	35.2	1.1	88
D18. It is important that incomers to Gaelic-speaking areas should make an effort to learn Gaelic.	3.4	31.0	39.1	20.7	5.7	87
D19. Gaelic is a crofter language.	1.1	13.8	20.7	54.0	10.3	87

D20. More public sector jobs (e.g. in teaching, in the health services) should be labelled 'Gaelic-essential'.	4.7	16.3	34.9	37.2	7.0	86
D21. It is important that Gaelic-speaking parents speak Gaelic to their children in the home.	31.0	46.0	20.7	2.3	0.0	87

Chithear sa chlàr fodha gun do mheas luchd-freagairt fileantaich às an sgìre mar na daoine as taiceile don Ghàidhlig; chuir iad iad fhèin san dàrna àite, agus an uair sin na meadhanan agus an comhairle – san treas agus cheathramh àite. Fhuair na meadhanan agus an comhairle àitean nas àirde na fhuair iad anns na sgìrean eile, no ann an Siabost (2010).

Clàr 134: Cò as taiceile don Ghàidhlig?

D13. Level of Support to Gaelic (from 1 to 10 Scale)	N	max	Min	Mean	SD
a. Yourself	84	1	10	7.8	2.09
b. Your friends	80	1	10	6.2	2.22
c. Local native Gaelic speakers	83	1	10	8.1	1.88
d. Local people without Gaelic	75	1	10	5.3	2.29
e. Incomers to your area	78	1	10	5.2	2.37
f. Local religious bodies/churches	68	1	10	6.2	2.23
g. Media, TV & radio	81	1	10	7.3	2.04
h. Public bodies (e.g. NHS, police, etc)	81	1	10	5.2	2.29
i. Local private businesses	79	1	10	4.7	2.03
j. Local Government in your area	81	1	10	6.9	2.13
k. Scottish Government	81	1	10	6.4	2.16
l. UK Government	81	1	10	3.2	2.09

Shaoil a' mhòr-chuid – 74% - nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir san sgìre.

Clàr 135: Fèin-aithne Gàidhlig làidir san sgìre?

D14. Area have strong Gaelic identity?	N	%
Yes	18	26.5
No	50	73.5
	68	100.0

Tha an ath chlàr fodha a' sealltainn gu bheil 32% an dùil gu bheil am fèin-aithne Gàidhlig aig an Àth Leathann air fàs nas làidire sna deich bliadhna mu dheireadh; tha 28% a' creidsinn gu bheil i an aon rud; agus tha 41% a' smaoinichadh gu bheil i nas laige.

Clàr 136: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna mu dheireadh?

D15. Broadford's Gaelic identity in last 10 years?	N	%
Very much stronger	2	2.5
Slightly stronger	23	29.1
Much the same	22	27.8
Slightly weaker	17	21.5
Very much weaker	15	19.0
	79	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil daoine nas dòchasaiche airson nan deich bliadhna ri thighinn, gum bi am fèin-aithne Gàidhlig beagan no mòran nas làidire (41%). Tha cha mhòr an treas cuid (30%) a' creidsinn gum bi am fèin-aithne Gàidhlig san Àth Leathann an aon rud, agus tha 29% a' saòilsinn gum bi am fèin-aithne beagan no mòran nas laige:

Clàr 137: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna ri thighinn?

D16. Broadford's Gaelic identity in next 10 years?	N	%
Very much stronger	6	7.6
Slightly stronger	26	32.9
Much the same	24	30.4
Slightly weaker	12	15.2
Very much weaker	11	13.9
	79	100.0

Chuala a' mhòr-chuid (91%) mu Bhòrd na Gàidhlig.

Clàr 138: Eòlas air Bòrd na Gàidhlig

D22. Have you previously read or heard about Bòrd na Gàidhlig?	N	%
Yes	74	91.4
No	7	8.6
	81	100.0

4.6. Feartan (Clann)

San t-sampall bhon Àth Leathann de chlann fo 16 bliadhna a dh' aois, bha beagan is leth eadar 12 agus 15 (16 a-mach à 30), agus bha cairteal eile eadar 6 agus 11 (7 à 30). Cha robh ach 7nar eadar 0-5 bliadhna a dh' aoise.

Clàr 139: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	2	6.7
4 to 5 years	5	16.7
6 to 11 years	7	23.3
12 to 15 years	16	53.3
Total	30	100.0

Bha an àireamh de ghilleann agus nigheanan an ìre mhath co-ionnan (53% vis-a-vis 47%).

Clàr 140: Gnè

Gender	N	%
Male	14	46.7
Female	16	53.3
Total	30	100.0

Cha robh ach 2 à 30 duine cloinne a' bruidhinn Gàidhlig mar as trice mar an ciad cànan; bha 5 eile (à 30) a' bruidhinn Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre. Chithear gun robh còrr is leth a' bruidhinn Beurla a-mhàin mar a' chiad chànan aca (16 à 30); agus nuair a ghabhas Beurla mar as trice còmhla ris an fhigear sin, chithear gu bheil 74% a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice mar a' chiad chànan aig na pàrantan seo le Gàidhlig gu ìre air choreigin.

Clàr 141: A' chiad chànan

First Language	N	%
Gaelic only		
Mainly Gaelic	2	6.7
English and Gaelic equally	5	16.7
Mainly English	7	23.3
English only	16	53.3
Total	30	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil glè bheag a' cur feum air a' Ghàidhlig sna meadhanan ainmichte fodha. Is ann sa Bheurla a tha a' mhòr, mhòr chuid a' cleachdadh nam meadhanan, le cuibhreann gu math beag a' cleachdadh seirbheisean san dà chànan:

Clàr 142: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	Total
	(number)			
Watch TV	0	4	24	28
Listen to radio	0	4	20	24
Using social media	0	1	20	21
Watch DVDs	0	0	28	28
View the internet	0	1	26	27
Read books	0	3	20	23
Read other material	1	4	22	27

San ath chlàr, chithear nach eil ach aon phàrant sa chlàr fodha a chaidh an togail/a tha a' bruidhinn Gàidhlig mar as trice. Chithear gu bheil 6nar à 30 dhe na màthraichean, agus 2 à 24 dhe na h-athraichean leis an dà chànan chun na h-aon ìre. Tha an còrr dhe na màthraichean air an roinn, 12 agus 12, eadar Beurla mar as trice agus Beurla a-mhàin. Mar sin, chithear le màthraichean gu bheil cheathrar às gach còignear le Beurla a-mhàin/mar as trice.

Le athraichean, tha 18 à 24 le Beurla a-mhàin, agus tha 3 eile a' bruidhinn Beurla mar as trice. San fharsaingeachd, tha clann gan togail ann an dachaighean gun mòran Ghàidhlig sam bith.

Clàr 143: Cànan nam pàrant

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	0	0.0
Mainly Gaelic	0	0.0	1	4.2
English and Gaelic equally	6	20.0	2	8.3
Mainly English	12	40.0	3	12.5
English only	12	40.0	18	75.0
Total	30	100.0	24	100.0

Chithear sa chlàr fodha gum buin 10nar às an 30 de màthraichean agus 5 à 23 de dh' athraichean ri àitean taobh a-muigh na h-Alba. Cuideachd, chithear gum buin 12 à 30 de màthraichean agus 7 à 23 de dh' athraichean ris an Àth Leathann/ris an Eilean Sgitheanach, le dìreach aon fhireannach às na h-Eileanan Siar.

Clàr 144: Buntanas nam pàrant

Origin of Parents	Mother	Father
-------------------	--------	--------

	N	%	N	%
Broadford	5	16.7	4	17.4
Elsewhere in Skye	7	23.3	3	13.0
Western Isles	0	0.0	1	4.3
Elsewhere in Highlands & Islands	4	13.3	4	17.4
Elsewhere in Scotland	4	13.3	6	26.1
Other	10	33.3	5	21.7
Total	30	100.0	23	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn nach eil ach 1 athair a' bruidhinn Gàidhlig a' chuid as motha dhen ùine ris a' phàiste sa cheisteachan. Tha leth de mhàthraichean (15 à 28) agus còrr is leth de dh' athraichean (15 à 23) a' bruidhinn Beurla a-mhàin ris a' chloinn.

Tha 26 à 28 de mhàthraichean agus 20 à 23 de dh' athraichean a' cleachdadh Beurla a-mhàin/Beurla a' mhòr-chuid dhen ùine. Chan eil tar-chur cànan a' tachairt gu ìre mhòr sam bith, agus bithear an crochadh air àrainneachdan eile (m.e. sgoil/daoine eile san teaghlach) airson cànan ionnsachadh.

Clàr 145: Cànan air am bruidhinn ris a' chloinn

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	0	0.0
Mainly Gaelic	0	0.0	1	4.3
English and Gaelic equally	2	7.1	2	8.7
Mainly English	11	39.3	5	21.7
English only	15	53.6	15	65.2
Total	28	100.0	23	100.0

Tha an aon dealbh ri fhaighinn a thaobh na cànan a tha clann a' cleachdadh le am pàrantan. Chithear fodha gu bheil a' chlann aca a' bruidhinn Beurla mar as trice no Beurla a-mhàin ri 26 à 28 mhàthraichean is ri 21 à 23 de dh' athraichean:

Clàr 146: Cànan air am bruidhinn leis a' chloinn ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	0	0.0
Mainly Gaelic	0	0.0	1	4.3
English and Gaelic equally	2	7.1	1	4.3
Mainly English	10	35.7	6	26.1
English only	16	57.1	15	65.2
Total	28	100.0	23	100.0

Chaidh faighneachd mu na comasan cànanain aig a’ chloinn agus fhuair eadh fios gu bheil beagan is leth, 16 à 28, aig na trì ìrean comais as àirde a thaobh tuigsinn na Gàidhlig; bha 12 à an 28 le comas air beagan Gàidhlig a thuigsinn. Cha robh pàiste sam bith ann nach eil a’ tuigsinn Gàidhlig sam bith.

4.7. Comas Cànanain (Clann)

Tha an clàr fodha a’ sealltainn gu bheil pàrantan dhen bheachd gu bheil 57% dhen chloinn aca comasach air Gàidhlig a thuigsinn aig na trì ìrean as àirde; tha seo a’ dol suas gu 86% airson nan ceithir ìrean as àirde. Chithear le seo gu bheil cuibhreann mòr aca aig ìre bhunaiteach, a’ tuigsinn còmhraidhean sìmplidh (29%).

Clàr 147: Comas tuigsinn sa Ghàidhlig

B1 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in school situations	5	17.9
Understand fluent Gaelic speakers talking	4	14.3
Understand daily conversations	7	25.0
Pick up the meaning of simple conversations	8	28.6
Understand simple greetings	4	14.3
Cannot understand Gaelic	0	0.0
Total	28	100.0

Chithear fodha gu bheil pàrantan am beachd gu bheil beagan nas lugha na leth, 12 à 28, dhen chloinn aig na trì ìrean comais as àirde a thaobh comasan bruidhinn sa Ghàidhlig. Bha còrr is leth, 16 à 28, comasach air beagan Gàidhlig shìmplidh a bhruidhinn:

Clàr 148: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B2 Gaelic Speaking Ability	N	%
Discuss school subjects with specialist words with fluent Gaelic speakers	5	17.9
Take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	4	14.3
Take part in daily conversations if s/he takes time	3	10.7
Take part in basic conversations	10	35.7
Exchange simple greetings	6	21.4
Cannot speak Gaelic	0	0.0
Total	28	100.0

A thaobh leughaidh, cha do mheas pàrant sam bith am pàisde aca aig an ìre as fhileanta. Shaoil pàrantan gu bheil beagan nas lugha na leth - 11 à 28 - dhen chloinn aig an dàrna, an treasamh

agus aig a' cheathraimh ìre comais as àirde a thaobh comas air Gàidhlig a leughadh. Bha 13 à 28 aig ìre bhunaiteach air Gàidhlig a leughadh, is bha 4rar à 28 gun comas air Gàidhlig sam bith a leughadh.

Clàr 149: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to school	0	0.0
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	6	21.4
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	2	7.1
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	3	10.7
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	6	21.4
Understand a few words on signs with picture help	7	25.0
Cannot yet read any Gaelic	4	14.3
Total	28	100.0

Tha an clàr fodha a' cur an cèill gun robh pàrantan a' meas nan sgilean sgrìobhaidh sa Ghàidhlig aig an cuid cloinne mar a leanas: shaoil pàrantan gu bheil nas lugha na leth, 11 à 28, dhen chloinn leis na comasan sgrìobhaidh aca aig na trì ìrean as àirde.

Shaoil pàrantan nach urrainn do dh' aon phàiste às gach triùir, 9 à 28, ach beagan sheantansan sìmplidh a sgrìobhadh le taic bho fhaclair.

Bha 4rar chloinne eile ann aig nach robh ach comas air beannachadh sìmplidh a sgrìobhadh ann an cairt, agus bha 4rar ann aig nach robh comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig idir.

Clàr 150: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to school without difficulty	8	28.6
Write about most every-day subjects without difficulty	2	7.1
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	1	3.6
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	9	32.1
Write a simple greeting in a thankyou note or birthday card	4	14.3
Cannot yet write anything in Gaelic	4	14.3
Total	28	100.0

4.8. Cleachdadh Càinain (Clann)

Chithear fodha gur ann dìreach leis na tidsearan, agus luchd-obrach an sgoil-àraich a chleachdas mòran dhen chloinn an cuid Gàidhlig. Le clann eile san sgoil, chìthear gur i a' Bheurla a thèid cleachdadh; agus chithear seo le clann eile cuideachd.

Clàr 153: Cò leis agus càite an cleachd clann an cuid Gàidhlig/Beurla, agus ìre cleachdaidh

	BROADFORD CHILDREN: SECTION C	USE GAELIC at least as much as English	USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
QU	(Number of Respondents)	ALL RESPONDENTS	All respondents	All respondents
C30	School teachers	18	10	24
C08	Child and Grandparent	9	16	12
C38	School other children	9	18	24
C14	Sgoil Àraich staff	8	1	8
C34	School classroom assistant(s)	6	16	13
C12	Child and other Family	5	22	12
C32	School Head teacher	5	22	13
C36	School support staff	5	20	6
C04	Child and other adults	4	20	9
C16	Sgoil Àraich children	4	5	8
C10	Child and Neighbours	2	25	8
C06	Child and other Children	2	23	16
C02	Child and Partner	2	21	5
C40	School parents	2	22	12
C42	Youth Club	2	12	10
C20	Childminder	1	4	1
C18	Sgoil Àraich parents	1	6	3
C24	Childminder house	0	4	1
C22	Childminder other children	0	4	1
C48	Other Clubs	0	5	1
C46	Sports Club	0	12	9
C44	Sunday School	0	5	1

4.9. Co-dhùnadh

Is iad na prìomh thoraidhean bhon Àth Leathann seo a thaobh daoine le Gàidhlig a ghabh pàirt san rannsachadh:

Feartan (Inbhich)

1. Thathar am beachd gun d'fhuaireadh àireamh agus feartan luchd-freagairt nan ceisteachan a bha gu math faisg air luchd na Gàidhlig sa CS 2011. Cha robh daoine sa bhuidhinn aois 16-24 air an riochdachadh buileach cho math ged-thà.

2. Bha 49% de luchd bruidhinn na Gàidhlig aois 50+; bha 29% fo 34, agus bha aon duine às gach ceathrar fo 16.
3. Bha barrachd boireannaich na fireannaich ann le Gàidhlig (59:41%).
4. Cha d'fhuairidh fileantachd aig a' mhòr-chuid ach sa bhuidhinn aois 75+.
5. Bha 56% ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh/teaghlaich/nan oileanaich, agus bha còrr is aon trian (36%) air an obair aca a leigeil dhiubh.
6. Dh' innis 21% gu bheil Gàidhlig cudromach san obair làitheil aca, ach cha robh Gàidhlig ainmichte san tuairisgeul obrach ach aig 7%.
7. Bha teisteanas aig ìre ceum/for-cheum aig 32% agus teisteanas colaiste aig 17% eile (49% còmhla). Bha 18% gun teisteanas foirmeil.
8. Bha mòran dhen luchd-freagairt air gluasad a dh' fhuireach san Àth Leathann: 64%, agus thàinig 54% dhiubh seo sna 16 bliadhnaichean mu dheireadh.
9. Fhuair a' mhòr-chuid an togail air a' Ghàidhealtachd/sna h-Eileanan (80%). Buinidh 21% dhan Ath Leathann, 34% eile do dh' àiteachan eile san Eilean Sgitheanach, 17% dhan Ghaidhealtachd is eileanan, agus 8% dha na h-Eileanan Siar.
10. Chan eil mòran Gàidhlig sam bith, no beagan, aig 81% de dhaoine aois 16-49; dhe na daoine aois 50+ chan eil mòran sam bith no beagan aig 62%.
11. De dhaoine aoisean 16-49, chan eil ach aon duine às gach còignear fileanta; dhen fheadhainn aois 50+, tha dithis às gach còignear fileanta.
12. Dhe na h-eileanaich air fad, tha 35% dhiubh fileanta; dhe dhaoine bho tìr-mòr, tha 26% fileanta.
13. Tha cuibhreann mòr le glè bheag no beagan de Ghàidhlig: dhe na h-eileanaich, tha 31% mar seo, agus dhen fheadhainn bho tìr-mòr, tha 48% mar seo.
14. Buinidh circa 70% dhe na pàrantan aig an luchd-freagairt dhan Ghàidhealtachd/dha na h-Eileanan.
15. Bha còrr is an dàrna leth de dhaoine fileanta ma bha Gàidhlig aig an dithis phàrant.
16. Fhreagair 60% de dhaoine gun robh na pàrantan aca a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice riutha.
17. Agus bha an luchd-freagairt a' bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ri an dithis phàrantan (71%/68%).

Comas Cànan (Inbhich)

1. Bha 88% a' fuireach san Àth Leathann aig àm an CS 2011.
2. Fhreagair iad gu ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011 gun robh iad comasach sa Ghàidhlig a thaobh: Tuigsinn (80%), Bruidhinn (67%), Leughadh (46%); agus Sgrìobhadh (38%).
3. Chaidh innse nach eil a' Ghàidhlig air a cleachdadh aig an taigh le 69% de dhaoine.

4. Sna fèin-mheasaidhean, chaidh innse gu bheil iad comasach aig na **trì** ìrean as àirde mar a leanas: Tuigsinn 60%; Bruidhinn 44%; Leughadh 34%; agus Sgrìobhadh 26%.
5. Sna fèin-mheasaidhean, chaidh innse gu bheil na leanas comasach aig na **ceithir** ìrean as àirde: Tuigsinn 70%; Bruidhinn 61%; Leughadh 38%; Sgrìobhadh 41%.
6. Ma thèid puingeann 2, 4 agus 5 an cur còmhla, chithear nach robh ach timcheall air 10% de over-reporting ga dhèanamh airson comasan tuigsinn is labhairt aig na ceithir ìrean, an coimeas ri ceist coltach ris a' CS 2011; agus mur gabhar ach a' chiad trì ìrean comais, chithear gum biodh beàrn 20-23% ann le comasan tuigsinn is bruidhinn – over-reporting aig ceudad mòr.

Cleachdadh Cànan (Inbhich)

1. Tha daoine a' cleachdadh na Gàidhlig le teaghlach air a' fòn, le clann agus oghaichean/sean-phàrantan, agus sa choimhearsnachd ann an àiteachan poblach mar an chemist, sa Cho-op, san ionad slàinte agus san Top Shop.
2. B' iad luchd-bruidhinn os cionn 50 a bha na bu dualtaiche an cuid Gàidhlig a chleachdadh le daoine eile.

Barailean Cànan (Inbhich)

1. Bha 90% ag aontachadh/gu làidir gu bheil feum air luchd bruidhinn na Gàidhlig airson fèin-aithne fìor nan eilean a ghleidheadh; bha 85% ag aontachadh/gu làidir gu bheil e math gun cùm comhairlean taic ris a' Ghàidhlig; dh' aontaich/gu làidir 77% gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig an cànan ris a' chloinn aca.
2. Shaoil luchd-freagairt gur iad fileantaich sa sgìre, an uair sin iad fhèin agus na meadhanan is comhairle, na daoine is buidhnean as taiceile don Ghàidhlig.
3. Tha 74% a' smaoinichadh nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir san Àth Leathann.
4. Bha 41% a' smaoinichadh gu bheil Gàidhlig nas laige san Àth Leathann an-diugh na bha e 10 bliadhna air ais.
5. Ach tha daoine nas dòchasaiche ma dh'fhaoidte airson an ath dheich bliadhna: shaoil 41% gum bi Gàidhlig beagan/mòran nas làidire san Àth Leathann.

Feartan (Clann)

1. Bha còrr is leth (53%) dhen chloinn aig aois 12-15, agus bha an còrr air a roinn gu cothromach eadar 0-5 agus 6-11.
2. Mar an ciad cànan, bha Beurla aig 16 à 30 duine cloinne, Beurla mar as trice aig 7/30 – mar sin, bha 23 à 30 a' faighinn Beurla a-mhàin mar a bu trice mar an ciad cànan.
3. Is ann sa Bheurla cha mhòr air fad a tha an òigridh a' cur feum air na meadhanan.
4. Fhuair 4 às gach 5 de phàrantan Beurla a-mhàin/mar bu trice mar an ciad cànan.

5. Bidh 26 à 28 dhe na màthraichean, agus 20 à 23 de dh'athraichean a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris a' chloinn.
6. Bidh 26 à 28 dhen chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ri am màthraichean, agus bidh 21 à 23 dhen chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ri an athraichean.

Comas Cànan (Clann)

1. Shaoil pàrantan gu bheil a' chlann comasach aig na trì ìrean as àirde a thaobh: Tuigsinn (16 à 28); Bruidhinn (12 à 28); Sgrìobhadh (29%).
2. Bha còrr is leth dhen chloinn le dìreach Gàidhlig shìmplidh, ga bruidhinn (16 à 28).
3. Bha aon trian, 32%, comasach air beagan sheantansan a sgrìobhadh, le taic bho fhaclair.
4. Bha 60% aig na trì ìrean as isle a thaobh Leughaidh.

Cleachdadh Cànan (Clann)

1. Is i a' Bheurla mar as trice a tha a' chlann a' cleachdadh, ach anns an sgoil/sgoil-àraich leis an tidsear, agus le seann-phàrantan.

San fharsaingeachd, sheall an rannsachadh, a thaobh nan **inbheach**, nach eil fileantachd aig a' mhòr-chuid ann am buidheann aois sam bith ach daoine aois 75+. Anns na buidhnean aoise, chan eil Gàidhlig/tha beagan aig 81% dhe na daoine eadar 16-49; agus chan eil Gàidhlig/tha beagan aig 62% a tha aois 50+.

Tha 35% de dh' eileanaich fileanta, fhad's a tha 26% de dhaoine bho tìr-mòr fileanta. Tha pàrant às a' Ghaidhealtachd/na h-Eileanan aig àireamh mhòr de luchd na Gàidhlig san rannsachadh – aig 70%; ach aig an aon àm chaidh innse gun do bhruidhinn 60% dhe na pàrantan aca riutha sa Bheurla a-mhàin/mar bu trice.

Bha còrr is leth, 56%, ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh/clann; agus bha cuibhreann caran mòr air an dreuchdan a leigeil dhiubh (35%).

Dh' innseadh gun robh mòran dhen luchd-freagairt air gluasad dhan Àth Leathann, agus thàinig a' mhòr-chuid de luchd-imrich à àiteachan eile air a' Ghaidhealtachd/às na h-Eileanan.

Thuir 21% gu bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig san obair aca gu làitheil, ach chan eil Gàidhlig san tuairisgeul obrach ach aig 7%.

Dha na ceistean a bha coltach ri ceistean a' CS 2011, bha a' mhòr chuid (88%) san Àth Leathann aig àm a' Chunntais. Chaidh innse nach bi ach 31% a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh – am figear as isle am measg nan ceithir sgìrean rannsachaidh.

Sna ceistean coltach ris a' CS 2011, mu chomasan cànan, bha na h-àireamhan a thaobh tuigsinn is bruidhinn gu math àrd: Tuigsinn 80%; Bruidhinn 67%; Leughadh 46%; Sgrìobhadh 38%.

A rèir fèin-mheasaidhean a tha a' cleachdadh slat-tomhais sgèile an CEFR aig na ceithir/trì ìrean fileantachd as àirde, nochd na leanas: Tuigsinn: 70/51; Bruidhinn 61/44%; Leughadh 38/34%; Sgrìobhadh 41/26%. A rèir seo, a' cleachdadh nan ceithir ìrean air sgèile an CEFR, tha **beagan over-reporting** ann ach a thaobh sgrìobhaidh; ach tha an ceudad de dhiofar le freagairtean dhan Chunntas a' dol suas pìos mòr (25-30%) ann an tuigsinn is labhairt, ma thathas a' gabhail dìreach nan trì ìrean as àirde. Tha an ceathramh 'buidheann', luchd-ionnsachaidh agus daoine le beagan comais, a' toirt buaidh mhòr air figearan a' Chunntais a thaobh tuigsinn is labhairt.

Chaidh innse gu bheil daoine a' cleachdadh na Gàidhlig an dà chuid le teaghlach air a' fòn/le clann is seann-phàrantan, agus ann an àiteachan poblach mar an Co-op, chemist, bùth ionadail agus aig an ionad-slàinte. Is iad daoine os cionn 50 as coltaiche Gàidhlig a chleachdadh.

Gu h-inntinneach, bha beachdan làidir ann air diofar chuspairean: bha iad ag aontachadh/gu làidir: gu bheil Gàidhlig riatanach gu fèin-aithne nan Eilean Siar (90%); gum bu chòir do na comhairlean taic a chumail ris a' Ghàidhlig (85%); gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig ris a' chloinn aca sa Ghàidhlig (77%), agus gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig clann sna h-Eileanan Siar (61%). Air an làimhe eile, cha robh cus taic ann dhan bheachd gum bu chòir Gàidhlig a bhith agad ma tha thu ag obair ann an sgìre le Gàidhlig (48%), no gum bu chòir do choigrich a tha a' tighinn gu coimhearsnachd Ghàidhlig Gàidhlig ionnsachadh (34%).

Shaoil daoine gur iad fhèin, fileantaich às an sgìre, na meadhanan agus an comhairle na daoine is buidhnean as taiceile don Ghàidhlig.

Bha a' mhòr-chuid, 74%, a' smaoinneachadh nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig san Àth Leathann. Shaoil iad gun robh Gàidhlig air fàs nas laige (41%); ach bhathar dòchasach airson an ath dheich bliadhna (beagan/mòran nas làidire – 41%).

A thaobh na cloinne, b' i a' Bheurla a-mhàin/as motha a' chiad chànan aig 23 à 30 duine cloinne. Fhuair dithis às an 30 Gàidhlig mar as trice mar a' chiad chànan aca. Fhuair 3 às gach ceathrar dhe na pàrantan aca Beurla a-mhàin/Beurla mar bu trice nuair a bha iad ag èirigh suas, agus buinidh leth dhe na pàrantan gu àiteachan taobh a-mach na Gàidhealtachd/nan Eilean. Lean pàtran prìomh cànan nam pàrant dhan chloinn: tha 26 à 28 dhe na màthraichean, agus 20 à 23 athraichean a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris a' chloinn; agus tha a' chlann a' dèanamh an aon rud ris na pàrantan aca.

Air a shon sin, mheas na pàrantan comasan cànan na cloinne aig na trì ìrean as àirde air sgèile an CEFR: tuigidh 16 à 28 duine cloinne a' Ghàidhlig; bruidhnidh 12 à 28 a' Ghàidhlig; bruidhnidh 16 à 28 eile Gàidhlig shìmplidh, leughaidh 60% Gàidhlig aig na trì ìrean *as isle*; agus sgrìobhaidh 11 à 28 Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde.

Tha a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig san sgoil (le tidsear gu sònraichte) agus le seann-phàrantan, ach is ann sa Bheurla mar as trice a bhruidhneas iad ri daoine anns gach suidheachadh.

Chunnacas ann an Caibideil 2 san rannsachadh seo gu bheil gluasad cànan a' tachairt anns na Meadhanan an Uibhist, is deagh chuid a phàrantan, a fhuair Gàidhlig a' mhòr-chuid dhen ùine nuair a bha iad fhèin ag èirigh suas, a' cleachdadh Beurla agus Gàidhlig chun na h-aon ìre an-diugh leis an cuid chloinne. San Àth Leathann, thathas a' leantainn a' phàtrain seo agus thathas ceum nas fhaide air adhart ann an gluasad cànan. San Àth Leathann, fhuair leth dhen luchd-freagairt togail le Gàidhlig is Beurla chun na h-aon ìre. Tha seo a' fàgail an-diugh nach eil ach 44% fileanta (aig na trì ìrean as àirde air sgèile an CEFR), dhen fheadhainn le Gàidhlig gu ìre air choreigin, agus le 17% eile comasach air còmhradh bunaiteach.

Ma nithear coimeas eadar freagairtean dhaoine gu ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011, agus fèin-mheasaidhean air sgèile an CEFR, chithear na leanas. Sna ceistean coltach ri CS 2011, bha comasan cànan mar seo aig inbhich: Tuigsinn 80%; Bruidhinn 67%; Leughadh 46%; Sgrìobhadh 38%. Sna fèin-mheasaidhean air sgèile CEFR, fhuair eadhon na leanas airson nan ceithir/trì ìrean as àirde a thaobh comais: Tuigsinn 70/51%; Bruidhinn 61/44%; Leughadh 38/34%; Sgrìobhadh 41/26%. A' cleachdadh nan ceithir ìrean as àirde air sgèile an CEFR, chithear gun robh beagan over-reporting ann ach ann an comasan sgrìobhaidh. Mur cleachdar ach a' chiad trì ìrean mar fhileantachd, chithear gun robh an ìre over-reporting gu math nas motha – eadar 20-30% nas àirde ann an tuigsinn is bruidhinn sna ceistean a bha coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh.

San fharsaingeachd, sheall an rannsachadh gu bheil luchd na Gàidhlig san Àth Leathann, coltach ri Uibhist, a' fàs sean: tha 49% aois 50+, agus is ann sa bhuidhinn aois 75+ a gheibhear a' mhòr-chuid le fileantachd sa Ghàidhlig. Às dèidh seo a ràdh, chithear nach eil Gàidhlig/gu bheil beagan Gàidhlig aig 81% de dhaoine aois 16-49; agus chan eil Gàidhlig/tha beagan Gàidhlig aig 62% de dhaoine aois 50+.

Tha tòrr de luchd na Gàidhlig, 64%, san rannsachadh seo air tighinn a dh' fhuireach san Àth Leathann agus thàinig a' mhòr-chuid às an Eilean Sgitheanach (55%) agus às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan (17%) – mar sin, tha ceangal ris a' Ghàidhealtachd aig 80% dhen luchd-imrich. Dheth na h-eileanaich san rannsachaidh, bha 35% dhiubh fileanta, agus cha robh facal/cha robh ach beagan Gàidhlig aig 31% de dh' eileanaich eile.

Ach, cuideachd, tha 34% fo 35 bliadhna a dh' aois; agus tha 1 às gach 4 fo 16 bliadhna a dh' aois. Dhen chloinn seo fo 16, fhuair 23 à 30 an togail a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice; is ann sa Bheurla a tha a' mhòr-chuid dhen chloinn a' cleachdadh nam meadhanan, le dìreach 4 à 30 a' cleachdadh an dà chànan chun na h-aon ìre. Chaidh sealltainn cuideachd nach robh Gàidhlig ann am mòran teaghlachan aig a' chloinn: buinidh leth dhe na pàrantan gu àiteachan taobh a-muigh Alba, is chaidh 4 às gach 5 an togail le Beurla a-mhàin/mar bu trice. Tha cha mhòr gach pàrant is pàiste a' bruidhinn Beurla ri chèile fad an t-siubhail no a' mhòr-chuid dhen ùine. Mheas na pàrantan sgilean cànan na cloinne mar a leanas: còrr is leth comasach aig Gàidhlig a

thuigsinn aig na 3 ìrean as àirde air sgèile an CERF, nas lugha na leth a thaobh bruidhinn, 60% aig na trì ìrean as ìsle, 8 à 28 aig an ìre as àirde a thaobh obair sgoile, ach 17 à 28 aig na trì ìrean as ìsle. Is i a' Bheurla mar as trice a tha a' chlann seo a' cleachdadh anns gach suidheachadh ach anns an sgoil fhèin agus le sean-phàrantan.

Bidh inbhich, gu h-àraidh inbhich os cionn 50, a' cleachdadh na Gàidhlig ann an suidheachaidhean pearsanta le teaghlach, agus ann an grunn àiteachan poblach mar an Coop, an chemist, an Top Shop (bùth bìdh) agus aig an ionad-slàinte.

Bha inbhich ag aontachadh/gu làidir ri beachdan mu dìon na Gàidhlig – gu bheil Gàidhlig deatamach gu fèin-aithne nan Eilean Siar, gum bu chòir do na comhairlean taic a chumail rithe, gum bu chòir do phàrantan le Gàidhlig an cànan a bhruidhinn ris an cuid cloinne; ach cha robh daoine a' putadh còirichean cànan nuair a thàinig e dhan bheachd gum bu chòir do choigrich an àiteachan le Gàidhlig Gàidhlig ionnsachadh (dìreach 34% ag aontachadh).

Bha e na iongnadh gu ìre gun robh 74% dhen bheachd nach eil Gàidhlig na pàirt dhen fhèin-aithne aig an Àth Leathann.

Chaidh sealltainn cuideachd san rannsachadh gu bheil an t-Àth Leathann coltach ri coimhearsnachd nam Meadhanan a thaobh e a bhith na coimhearsnachd fhiosaigeach, ged a bha luchd na Gàidhlig nas sgapte sa bhaile na bha sna Meadhanan. Bha iad coltach sna h-aon dòighean gun robh mòran ann, aon trian, a bha air an obair aca a leigeil bhuapa, far nach eil an ìre choitcheann de theisteanasan foghlaim foirmeil àrd, agus gu bheil Gàidhlig cudromach gu daoine gu leòr san obair làitheil aca (21% - leth freagairt nam Meadhanan ged-thà). Bha daoine sa bhuidhinn seo, coltach ri muinntir nam Meadhanan, nas coltaiche a bhith ann an obraichean co-cheangailte ri croitearachd agus gnìomhachasan mar obair cuaraidh, comhdhail, togail, iasgachd, far nach eil teisteanas àrd-ìre foghlaim cho cumanta.

5. Comas, Cleachdadh agus Barailean Cànan ann an Obar Dheathain



Dealbh 20: Dealbh le Club Gàidhlig Obar Dheathain air an duilleag-aghaidh aca air Facebook (<https://www.facebook.com/search/top/?q=club%20g%C3%A0idhlig%20obar%20dheathain>)

“It’s like the best of both worlds.. Because it’s Gaelic, it’s got that slightly West-coast thing to it – where it’s just this nice wee community, right. But they’re also in the centre of the city, so they’re all kind of street-wise.

And just, to me, it’s kind of totally the best of both worlds”.

Pàrant (gun Gàidhlig is gun dualchas Gàidhlig) a’ bruidhinn air a cuid cloinne a’ dol gu Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig aig Bunsgoil Ghilcomstoun

5.1. Ro-ràdh

Tha Gàidheil air a bhith a’ dol a dh’ Obar Dheathain airson ceudan de bhliadhnaichean. Tha cultar na Gàidhlig air a bhith na chuspair aig Oilthigh Obar Dheathain airson dà cheud bliadhna, a’ tarraing Ghàidheil mar luchd-obrach agus mar oileanaich. An-diugh, tha oileanaich is luchd-obrach às a’ Ghàidhealtachd fhathast a’ dol dhan oilthigh agus a’ cur ri beatha nan Gàidheil agus na Gàidhlig ann an Obar Dheathain. Tha an Comann Ceilteach Oilthigh Obar Dheathain air tachartasan sòisealta a chur air dòigh thar nam bliadhnaichean a tha a’ tarraing dhaoine (san oilthigh is taobh a-muigh na h-oilthighe) le Gàidhlig, luchd-ionnsachaidh, is daoine gun Ghàidhlig ach le ùidh sa chànan agus sa chultar a-steach, tro chèilidhean, chlasaichean, is eile. Tha iad cuideachd a’ cur ri beatha coimhearsnachdan eile sa bhaile, tro an làthaireachd sna h-eaglaisean, sna sgoiltean, agus aig clubaichean eile mar Chòisir Ghàidhlig Obar Dheathain, agus Club Gàidhlig Obar Dheathain.

Ged nach eil rannsachadh ann a tha a’ dearbhadh seo, saoillear gu bheil Gàidheil air tighinn a dh’ Obar Dheathain airson obair an luib nam meadhanan Gàidhlig (Grampian TV/STV), agus

nas fharsainghe na seo, ann am foghlam is slàinte, is saoghal na h-ola, am measg mòran obraichean eile.

A rèir Gàidheal bho na h-Eileanan Siar, a th' air a bhith an lùib saoghal na Gàidhlig an Obar Dheathain airson còrr is dà fhichead bliadhna, bhiodh gu leòr a Ghàidheil a' gabhail pàirt ann an Còisir Gàidhlig Obar Dheathain is na tachartasan sòisealta, mar chèilidhean is fèisean a bhiodh a' gabhail àite sa bhaile mhòr.

A rèir boireannach eile a tha pòsta aig eileanach agus a dh' iarr a' chlann aca a dhol gu buidheann cloinne sa Ghàidhlig, bha Pàrant is Pàiste ann, is bhiodh Ghàidheil gu leòr le clann a' dol an sin. An-diugh, tha Cròileagan ann airson clann eadar 0-3, agus tha seo a' tarraing mu 15 duine cloinne (2015/16), a thig bhon a h-uile seòrsa teaghlaich, le no gun cheangal ris a' Ghàidhlig. Chaidh an sgoil-àraich a steidheachadh ann an 1999 agus tha seo a' gabhail àite ann an Sgoil Ghilcomstoun.

Bidh a' mhòr-chuid dhen chloinn bhig seo a' leantainn orra gu FMG aig Gilcomstoun (chaidh FMG a steidheachadh san sgoil ann an 1991). Chaidh a ràdh gur dòcha gum biodh na h-àireamhan sa chròileagan agus sa bhun-sgoil a' dol an àirde nam bithte a' tabhann seirbheis ro sgoile fad an latha airson phàrantan a tha ag obair.

Ach chaidh aideachadh aig an aon àm, nam biodh barrachd a' taghadh FMG, nach robhar a' smaoinichadh gum biodh rùm gu leòr ann am Bunsgoil Ghilcomstoun airson leudachaidh (2015/16).



Dealbh 21: Bunsgoil Ghilcomstoun – sgoil Bheurla le ionad foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (<https://www.google.co.uk>)

Chaidh moladh mòr a dhèanamh air a' chlas a tha ga ruith uair san t-seachdain airson phàrantan clann a' chròileagain: chaidh a ràdh gu bheil seo a' cruthachadh deagh ghean is coimhearsnachd stèidhichte air a' chànan, a leanas gu àireamhan cloinne a' dol an uair sin dhan bhunsgoil.

Tha an Neach Comhairle Phàrant aig Comann nam Pàrant ann an Obar Dheathain, Dawn MacLean, an sàs ann an diofar iomairtean, nam measg a' brosnachadh FMG do phàrantan tro thaisbeanaidhean is làithean fiosrachaidh do phàrantan aig tachartasan mar na Geamaichean Gàidhealach agus Latha Eadar-Nàiseanta nan Cànan, agus tro bhileagan sna sgoiltean-àraich sa bhaile. Chan e obair a th' ann a tha an còmhnaidh furasta: bithear a' moladh dà-chànanas sa chiad dol a-mach, seach FMG, ri pàrantan, agus ma tha ùidh aig pàrantan ann an dà-chànanas, tha cothrom ann an tàladh dhan Ghàidhlig. Bhruidhinn an t-oifigear air mar a tha cànan eile nas tarraingiche uaireannan gu pàrantan, mar Sinis; ach bhathar a' faireachdainn gu bheil cothrom dha-rìribh san iomairt ann an Alba gum bi a' chlann comasach air dà chànan ionnsachadh, a bharrachd air an cànan màthaireil ('Language Learning in Scotland: A 1+2 Approach'). Chaidh a ràdh gun robh sgeama beag ionnsachadh na Gàidhlig sna bun-sgoiltean gu math soirbheachail; ach fheumar barrachd luchd-teagaisg le Gàidhlig – goireas nach eil ri fhaotainn gu furasta.

Thòisich Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig tro iarrtas teaghlaich le dualchas Gàidhlig, sna 1980an; lean seo gu ionad airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig ann am Bunsgoil Ghilcomstoun, mu 1987. Thòisich Foghlam Gàidhlig airson sgoilearan àrd-sgoile sa bhaile aig Àrd-Sgoil Hazlehead mun bhliadhna 2000, às dèidh don tidsear Ghàidhlig a bh' ann, Cairistiona Walker, a bhith a' frithealadh iarrtasan Gàidhlig aig clann a bha sgaoilte ann an diofar sgoiltean san sgìre.

Shaoil Cairistiona Walker gun do dh'fhàs ùidh aig pàrantan ann am FMG sna 90an+ ri linn toraidhean rannsachaidh a bha a' cumail a-mach gun robh buannachdan ann don chloinn a bhith dà chànanach seach aon chànanach.

Tha an àireamh de chlann a' cur feum air seirbheisean foghlaim tro mheadhan na Gàidhlig air fuireach rèidh aig c.30 gach bliadhna. Tha a' chlann sa bhunsgoil air an roinn eadar dà chlas, prìomhan 1-3, agus 4-7. Bidh co-dhiù an dàrna leth dhiubh a' dol gu buidheann Sradagan uair san t-seachdain, a tha fo sgèith Comann nam Pàrant le luchd-cuideachaidh pàighte a bhith a' cumail a' chlann trang is toilichte; agus bidh Comann nam Pàrant is pàrantan a' cur tachartasan eile airson cloinne is phàrantan ri chèile, a' cruthachadh coimhearsnachd bheag thaiceil. Mar eisimpleir, tha tursan air a bhith ann gu Aden Country Park, Duthie Park, Countesswells forest park airson sgilean fiodh/sgilean tighinn beò a-muigh a chur an sàs. Bidh pàrantan clann dhen a h-uile aois, bhon chròileagan suas dhan àrd-sgoil a' tighinn còmhla airson nan tachartasan seo, agus bidh pàrantan is clann ag ionnsachadh bho chèile mu chothroman ann an saoghal Gàidhlig Obar Dheathain: tha seo a' cuideachadh phàrantan a tha a' beachdachadh air FMG:

“it reinforces us as a community within a community.. The vast majority of parents are close and involved together in organising” (neach-comhairle Comann nam Pàrant).

Chaidh innse gu bheil pàrantan a’ tighinn bhon a h-uile seòrsa ùidh is àite, ach tha iad coltach ri chèile san t-seadh is gu bheil ùidh mhòr aca ann am foghlam an cuid chloinne. Shaoileadh nach eil fileantaich idir dualtach a’ chlann aca a chur tro FMG ged-thà, ged a rinneadh oidhirpean ann am buidhnean le Gàidheil is clann aca.

Chaidh a thogail aig diofar dhaoine gu bheil beagan de chunnart ann, nuair a ruigeas clann FMG sa bhunsgoil aois falbh dhan àrd-sgoil gun tagh iad an sgoil as fhaisge dhan bhun-sgoil, sgoil le deagh chliù ach gun clasaichean Gàidhlig, an àite a dhol gu Àrd-Sgoil Hazlehead, far am faighear Gàidhlig mar chuspair airson clann le Gàidhlig. Tha Gàidhlig mar phàirt de roinn cànanain aig Hazlehead, agus bha 15 sgoilearan a’ gabhail clasaichean Gàidhlig nuair a bhruidhneadh ris an tidsear Ghàidhlig, Mgr MacCoinnich. Faodaidh a’ chlann Gàidhlig a dhèanamh suas gu ìrean National 5s, Àrd-Ìre, agus Sàr Àrd-Ìre. Bhathar a’ bruidhinn air National 5s airson luchd-ionnsachaidh, agus cùrsa Wider Achievement airson luchd-ionnsachaidh, gum faod sgoilearan nas sine Gàidhlig ionnsachadh airson a’ chiad uair. Bha am maighstir sgoile dhen bheachd gu bheil a’ mhòr-chuid de sgoilearan Gàidhlig a’ tighinn bho dhachaighean far nach bithear a’ bruidhinn Gàidhlig, ach bha sgoilearan ann a bha fìor chomasach ann am bruidhinn na Gàidhlig, is Gàidhlig ga bruidhinn a-staigh.

Bha aon duine dhen bheachd nach eil mòran thachartasan tro mheadhan na Gàidhlig ann do dheugairean le Gàidhlig, a bharrachd air Sradagan is fèis ciùil bho àm gu àm. Bhiodh seo ag atharrachadh le prògram Spòrs Òigridh aig Comann na Gàidhlig airson òigridh le Gàidhlig an Alba.

Bha daoine ris an deach bruidhinn a’ faireachdainn gun robh an oifigear leasachadh na Gàidhlig ùr aig Comhairle Baile Obar Dheathain a’ dol a dhèanamh diofar mòr gu iomairtean Gàidhlig sa bhaile agus anns an sgìre; chaidh ainmeachadh le mòran dhaoine gun robh an oifigear a bh’ ann, a sgrìobh plana cànanain a’ bhaile agus na sgìre air diofar mòr a dhèanamh cuideachd. Aig an àm a chaidh an rannsachadh a dhèanamh, cha robh an t-oifigear ùr air a bhith na dreuchd uamhasach fada, ach bha daoine air leth toilichte leis mar a bha gnothaichean air tòiseachadh air atharrachadh is air fàs a-rithist, an dèidh treis gun oifigear a bhith aig a’ chomhairle. Rinn naidheachd mun phost seo diofar mòr gu misneachd dhaoine ris an do bhruidhneadh.

Chaidh seo, agus gu bheil Bòrd na Gàidhlig a’ cur oifigear BnG airson Tràth Bhliadhnaichean gu coinneamhan Gàidhlig mu leasachadh foghlam Ghàidhlig sa bhaile: ron dà rud ùr seo,

bha na pàrantan iad fhèin, chaidh innse, a' feuchainn ris an aonad Gàidhlig a thaisbeanadh agus daoine a thoirt còmhla agus bhiodh iad, comataidh às dèidh comataidh, a' sgur le 'burn out'. Chaidh a ràdh, cuideachd:

“Lewis Laing from Bòrd na Gàidhlig comes through regularly now. He deals with Early Years .. The psychological difference that that makes is HUGE. You know, just, like feeling you actually have some support and you have someone you can go to when there's an issue. It's a MASSIVE difference!

.. And then obviously Morag came on the scene, a Development Officer [Aberdeen City Council Gaelic Development Officer], so that just made a MASSIVE difference – to everybody, to the teachers and everything, a huge difference to the teachers.

.. It's a lot more positive now, a lot more kind of upbeat”.

Neach-comhairle phàrantan, Comann nam Parant.

Aig àm an rannsachaidh, bhathar trang ag ùrachadh plana cànan a' bhaile, ach chaidh innse gum biodh cuideam ga chur ann an co-obrachadh eadar nan comhairlean is lìonraidhean Gàidhlig sa bhaile agus san sgìre. Aon dhe na lìonraidhean seo a bha cuideachd an dòchas barrachd a dhèanamh le daoine anns an sgìre cho math ri anns a' bhaile mhòr, bha Club Gàidhlig Obar Dheathain: bhathar a' bruidhinn air an loidhne 'am baile is an sgìre' a chur ris an ainm aig a' chlub.

Tha an Club ga thaisbeanadh air loidhne, aig <https://en-gb.facebook.com/clubgaidhlig/> agus tha timcheall air 340 duine nam ball aig a' chlub – a' mhòr-chuid a' fuireach sa bhaile, agus cha mhòr deich às a' cheud a' fuireach san sgìre a bhios a' dol a dh' Obar Dheathain airson thachartasan. Tha an Club air a ruith le comataidh le riochdairean bhon choimhearsnachd agus bho gach buidheann Gàidhlig sa bhaile. Bidh an Club a' taisbeanadh tachartas sam bith sa bhaile/sgìre aig a bheil ceangal ris a' Ghàidhlig, agus bidh iad a' cumail cèilidhean traidiseanta teaghaich, feasgar cofaidh is cèic le Club na Cloinne air an Disathairne mu dheireadh dhe gach mìos, agus clasaichean oidhche do luchd-ionnsachaidh cho math ri deireadh-seachdainean ionnsachaidh. Bhathar a' faireachdainn gum biodh e math barrachd dhaoine a tha nas sine a tharraing, agus barrachd Ghàidheil le Gàidhlig is barrachd Ghàidheil nach do bhruidhinn an cànan airson treis, oir tha a' mhòr-chuid nan luchd-ionnsachaidh.

Tha sgeama Bòrd na Gàidhlig, Taic Freumhan Coimhearsnachd, air taic a chur ri clasaichean is ri Club na Cloinne, còmhla ri Anne Thirkell, an Oifigear Gàidhlig aig Comhairle Baile Obar Dheathain.

Aon chuspair a thog a h-uile duine, is e cho càirdeil is a tha coimhearsnachd na Gàidhlig ann an Obar Dheathain – ach cuideachd, cho beag is iomallach bho choimhearsnachdan Gàidhlig eile is a tha luchd-bruidhinn na Gàidhlig. Cha do chuidich e nach robh neach ann an dreuchd a bha ag adhartachadh cùisean Gàidhlig airson gu leòr a bhliadhnaichean; chan eil cùram-cloinne


Gàidhlig làn-ùine ri fhaighinn a chuidicheadh ann a bhith a’ cruthachadh ginealach ùr de sgoilearan FMG; chan eil rùm aig Gilcomstoun co-dhiù nam biodh FMG a’ fàs san sgoil; agus chaidh a ràdh nach eil clann nas sine cho fileanta, ged a tha iad misneachail – ach chan eil a’ mhòr-chuid a’ faighinn Gàidhlig aig an taigh, is chan eil an t-uamhas chur-seachadan sa Ghàidhlig ann dhaibh san sgìre airson is gum faigh iad nas fhileanta. Trioblaid ùr eile a dh’fhaodadh a bhith cudromach, is e gu bheil Oilthigh Obar Dheathain air co-dhùnadh a dhèanamh a bhith a’ stad bho bhith a’ trèanadh thidsearan Gàidhlig airson na bun-sgoile: bheir seo òigridh cùrsa oilthighe air falbh, agus bheir seo buaidh air beothaileachd thachartasan is saoghal na Gàidhlig ann an Obar Dheathain.

Tha seo uile a’ fàgail soirbheas na Gàidhlig sa bhaile caran cugallach ma thèid àireamhan sgoilearan is òigridh/luchd-teagaisg ùra sìos, oir bidh buaidh aig sin air tachartasan sòisealta mun Ghàidhlig cuideachd. Thathas an dòchas gun cuidich planaichean cànan Baile agus Siorrachd Obar Dheathain an suidheachadh san àm ri teachd.

5.2. Feartan (Inbhich)

Chithear sa chlàr fodha gun d’fhuair eadh àireamh gu math riochdachail dhe gach buidhinn aois seach aois 16-24.

Clàr 154: Cunntas v Luchd-labhairt Obar Dheathain (ann an dealbh)



Chithear fodha gun d’fhuair eadh 118 ceisteachain airson inbhich, agus fhuair eadh 26 airson clann fo 16.

Clàr 155: Àireamh fhreagairtean

Questionnaire Response	N returns
Questionnaire B (for Adults aged +16)	118
Questionnaire C (for Children aged 0 to16)	26

Leis mar a chaidh an ceisteachan a sgaoileadh tro stòr-data luchd-ùidh sa Ghàidhlig san sgìre, fhuair freagairtean bhon bhaile fhèin (75%) agus bho Shiorrachd Obar Dheathain (25%) ri thaobh. Chaidh am fios gu lèir a chleachdadh leis mar a tha luchd-freagairt siorrachd Obar Dheathain a' fuireach cho faisg air Obar Dheathain fhèin, agus leis mar a tha iad a' cleachdadh nan aon ghoireasan is ag obair san aon àite mar as trice.

Clàr 156: Baile no sgìre Obar Dheathain

Home Location (Adults)	N	%
1 City of Aberdeen	89	75.4
2 Aberdeenshire	29	24.6
Total	118	100.0

Tha an dealbh fodha de dh' aois nan daoine gu math eadar-dhealaichte bho Shiabost (2010), Uibhist (gu h-àrd) agus bhon Àth Leathann. Is e glè bheag de fhreagairtean a fhuair bho na h-aoisean 65+. Bha a' mhòr-chuid, 68%, aig an aois a bhith ag obair (16-64).


Clàr 157: Aois

AGE	N	%
0 to 3 years	11	7.4
4 to 5 years	4	2.7
6 to 11 years	11	7.4
12 to 15 years	5	3.4
16 to 24 years	17	11.4
25 to 34 years	21	14.1
35 to 49 years	33	22.1
50 to 64 years	30	20.1
65 to 74 years	13	8.7
75 years and over	4	2.7
Total	149	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil barrachd fileantaich na neo-fhileantaich am measg clann sgoile (aois 6-15), agus am measg dhaoine a tha 75+ bliadhna a dh' aois. Chithear mar a tha a h-


uile neach eadar 12-15 fileanta (chleachdadh sgoilearan bho chlas Ghàidhlig san àrd-sgoil ged-thà). Ach chithear nach eil a’ mhòr-chuid de dh’ inbhich fileanta:

Clàr 158: Aois agus fileantachd



Tha an ath chlàr a’ sealltainn gu bheil a’ mhòr-chuid de luchd-freagairt aig a bheil dà phàrant le Gàidhlig fileanta sa chànan; air an làimh eile, dhen fheadhainn aig nach eil pàrant sam bith le Gàidhlig, chan eil ach aon duine às gach sianar fileanta.

Clàr 159: Fileantachd agus àireamh phàrantan le Gàidhlig



Chithear fodha gu bheil a' mhòr-chuid (70%) dhen t-sampall nam boireannaich:


Clàr 160: Gnè

GENDER	N	%
Male	43	29.1
Female	103	69.5
Transgender	2	1.4
Total	148	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn gur iad boireannaich as motha anns gach buidhinn aoise (ach 4-5, agus 75+) a tha san rannsachadh seo ann an Obar Dheathain.

Clàr 161: Aois agus gnè an luchd-freagairt (ann an dealbh)

Aberdeen Survey Respondents



Tha an ath chlàr a’ sealltainn gu bheil 79% ag obair. Tha 18% air an dreuchd a leigeil dhiubh.

Clàr 162: Obair

Employment Status	N	%
Employed full-time	44	37.3
Employed part-time	19	16.1
Self-employed	4	3.4
Student	15	12.7
Looking after home or family	11	9.3
Unemployed	2	1.7
Retired	21	17.8
Permanently sick or disabled	2	1.7
Other		
Total	118	100

Sgrìobh 86% nach eil Gàidhlig cudromach dhan obair làitheil aca:

Clàr 163: Gàidhlig cudromach nad obair?

Gaelic important in daily work?	N	%
Yes	16	14.4
No	95	85.6
Total	111	100.0

Chan eil Gàidhlig san tuairisgeul obrach ach aig 7% dhen luchd-freagairt:

Clàr 164: Gàidhlig san tuairisgeul obrach?

Gaelic in job description?	N	%
Yes	7	7.1
No	92	92.9
Total	99	100.0

Chithear bhon chlàr fodha gu bheil teisteanas aig an treas/cheathramh ìre aig 84% dhen luchd-freagairt:

Clàr 165: Teisteanasan foghlaim

Level of Education	N	%
No formal qualification	3	2.8
Level I - National 4, National 5	2	1.9
Level II - Higher, Advanced Higher, 6th Year Studies	12	11.1
Level III - HNC, HND SVQ level 4	17	15.7
Level IV - Degree, Post-graduate	74	68.5
Total	108	100.0

Chithear gun tàinig a' mhòr-chuid de dhaoine sna ceisteachain, 73%, bho sgìre eile do dh' Obar Dheadhain:

Clàr 166: In-imrich

Locale	N	%
Lived in Area all or most of life	30	27.3
Moved to Area	80	72.7
Total	110	100.0

Chithear gun tàinig a' mhòr-chuid, 80%, de luchd-còmhnaidh ùra anns na sia bliadhna air fhichead mu dheireadh:

Clàr 167: Cuine a ghluaisidh ann

Decade moved to Area	N	%
2010s	27	31.4
2000s	21	24.4
1990s	21	24.4
1980s	8	9.3
1970s	9	10.5
Total	86	100.0


Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil daoine gu leòr às na h-Eileanan Siar (18%) agus às a' Ghàidhealtachd is Earra-Ghàidheal (20%) am measg an luchd-freagairt.

Buinidh 24% don bhaile/sgìre fhèin.

Clàr 168: Buntanas luchd-freagairt

Place of Upbringing	N	%
Aberdeen City	17	14.7
Aberdeenshire	11	9.5
Western Isles	21	18.1
Highland & Argyll	23	19.8
Rest of Scotland	26	22.4
Outwith Scotland	18	15.5
Total	116	100.0

Clàr 169: Buntanas luchd-freagairt (cearcall paidh)



Chithear san ath chlàr gu bheil na meadhanan radio is TV air an cleachdadh nas trice na na meadhanan fiosrachaidh eile a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Tha radio nas cudromaiche na meadhan sam bith eile a thaobh cleachdadh na Gàidhlig:

Clàr 170: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(N)
	(percentage)			
Watch TV	2.6	13.7	83.7	117
Listen to radio	9.4	22.2	68.4	117
Using social media	0.0	8.3	91.7	108
Watch DVDs	1.0	0.0	99.0	104
View the internet	0.9	7.7	91.5	117
Read novels	0.9	3.5	95.6	114
Read other material	1.8	6.9	91.4	116

Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil fileantachd aig aon duine as gach ceathrar (25%) aig aoisean 16-49, agus aig cha mhòr aon duine às gach trìuir aois 50+. Tha àireamhan mòra ann aig a bheil beagan comais sa Ghàidhlig – 49% eadar aoisean 16-49, agus 38% aois 50+.

Clàr 171: Aois agus fileantachd an neach-freagairt

Respondent: Age and Fluency	Aged 16 to 49	Aged 50 plus
-----------------------------	---------------	--------------

	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	18	25.4	15	31.9
Some ability in Gaelic	35	49.3	18	38.3
Fluent Gaelic speaker	18	25.4	14	29.8
Total	71	100.0	47	100.0

San ath chlàr, chithear gu bheil 73% dhe na h-eileanaich fileanta sa Ghàidhlig an taca ri 14% de dhaoine bho tìr-mòr.

Clàr 172: Buntanas agus fileantachd an neach-freagairt

Respondent: Origin and Fluency	Islander		Mainlander	
	N	%	N	%
No or little ability in Gaelic	2	7.7	31	34.4
Some ability in Gaelic	5	19.2	46	51.1
Fluent Gaelic speaker	19	73.1	13	14.4
Total	26	100.0	90	100.0

Buinidh timcheall air 80% de mhàthraichean is athraichean luchd-freagairt do dh' Alba. Buinidh 40% de mhàthraichean is 38% de dh' athraichean do na h-Eileanan Siar/Gàidhealtachd is nan Eilean; agus buinidh 21% de mhàthraichean is 20% de dh' athraichean gu baile/siorrachd Obar Dheathain.

Clàr 173: Buntanas phàrantan aig luchd-freagairt

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Aberdeen City	12	10.3	13	11.2
Aberdeenshire	12	10.3	10	8.6
Western Isles	34	29.3	28	24.1
Highlands & Islands	12	10.3	16	13.8
Elsewhere in Scotland	26	22.4	24	20.7
Other	20	17.2	25	21.6
Total	116	100.0	116	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn mar nach robh ach Beurla aig 61% de mhàthraichean is 65% de dh' athraichean luchd-freagairt. Bha glè bheag de luchd-freagairt le pàrantan a bha a' bruidhinn na Gàidhlig mar as trice/a-mhàin (11% de mhàthraichean is athraichean); ach fhreagair iad gun robh an dà chànan gan cleachdadh aig 21% de mhàthraichean is 17% de dh' athraichean:

Clàr 174: Cànan phàrantan an luchd-freagairt

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	1	0.9	4	3.8
Mainly Gaelic	11	10.4	7	6.7
English and Gaelic equally	22	20.8	18	17.1
Mainly English	7	6.6	8	7.6
English only	65	61.3	68	64.8
Total	106	100.0	105	100.0

Chithear san ath chlàr gur i a' Bheurla a bha a' mhòr-chuid de phàrantan a' bruidhinn ris an luchd-freagairt: 67% (le am màthraichean agus an athraichean):

Clàr 175: Cànan air am bruidhinn ri luchd-freagairt le am pàrantan

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	10	9.7	9	9.2
Mainly Gaelic	6	5.8	3	3.1
English and Gaelic equally	9	8.7	7	7.1
Mainly English	9	8.7	13	13.3
English only	69	67.0	66	67.3
Total	103	100.0	98	100.0

Tha an ath chlàr a' cur an cèill gur i a' Bheurla a bha iad fhèin a' cleachdadh mar as/bu trice ri am pàrantan: Beurla a-mhàin - 66% (màthraichean) agus 69% (athraichean):

Clàr 176: Cànan a bhruidhinn luchd-freagairt ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	10	9.7	9	9.2
Mainly Gaelic	4	3.9	3	3.1
English and Gaelic equally	4	3.9	3	3.1
Mainly English	17	16.5	15	15.3
English only	68	66.0	68	69.4
Total	103	100.0	98	100.0

5.3. Comas Cànan (Inbich)

Bha trì cairteal dhen luchd-freagairt san sgìre aig àm a' Chunntais-Shluaigh 2011:

Clàr 177: A' fuireach san àite aig àm a' chunntais?

B1.1 Living in Area During 2011 Census	N	%
Yes	88	74.6
No	30	25.4
	118	100.0

Fhreagair luchd-freagairt sa cheisteachan gu bheil 83% comasach air Gàidhlig a thuigsinn, agus 81% comasach air Gàidhlig a bhruidhinn. Tha na ceudadan airson sgilean leughaidh is sgrìobhaidh àrd cuideachd:

Clàr 178: Comasan sa Ghàidhlig

B1.2 Which of these can you do in relation to Scottish Gaelic?	N	%
Understand	98	83.1
Speak	95	80.5
Read	91	77.1
Write	75	63.6
None of those	10	8.5

multiple response question from 118 respondents

Fhreagair a' mhòr-chuid (56%) nach eil iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh; ach fhreagair 44% gu bheil iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh.

Clàr 179: Cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh

B1.3 Do you Use Gaelic at home?	N	%
Yes	52	44.4
No	65	55.6
	117	100.0

Tha an clàr fodha ag innse gu bheil luchd-freagairt a' meas gu bheil 52% le comas tuigsinn na Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde:

Clàr 180: Comas tuigsinn sa Ghàidhlig

B2 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in work situations	16	13.6

Understand fluent Gaelic speakers talking	24	20.3
Understand daily conversations	21	17.8
Pick up the meaning of simple conversations	30	25.4
Understand simple greetings	26	22.0
Not yet understand any Gaelic	1	0.8
Total	118	100.0

Tha 42% gam meas fhèin aig na trì ìrean fileantachd as àirde a thaobh comasan labhairt:

Clàr 181: Comas bruidhinn sa Ghàidhlig

B3 Gaelic Speaking Ability	N	%
Comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers	14	11.9
Comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	18	15.3
Take part in daily conversations on most subjects	17	14.4
Take part in basic conversations about every-day subjects	36	30.5
Exchange simple greetings in Gaelic	31	26.3
Not yet speak any Gaelic	2	1.7
Total	118	100.0

Tha 53% comasach air Gàidhlig a leughadh aig na ceithir ìrean comais as àirde; agus tha 26% eile comasach air leabhraichean cloinne a leughadh nuair a tha dealbhan ann.

Clàr 182: Comas leughaidh sa Ghàidhlig

B4 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to my work	5	4.2
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	20	16.9
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	27	22.9
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	10	8.5
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	31	26.3
Understand a few words on signs with picture help	19	16.1
Cannot yet read any Gaelic	6	5.1
Total	118	100.0

A thaobh comasan sgrìobhaidh, fhreagair 38% gu bheil comasan sgrìobhadh sa Ghàidhlig aca aig na trì ìrean as àirde; agus tha comas aig 33% eile air seantans no dhà a sgrìobhadh, le cuideachadh bho fhaclair.

Clàr 183: Comas sgrìobhaidh sa Ghàidhlig

B5 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to work without difficulty	5	4.2
Write about most every-day subjects without difficulty	17	14.4
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	23	19.5
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	39	33.1
Write a simple greeting in a thank you note or birthday card	16	13.6
Cannot yet write anything in Gaelic	18	15.3
Total	118	100.0

5.4. Cleachdadh Cànan (Inbhich)

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil fileantaich a' cleachdadh Gàidhlig a' cheart cho tric ris a' Bheurla nuair a thathar a' fònachd dhan teaghlach.

Clàr 184: Cleachdadh na Gàidhlig agus ìre fileantachd agus cleachdaidh

QU/RUN	ABERDEEN: SECTION C (Number of Respondents)	USE GAELIC at least as much as English			USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
		ALL RESPONDENTS	FLUENT	NON-FLUENT	All respondents	All respondents
C14	Phone family	25	19	6	4	8
C12	Grandparent Children	15	8	7	74	22
C06	Your Children	14	6	8	30	27
C10	Children each other	10	5	5	36	16
C08	Partner Children	6	1	5	27	16
C02	Your Partner	5	2	3	71	53
C38	Sgoil Àraich children	5	0	5	70	16
C36	Sgoil Àraich staff	A	0	4	5	8
C40	Sgoil Àraich parents	A	0	4	100	1
C04	Other adults	3	3	0	25	21
C16	Neighbours	1	1	0	5	8
C42	Primary School teachers	1	0	1	11	6



Dealbh 22: Còisir Gàidhlig Obar Dheathain, bhon duilleig-lìn air Facebook (<https://www.facebook.com/AberdeenGaelicChoir/>)

5.5. Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich)

D4: Tha taic làidir ann dhan bheachd gum feum na h-eileanan luchd-bruidhinn na Gàidhlig gus an dearbh fèin-aithne a chumail – tha 84% ag aontachadh/gu làidir le seo.

D8: Tha 73% ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd gu bheil e riatanach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan Siar Gàidhlig.

D3: Tha 54% a' dol an aghaidh/gu làidir a' bheachd gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh; agus tha 24% eile gun bheachd. Chan eil ach 22% a' smaoinichadh gu bheil Gàidhlig a' bàsachadh.

D7: Tha 98% a' dol an aghaidh/gu làidir a' bheachd nach eil àite aig a' Ghàidhlig san t-saoghal an latha an-diugh.

D2 & D6: tha mòran taic ann dhan bheachd gum bu chòir do na comhairlean taic a chumail ris a' chànan, le 98% ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd seo; agus tha 66% ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd gum bu chòir do dhaoine Gàidhlig a bhruidhinn ma tha iad ag obair sa roinn phoblaich ann an sgìrean Gàidhlig.

Clàr 185: Barailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree	N
	percentage of respondents					
D1. To get on in life there are more valuable languages than Gaelic	5.5	31.2	29.4	24.8	9.2	109
D2. It seems a good idea that councils support Gaelic.	61.5	36.7	1.8	0.0	0.0	109

D3. Gaelic is a dying language.	5.6	16.7	24.1	38.0	15.7	108
D4. To keep their true identity, the Islands need their Gaelic speakers.	46.8	36.7	11.9	1.8	2.8	109
D5. Only working class people speak Gaelic.	0.0	1.8	11.9	31.2	55.0	109
D6. To work in the public sector in the Gaelic areas, you should be able to speak Gaelic.	24.1	41.7	26.9	6.5	0.9	108
D7. Gaelic has no place in the modern world.	0.0	0.0	1.9	19.4	78.7	108
D8. It is essential that children in the Western Isles learn Gaelic.	44.0	29.4	22.9	1.8	1.8	109
D9. The Gaelic language is not suitable for business and science.	0.0	1.8	15.6	34.9	47.7	109
D10. Speaking Gaelic helps you get promoted.	2.8	18.3	60.6	13.8	4.6	109
D12. Most people view anything to do with Gaelic as old-fashioned.	3.7	33.0	25.7	29.4	8.3	109

Fodha, chithear tuilleadh toraidhean air beachdan an luchd-freagairt:

D21: a-rithist ann an Obar Dheathain, chithear gu bheil a' mhòr-chuid – 95% - ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir dhan bheachd gu bheil e cudromach gum bruidhinn pàrantan le Gàidhlig a' Ghàidhlig ri an cuid cloinne san dachaigh.

D18: tha a' mhòr-chuid, 77%, taiceil don bheachd gum bu chòir do choigrich feuchainn ri Gàidhlig ionnsachadh nuair a thèid iad a dh' fhuireach ann an sgìrean Gàidhlig – is iad ag aontachadh no ag aontachadh gu làidir le seo.

D20: Tha 44% ag aontachadh/gu làidir gum bu chòir do Ghàidhlig a bhith riatanach ann an obraichean san roinn phoblaich; tha 37% gun bheachd.

Clàr 186: Tuilleadh bharailean air a' Ghàidhlig

Statements	Strongly Agree	Agree	Neither	Disagree	Strongly Disagree	N
	percentage of respondents					
D17. Most other people view Gaelic as old-fashioned.	5.9	39.6	23.8	27.7	3.0	101
D18. It is important that incomers to Gaelic-speaking areas should make an effort to learn Gaelic.	29.4	47.1	21.6	1.0	1.0	102
D19. Gaelic is a crofter language.	0.0	4.9	22.3	40.8	32.0	103
D20. More public sector jobs (e.g. in teaching, in the health services) should be labelled 'Gaelic-essential'.	9.7	34.0	36.9	17.5	1.9	103
D21. It is important that Gaelic-speaking parents speak Gaelic to their children in the home.	59.2	35.9	4.9	0.0	0.0	103

Coltach ris an Àth Leathann, chuir luchd-freagairt Obar Dheathain iad fhèin is an uair sin fileantaich às an sgìre aig mullach an sgèile a thaobh iad a bhith a’ taiceil don Ghàidhlig. Bha Riaghaltas na h-Alba air a meas àrd cuideachd, mar a bha caraidean an luchd-freagairt, san treas agus cheathramh àitean:

Clàr 187: Cò as taiceile don Ghàidhlig?

D13. Level of Support to Gaelic (from 1 to 10 Scale)	N	max	Min	Mean	SD
a. Yourself	107	2	10	8.9	1.66
b. Your friends	105	1	10	5.9	2.40
c. Local native Gaelic speakers	99	1	10	8.1	2.33
d. Local people without Gaelic	101	1	10	3.5	1.85
e. Incomers to your area	92	1	10	5.2	2.33
f. Local religious bodies/churches	89	1	10	5.0	2.46
g. Media, TV & radio	100	1	10	6.1	2.34
h. Public bodies (e.g. NHS, police, etc)	98	1	10	4.3	2.29
i. Local private businesses	100	1	10	3.1	1.93
j. Local Government in your area	102	1	10	4.3	2.38
k. Scottish Government	102	2	10	6.4	2.10
l. UK Government	102	1	10	2.8	1.83

Bha 93% dhen bheachd nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig Obar Dheathain.

Clàr 188:

D14. Aberdeen strong Gaelic identity?	N	%
Yes	6	6.6
No	85	93.4
	91	100.0

Tha 42% ag aontachadh/gu làidir gu bheil fèin-aithne Gàidhlig Obar Dheadhain air a dhol nas treasa sna 10 bliadhna mu dheireadh; tha 34% eile dhen bheachd nach eil atharrachadh ann.

Clàr 189: Fàs no lagachadh ann am fèin-aithne Gàidhlig sna deich bliadhna mu dheireadh?

D15. Aberdeen's Gaelic identity in last 10 years?	N	%
Very much stronger	5	6.3
Slightly stronger	28	35.4
Much the same	27	34.2
Slightly weaker	10	12.7
Very much weaker	9	11.4

	79	100.0
--	----	-------

Tha 93% dhen luchd-freagairt air cluinntinn mu Bhòrd na Gàidhlig.

Clàr 190: Eòlach air Bòrd na Gàidhlig?

D22. Have you previously read or heard about Bòrd na Gàidhlig?	N	%
Yes	97	93.3
No	7	6.7
	104	100.0

5.6. Feartan (Clann)

Dhe na ceisteachain a thill na h-inbhich airson clann san dachaigh, fhreagair iad mar a leanas: gu bheil 36% dhen chloinn aig aois bun-sgoile (6-11); agus tha 36% eile eadar 0-3. A' cur 0-3 agus 4-5 còmhla, bha 48% dhen chloinn fo/dìreach aig aois sgoile.

Clàr 191: Aois

Age	N	%
0 to 3 years	11	35.5
4 to 5 years	4	12.9
6 to 11 years	11	35.5
12 to 15 years	5	16.1
Total	31	100

Tha a' mhòr-chuid dhen chloinn, 61%, boireann.

Clàr 192: Gnè

Gender	N	%
Male	12	38.7
Female	19	61.3
Total	31	100.0

Tha 74% dhen chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice mar a' chiad chànan aca:

Clàr 193: A' chiad chànan

First Language	N	%
Gaelic only	0	0.0
Mainly Gaelic	0	0.0
English and Gaelic equally	7	22.6
Mainly English	11	35.5
English only	12	38.7
Other	1	3.2
Total	31	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn an aon phàtran ri sgìrean eile san t-seadh is gur iad an radio agus an TV as motha a chleachdas clann seirbheis sa Ghàidhlig; ach air a shon sin, tha a' mhòr-chuid a' cleachdadh Beurla mar as trice:

Clàr 194: Cleachdadh nam meadhanan sa Ghàidhlig/Bheurla

Media Activity	Mainly Gaelic	Both Gaelic and English	Mainly English	(total)
	(number)			
Watch TV	2	7	20	29
Listen to radio	4	3	16	23
Using social media	0	0	12	12
Watch DVDs	1	3	22	26
View the internet	0	0	19	19
Read books	0	6	14	20
Read other material	0	9	17	26

Is i a' Bheurla a-mhàin no a' Bheurla mar as trice a tha a' mhòr- mhòr- chuid de phàrantan a' cleachdadh leis an cuid cloinne: 90% de mhàthraichean agus 77% de dh' athraichean:

Clàr 195: Cànan nam pàrant

Language of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	0	0.0
Mainly Gaelic	0	0.0	2	6.7
English and Gaelic equally	3	10.3	5	16.7
Mainly English	12	41.4	9	30.0
English only	14	48.3	14	46.7
Total	29	100.0	30	100.0

Tha an ath chlàr a’ sealltainn gum buin a’ mhòr-chuid de dh’ athraichean do bhaile Obar Dheathain (30%), dha na h-Eileanan Siar (20%) no dhan Ghàidhealtachd is nan Eilean (27%). Bha na màthraichean gu math eadar-dhealaichte, le dìreach 16% a’ tighinn bho bhaile Obar Dheathain, 3.2% bho na h-Eileanan Siar, 3.2% bhon Ghaidhealtachd is nan Eilean, 39% bho àitean eile an Alba, agus 32% bho taobh a-muigh Alba:

Clàr 196: Buntanas nam pàrant

Origin of Parents	Mother		Father	
	N	%	N	%
Aberdeen City	5	16.1	9	30.0
Aberdeenshire	2	6.5	1	3.3
Western Isles	1	3.2	6	20.0
Elsewhere in the Highlands & Islands	1	3.2	8	26.7
Elsewhere in Scotland	12	38.7	0	0.0
Other	10	32.3	6	20.0
Total	31	100.0	30	100.0

Chithear fodha gur i a’ Bheurla a tha 80% de màthraichean agus 79% de dh’ athraichean a’ bruidhinn a-mhàin, no mar as trice, ris an cuid cloinne.

Clàr 197: Cànan air am bruidhinn ris a’ chloinn

Language Spoken TO Respondents	by Mother		by Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	4	14.3
Mainly Gaelic	3	10.0	2	7.1
English and Gaelic equally	3	10.0	0	0.0
Mainly English	16	53.3	11	39.3
English only	8	26.7	11	39.3
Total	30	100.0	28	100.0

Tha an ath chlàr a’ sealltainn gu bheil a’ chlann a’ bruidhinn Beurla a-mhàin no mar as trice ri an cuid phàrantan – 80% ri am màthair, is 76% ri an athair.

Clàr 198: Cànan air am bruidhinn leis a’ chloinn ri am pàrantan

Language Spoken BY Respondents	to Mother		to Father	
	N	%	N	%
Gaelic only	0	0.0	4	16.0
Mainly Gaelic	3	10.0	2	8.0
English and Gaelic equally	3	10.0	0	0.0

Mainly English	16	53.3	9	36.0
English only	8	26.7	10	40.0
Total	30	100.0	25	100.0

5.7. Comas Cànan (Clann)

A thaobh nan comasan cànan, chaidh innse gu bheil iad mar a leanas.

Tha còrr is leth (17 à 30) comasach air Gàidhlig a thuigsinn aig na trì ìrean comais as àirde; a bharrachd air seo, tha 9 nar à 30 ann a tha comasach air còmhraidhean bunaiteach a thuigsinn.

Clàr 199: Comas tuigsinn na Ghàidhlig

B1 Gaelic Understanding Ability	N	%
Understand fluent Gaelic speakers in school situations	9	30.0
Understand fluent Gaelic speakers talking	4	13.3
Understand daily conversations	4	13.3
Pick up the meaning of simple conversations	9	30.0
Understand simple greetings	3	10.0
Cannot understand Gaelic	1	3.3
Total	30	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn gun urrainn do leth dhen chloinn Gàidhlig a bhruidhinn aig na trì ìrean as àirde (15 à 30). Tha faisg air an treas cuid ann ged-thà (9 à 30) nach urrainn ach beagan fhaclan beannachaidh a chur ri chèile:

Clàr 200: Comas bruidhinn na Gàidhlig

B2 Gaelic Speaking Ability	N	%
Discuss school subjects with specialist words with fluent Gaelic speakers	9	30.0
Take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	5	16.7
Take part in daily conversations if s/he takes time	1	3.3
Take part in basic conversations	4	13.3
Exchange simple greetings	9	30.0
Cannot speak Gaelic	2	6.7
Total	30	100.0

Tha an clàr fodha a' sealltainn gu bheil comas leughaidh aig na ceithir ìrean as àirde aig cha mhòr an treas cuid (9 à 30) dhen chloinn; agus tha aon pàiste anns gach ceathrar, cha mhòr, (7 à 30) ann a leughas leabhraichean cloinne bunaiteach anns a bheil dealbhan.

Chithear ged-thà gu bheil 12 à 30 ann nach eil comasach air Gàidhlig sam bith a leughadh:

Clàr 201: Comas leughadh na Gàidhlig

B3 Gaelic Reading Ability	N	%
Understand Gaelic terms connected to school	0	0.0
Understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers	5	16.7
Understand and read Gaelic books or articles using a dictionary	1	3.3
Understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary	3	10.0
Understand Gaelic children's books with the help of the pictures	7	23.3
Understand a few words on signs with picture help	2	6.7
Cannot yet read any Gaelic	12	40.0
Total	30	100.0

Tha an ath chlàr a' sealltainn gu bheil àireamh mhòr – 10nar à 30 - a tha fileanta ann an sgrìobhadh air cuspairean sgoile, agus tha 3 eile ann a sgrìobhas air a' mhòr-chuid a chuspairean. Ach tha àireamh mhòr ann aig nach eil comas san bith ann an sgrìobhadh na Gàidhlig: 11 à 30.

Clàr 202: Comas sgrìobhadh na Gàidhlig

B4 Gaelic Writing Ability	N	%
Write in Gaelic using Gaelic terms connected to school without difficulty	10	33.3
Write about most every-day subjects without difficulty	3	10.0
Write an extended letter to a friend with the help of a dictionary	2	6.7
Write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary	1	3.3
Write a simple greeting in a thankyou note or birthday card	3	10.0
Cannot yet write anything in Gaelic	11	36.7
Total	30	100.0

5.8. Cleachdadh Cànan (Clann)

Chithear fodha gu bheil a' chlann a' cleachdadh an cuid Gàidhlig an lùib gnothaichean sgoile agus sgoil àraich. Chithear cuideachd gun gabhadh brosnachadh a dhèanamh gum bruidhinn daoine eile san teaghlach (m.e. seann-phàrantan is càirdean), inbhich eile, clann eile, agus pàrantan barrachd sa Ghàidhlig ris a' phàiste, nuair a tha/far a bheil na sgilean cànan aca.

Clàr 203: Cò leis agus càite an cleachd clann an cuid Gàidhlig/Beurla, agus ìre cleachdaidh

	ABERDEEN CHILDREN: SECTION C	USE GAELIC at least as much as English	USE ENGLISH mostly or always	CAN USE GAELIC
QU	(Number of Respondents)	ALL RESPONDENTS	All respondents	All respondents

C30	School teachers	16	2	18
C34	School classroom assistant(s)	11	3	12
C38	School other children	11	7	17
C14	Sgoil Àraich staff	10	2	12
C18	Sgoil Àraich parents	8	4	12
C06	Child and other Children	7	6	12
C02	Child and Partner	7	16	14
C16	Sgoil Àraich children	7	5	12
C48	Other Clubs	5	5	4
C40	School parents	5	12	17
C12	Child and other Family	4	23	14
C08	Child and Grandparent	3	20	9
C04	Child and other adults	3	17	11
C10	Child and Neighbours	2	25	2
C42	Youth Club	2	4	4
C20	Childminder	1	2	1
C24	Childminder house	0	3	2
C22	Childminder other children	0	3	2
C32	School Head teacher	0	19	2
C36	School support staff	0	15	0
C46	Sports Club	0	7	0
C44	Sunday School	0	3	0

5.9. Co-dhùnadh

Is iad seo na prìomh thoraidhean bhon rannsachadh ann an Obar Dheathain.

Feartan (Inbhich)

1. Bhathar gu math toilichte leis an àireimh agus buidhnean aoise sna ceisteachain a fhuair a' dèiligeadh air ais (ged a tha an sampall gu mòr an crochadh air liosta buill Club Gàidhlig Obar Dheathain – faicibh Dòighean-Rannsachaidh, Caibideil 1).
2. A thaobh barrachd dhaoine a bhith fileanta na neo-fhileanta ann am buidhnean aoise fa leth, cha robh ach daoine sna buidhnean aoise 6-15 agus 75+ mar seo.
3. Bha a' mhòr-chuid sna buidhnean aoise eile neo-fhileanta.
4. Bha e glè choltach gum biodh neach fileanta ma bha dithis phàrant aca le Gàidhlig.
5. Fhuair a' mhòr-chuid a bharrachd fhreagairtean bho bhoireannaich (70:30).
6. Bha a' mhòr-chuid ag obair/coimhead às dèidh dachaigh no cloinne/nan oileanaich – 79%; cha robh ach 18% air an dreuchd aca a leigeil dhiubh.
7. Cha tuirt ach 14% gu bheil Gàidhlig cudromach san obair làitheil aca; agus chan eil Gàidhlig san tuairisgeul obrach ach aig 7%.
8. Tha teisteanas aig àrd-ìre foghlaim, ceum no for-cheum, aig 69%, agus teisteanas ìre colaiste aig 16% a bharrachd. Cha robh ach 3% ann gun teisteanas foirmeil.

9. Bha a' mhòr chuid air gluasad a dh' Obar Dheathain – 73%; agus thaing a' mhòr-chuid de luchd-imrich sna 25 bliadhna mu dheireadh.
10. Dhen luchd-freagairt air fad, is ann às a' Ghaidhealtachd is na h-Eileanan a bha 38%.
11. Bha gu leòr dhen luchd-freagairt a' cur feum air na meadhanan sa Ghàidhlig/san dà chànan, gu h-àraidh TV is radio; ach is ann sa Bheurla mar as trice a tha iad gan cleachdadh san fharsaingeachd.
12. Cha robh fileantachd àrd ann an gin dhe na buidhnean aois, ach bha l aig 25% dhen fheadhainn aois 16-49, agus aig 30% de dhaoine os cionn 50.
13. Bha àireamh àrd dhe na h-eileanaich fileanta: 73%; bha 14% dhe dhaoine bho tìr mòr fileanta.
14. Bha beagan comais sa Ghàidhlig aig 51%.
15. Bha pàrantan às na h-Eileanan Siar aig còrr is aon duine às gach ceathrar dhen luchd-freagairt; agus a' gabhail seo ri àireamh phàrantan bhon Ghaidhealtachd is nan eilean, bha 40% le pàrant(an) às na h-Eileanan/Ghaidhealtachd.
16. Is i a' Bheurla a-mhàin/mar bu trice a' chiad chànan a bh' aig pàrantan an luchd-freagairt.
17. Is ann sa Bheurla a-mhàin a bhruidhinn 67% de phàrantan ris an luchd-freagairt, agus 66-69% a bhruidhinn an luchd-freagairt ri am pàrantan.

Comas Cànan (Inbhich)

1. Bha 75% de dhaoine san sgìre aig àm a' CS 2011.
2. Gu ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011, fhreagair iad gun robh na sgilean cànan seo aca: Tuigsinn 83%; Bruidhinn 81%; Leughadh 77%; Sgrìobhadh 64%.
3. Fhreagair 44% gum biodh iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.
4. Fhuair na toraidhean a leanas airson comas sa chànan aig na trì ìrean as àirde: Tuigsinn 52%; Bruidhinn 42%; Leughadh 44%; Sgrìobhadh 38%.
5. Fhuair na toraidhean a leanas airson comas sa chànan aig na ceithir ìrean as àirde: Tuigsinn 77%; Bruidhinn 72%; Leughadh 53%; Sgrìobhadh 71%.
6. Nuair a nithear coimeas eadar freagairtean ann am puing 2 gu h-àrd agus freagairtean ann an 5, tha an ìre de over-reporting beag, mu 10%, ach airson sgilean leughaidh, bha over-reporting aig mu 24%.
7. Nuair a nithear coimeas eadar freagairtean ann am puing 2 agus 4, tha beàrn mòr mòr ann (35% tuiteam bhon àireimh a fhuair na toraidhean sa cheist coltach ri CS 2011 mu chomas bruidhinn sa Ghàidhlig), oir tha àireamhan mhòra anns an sgìre de dhaoine aig ìre 4 air na sgèilichean cànan.

Cleachdadh Cànan (Inbhich)

1. Bidh iad a' cleachdadh an cuid Gàidhlig le seann-phàrantan agus pàrantan leis a' chloinn.

Barailean air a' Ghàidhlig (Inbhich)

1. Bha 98% de dhaoine an aghaidh/gu mòr a' bheachd nach eil àite aig a' Ghàidhlig san t-saoghal san latha an-diugh; bha 98% ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd gur e beachd math a th'ann gun cuir comhairlean taic ris a' Ghàidhlig; bha 84% ag aontachadh/gu làidir gum feum na h-Eileanan luchd bruidhinn na Gàidhlig airson am fìor fèin-aithne a ghlèidheadh; bha 77% ag aontachadh/gu làidir gum bu chòir do choigrich Gàidhlig ionnsachadh nuair a ghluaiseas iad gu sgìre Ghàidhlig; agus dh' aontaich/gu làidir 73% gu bheil e deatamach gun ionnsaich clann sna h-Eileanan Siar Gàidhlig.
2. Shaoil daoine gur iad fhèin, fileantaich bhon sgìre, Riaghaltas na h-Alba agus na meadhanan na daoine is buidhnean as taiceile a th' ann don Ghàidhlig.
3. Fhreagair 93% nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir ann an Obar Dheathain.
4. Shaoil 42% gu bheil fèin-aithne Gàidhlig Obar Dheathain air a dhol beagan/mòran nas làidire sna 10 bliadhna mu dheireadh (ach 34% an aon rud).

Feartan (Clann)

1. Bha 15 a-mach à 31 dhen chloinn eadar 0-5, is bha 11 eile aig aois bunsgoile.
2. Is i a' Bheurla a-mhàin/mar bu trice a' chiad chànan aig 74% dhen chloinn.
3. Bidh a' chlann a' cleachdadh nam meadhanan tro mheadhan na Beurla mar as trice.
4. Is i a' Bheurla a' chiad chànan aig a' mhòr-chuid a phàrantan (màthraichean – 26 a-mach à 29; athraichean 23 a-mach à 30).
5. Cha bhuin mòran dhe na pàrantan dha na h-Eileanan Siar/Ghàidhealtachd: 2 màthair à 31, ach 14 athraichean à 30.
6. Bidh 24 à 30 màthraichean, agus 22 à 28 athraichean a' bruidhinn Beurla a-mhàin no Beurla mar as trice ris a' chloinn.
7. Bidh a' chlann a' bruidhinn ri am pàrantan ann am Beurla mar as trice/a-mhàin: 24 à 30 ri am màthair, agus 19 à 25 ri an athair.

Comas Cànan (Clann)

1. Mheas na pàrantan na sgìlean cànan aig an cuid cloinne, aig na trì ìrean as àirde, mar a leanas: Tuigsinn 17 a-mach à 30; Bruidhinn 15 a-mach à 30; Leughadh (aig na 4 ìrean as as àirde) 9 a-mach à 30; agus Sgrìobhadh 15 a-mach à 30.

Cleachdadh Cànan (Clann)

1. Tha a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig sa sgoil agus aig an sgoil-àraich gu sònraichte, agus leis an teaghlach.

Feumar a bhith faiceallach ann a bhith a' dèanamh cus dhe na toraidhean rannsachaidh airson *inbhich* le Gàidhlig ann an Obar Dheathain; airson clann, chleachdadh pàrantan cloinne le ballrachd ann an CGOD, agus dh' iarradh taic bho phàrantan clann FMG aig Gilcomstoun; mar sin, bha e na b' fhasa a dhol nas fharsainghe na CGOD – ged a bhiodh overlap ann, tha e coltach.

Bhathar an crochadh gu mòr air stòr-dàta Club Gàidhlig Obar Dheathain airson freagairtean bho inbhich le Gàidhlig an Obar Dheathain. Leis gu bheil clasaichean ionnsachaidh cudromach ann an tachartasan na comataidh, agus gu bheil an Club fhèin air a ràdh nach eil e soirbh daoine le Gàidhlig bhon Ghaidhealtachd/na h-Eileanan fhaighinn gu tachartasan/ballrachd, tha teansa gu bheil an rannsachadh a' clonadh ri feartan co-cheangailte ri luchd-ionnsachaidh, le beàrn de fhileantaich no daoine às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan. Tha an suidheachadh seo ga dheasbad ann an Caibideil 8, **Co-dhùnaidhean**.

San fharsaingeachd, fhuair eadh dealbh bho na toraidhean mar a leanas.

Airson inbhich, chithear gu bheil fileantachd barrachd ri fhaicinn anns na buidhnean aoise 6-15, agus 75+. Bha 25% dhen fheadhainn eadar 16-49 fileanta; agus bha 30% de dhaoine os cionn 50 fileanta.

Tha a' mhòr-chuid (79%) ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh no teaghlaich/nan oileanaich.

Bha Gàidhlig cudromach san obair làitheil aig glè bheag de dhaoine: 14%; agus cha robh Gàidhlig ainmichte san tuairisgeul obrach ach aig 7%. Bha ìre teisteanais dhaoine gu math àrd: 69% le ceum, agus 84% le ceum/teisteanas colaiste. Dhen luchd-freagairt, bha 73% air gluasad a dh' fhuireach ann an Obar Dheathain, agus thàinig a' mhòr-chuid dhiubh (80%) sna 25 bliadhna mu dheireadh.

B' ann às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan a bha 38% dhen luchd-freagairt; agus is b' ann à sgìre/Obar Dheathain a bha 24% eile.

Chunnacas gu bheil a' mhòr-chuid de dh' eileanaich, 73%, fileanta; ach cha robh ach 14% de dhaoine bho Tìr-Mòr fileanta, agus bha 51% bho Tìr Mòr le beagan comais sa Ghàidhlig. Bha pàrant às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan Siar aig 40% de luchd-freagairt.

B' i a' Bheurla a-mhàin/mar bu trice a' chiad chànan aig pàrantan an luchd-freagairt. Bhruidhneadh na pàrantan aca riutha ann am Beurla a-mhàin (67%), agus bhruidhneadh an luchd-freagairt ri am pàrantan ann am Beurla a-mhàin cuideachd (66-69%).

A thaobh ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011, bha 75% de dhaoine san sgìre ann an 2011 agus fhreagair 44% gum bi iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

Chuir a' mhòr-chuid tick sna bogsaichean a thaobh comas sa Ghàidhlig, mar a leanas: Tuigsinn 83%; Bruidhinn 81%; Leughadh 77% agus Sgrìobhadh 64%.

Anns na fèin-mheasaidhean air sgèile an CEFR, fhreagradh na leanas gu bheil comasan cànan aca aig na ceithir/trì ìrean as àirde: Tuigsinn 77/52%; Bruidhinn 72/42%; Leughadh 53/44%; agus Sgrìobhadh 71/38%. Chithear mar seo gu bheil buidheann de luchd-ionnsachaidh, no daoine le beagan comais, ann a tha a' dèanamh diofar mòr ann an ceudadan eadar ìrean 3 agus 4. Ma nithear coimeas eadar sgilean aig na trì ìrean as àirde air an CEFR agus toraidhean gu ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011, chithear gu bheil beàrn mhòr ann: **over-reporting**. Chan eil am beàrn cho mòr idir ged-thà ma chleachdar na ceithir ìrean fileantachd aig an CEFR (ach airson leughadh), is mar sin chithear gu bheil luchd-ionnsachaidh no daoine le beagan comais a' toirt buaidh mhòr air comasan sna ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh.

Bidh luchd-freagairt an Obar Dheathain a' cleachdadh an cuid Gàidhlig air a' fòn le teaghlach agus le clann/seann-phàrantan.

Bha beachdan fìor làidir aig luchd-freagairt Obar Dheathain air na suidheachaidhean a leanas:

Chaidh cha mhòr a h-uile duine, 98%, an aghaidh a' bheachd nach eil àite aig a' Ghàidhlig san t-saoghal san latha an-diugh; chuir 98% taic/taic làidir ris a' bheachd gum bu chòir do chomhairlean taic a chur ris a' chànan; chuir iad taic/taic làidir (84%) dhan bheachd gu bheil feum aig na h-Eileanan air luchd-bruidhinn na Gàidhlig; agus chuir 77% taic/taic làidir ris a' bheachd gum bu chòir do choigrich, a thig a-steach do sgìrean Gàidhlig, Gàidhlig ionnsachadh.

Mheas an luchd-freagairt iad fhèin, fileantaich, Riaghaltas na h-Alba agus na meadhanan mar na daoine is buidhnean as taiceile don Ghàidhlig.

Bha cha mhòr a h-uile duine, 93%, a' creidsinn nach eil fèin-aithne Gàidhlig aig Obar Dheathain. Shaoil 42% gu bheil am fèin aithne sin air fàs nas làidire thairis air na deich bliadhna mu dheireadh, ach shaoil 34% nach eil e air atharrachadh.

A thaobh na cloinne, is i a' Bheurla a-mhàin/mar as trice a fhuair 74% dhen chloinn mar an ciad cànan. B' i a' Bheurla a-mhàin/mar bu trice a fhuair an cuid phàrantan cuideachd (90% màthraichean, 77% athraichean) mar an ciad cànan acasan. Bha buntanas aig athraichean na cloinne ris a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan (47%) ach cha mhòr gun robh seo ann idir airson màthraichean (6%). Bidh pàrantan na cloinne a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris a' chloinn (79-80%), agus vice versa (80/76%) – mar sin, is i a' Bheurla mar as trice cànan an dachaigh.

Sna fèin-mheasaidhean a rinn pàrantan air comasan na cloinne, bha leth no còrr is leth dhen chloinn aig na trì comasan as àirde a thaobh tuigsinn, bruidhinn is sgrìobhadh: Tuigsinn 17 à 30; Bruidhinn 15 à 30; Leughadh 9 à 30 (na ceithir comasan as àirde), agus Sgrìobhadh 15 à 30.

A thaobh cleachdaidh, is ann co-cheangailte ris an sgoil as motha a bhios clann an rannsachaidh a' cleachdadh an cuid Gàidhlig.

Tha na toraidhean airson Obar Dheathain an ìre math stèidhichte air lionradh buill Club Gàidhlig Obar Dheathain, agus dh'fhaodadh gu bheil fiaradh ann eadar am ballrachd seo agus feartan luchd na Gàidhlig sa Chunntas. Ach tha an Club a' gabhail a-staigh na lionraidhean is buidhnean eile sa bhaile a tha a' cur air adhart tachartasan Gàidhlig; is iad na daoine le Gàidhlig nach eil ceangailte ri gin dhe na buidhnean seo nach d'fhuairidh san rannsachadh. A thaobh na cloinne, fhuairidh freagairtean bho phàrantan aig CGOD, agus fhuairidh taic bho phàrantan clann FMG. Ma dh'fhaoidte gu bheil clann eile sa bhaile a tha a' faighinn Gàidhlig aig an taigh/ann an dòigh eile, nach eil ri lorg gu furasta ach is dòcha tron Chunntas fhèin.

Sheall na toraidhean san rannsachadh seo gu bheil ìre fìor àrd de theisteanasan foghlaim foirmeil aig daoine; tha a' mhòr-chuid ag obair (79%), agus thàinig a' mhòr-chuid de luchd na Gàidhlig san rannsachadh seo mar in-imrichean a dh' Obar Dheathain. Dhe na h-eileanaich, bha a' mhòr-chuid fileanta sa Ghàidhlig (73%); bha daoine bho Tìr-Mòr sa chumantas le beagan Gàidhlig (51%).

Is ann an Obar Dheathain a bha an ceudad as ìsle às na ceithir sgìrean rannsachaidh a thaobh pàrant a bhith aca às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan Siar: 40%; agus b' i a' Bheurla a-mhàin (65%) no Beurla mar bu trice (8%) cànan pàrantan an luchd-freagairt; lean na pàtrain seo dhan dealbh air na cànan a bhruidhinn pàrantan/luchd-freagairt ri chèile.

Fhreagair àireamh mhòr na ceistean coltach ri ceistean a' CS 2011 gun robh comasan aca sa Ghàidhlig: a thaobh bruidhinn, chuir 81% tick sa bhogsa. Ach anns na fèin-mheasaidhean air fileantachd ann am bruidhinn, a' gabhail nan ceithir ìrean as àirde còmhla, tha comas labhairt aig 72%. Ach mur gabhar ach na trì ìrean as àirde ann am fileantachd, tha an àireamh a' dol sìos gu 42%.

Chaidh innse gum bi 44% a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.


6. A' Chlann gu Lèir san Rannsachadh

Chaidh coimhead air factaran a dh'fhaodadh a bhith a' bualadh air fileantachd cloinne. B' iad na factaran:

- àireamh de phàrantan le Gàidhlig agus fileantachd na cloinne;
- fileantachd na cloinne agus ma tha iad a' faighinn foghlam tro mheadhan na Gàidhlig no na Beurla;
- fileantachd agus an sgìre [no buidheann] rannsachaidh dham buin iad.


Chithear fodha gu bheil da uiread cloinne fileanta, seach neo-fhileanta, nuair a tha aon phàrant aca le Gàidhlig; agus nuair a tha dithis phàrant aca le Gàidhlig tha ceithir uiread dhiubh fileanta seach neo-fhileanta. Fiù's nuair nach eil pàrant le Gàidhlig idir aig pàiste, gu bheil àireamh mhòr aca fileanta an taca ri neo-fhileanta:

Clàr 204: Fileantachd na cloinne agus àireamh phàrantan le Gàidhlig




Annas a’ chlàr fodha, dhen chloinn nach eil fileanta, tha cha mhòr an aon àireamh ann am foghlam Gàidhlig agus ‘s a tha ann am Beurla. Ach tha sia uiread fileantaich ann am Foghlam Gàidhlig is a tha de fhileantaich sa Bheurla:

Clàr 205: Fileantachd na cloinne agus FMG/FMB



Tha an ath chlàr a’ cur an cèill gur ann sna Meadhanan an Uibhist a tha an cothrom as fhèarr clann a lorg a tha fileanta; san dàrna àite, tha clann aig pàrantan air a’ phannal nàiseanta. Ged a bhiodh dùil is dòcha gum biodh clann san Àth Leathann san dàrna àite, chan eil Gàidhlig aig na pàrantan aca (80% de mhàthraichean a’ bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice, agus 75% de dh’ athraichean a’ bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice).

Clàr 206: Fileantachd agus na sgìrean far a bheil a’ chlann



7. Comas Cànan

7.1. Ro-ràdh

Chithear toraidhean rannsachaidh sna caibideilean gu h-àrd air na ceithir coimhearsnachdan, le dealbhan air an toirt seachad tro chlàran air fèin-mheasadh air ìrean fileantachd, cho math ri cleachdadh cànan, am measg inbhich agus cloinne.

Sa chiad phàirt de toraidhean sa chaibideil seo, ann an **7.2**, bithear a' mìneachadh toraidhean an rannsachaidh far an deach sampall dhe gach ìre fèin-mheasaidh – bonntaichte air an CEFR – a sgrùdadh tro choimeas le sgèile measadh fileantachd a tha ga chleachdadh aig Sabhal Mòr Ostaig.


Ann an **7.3**, bithear a' sgrùdadh mar a fhreagair daoine na ceistean a bha glè choltach ri ceistean sa chunntas-shluaigh agus mar a bha iad gam meas fhèin; agus bithear a' tarraing air toraidhean 7.2 airson co-dhùnaidhean a tharraing air dè cho coltach is e a tha e gu bheil figearan air comas sa Ghàidhlig bhon chunntas-shluaigh 2011 earbsach.

Teachdaireachdan bhon chunntas-shluaigh: Cunntas-Sluaigh 2011

Clàr 207: Toraidhean a' CS 2011: Luchd-bruidhinn an Gàidhlig a thaobh aois, gnè agus àireamh

ALL Scotland: Number of Gaelic Speakers		
Age Group	Males	Females
3 to 15 years	3695	4197
16 to 24 years	2792	3226
25 to 34 years	2826	3132
35 to 49 years	5625	5853
50 to 64 years	6092	6309
65 to 74 years	3271	3605
75 years and over	2560	4192

Clàr 208: Toraidhean a’ CS 2011: Luchd-bruidhinn an Gàidhlig a thaobh aois, gnè agus àireamh



7.2. Toraidhean air Fèin-mheasadh sna Ceisteachain agus Coimeasan le Sgèile Measadh Fileantachd aig Sabhal Mòr Ostaig

Ro-ràdh

Chaidh agallamh a chumail air a’ fòn le 49 neach eadar Diluain 01 Màrt agus Dimàirt 08 Màrt 2016. Bha liostaichean air an cruthachadh ro làimh air an robh mu 60 ainm ach chan fhaighte grèim, an dèidh iomadh uair a’ feuchainn tron latha agus air an fhionnairidh air diofar làithean, air cuid de na h-agallaichean.

Toraidhean

Tha an luchd-agallaimh air an seòrsachadh anns na clàran gu h-ìosal a rèir nan ìrean a chuir iad mu choinneimh an ainmean fhèin mus deach bruidhinn riutha; agus thathar a’ tòiseachadh leis an fheadhainn a mheas iad fhèin aig an ìre as àirde, agus an uair sin aig an ath ìre sìos, ‘s mar sin air adhart, bho ìre 6 gu ìre 1.

Clàr 209: ìre 6 - *I can comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers.*

AINM	FÈIN-MHEASADH	TUIGSINN	LABHAIRT	GU h-IOMLAN
Neach 6A	6	A1	A1/A2	A1/A2
Neach 6B	6	A1	A1/A2	A1/A2

Neach 6C	6	A1	A1/A2	A1/A2
Neach 6D	6	A1	A1	A1
Neach 6E	6	A1	A1	A1
Neach 6F	6	A1	A1	A1
Neach 6G	6	A1/A2	A1/A2	A1/A2
Neach 6H	6	A1/A2	A1/A2	A1/A2
Neach 6J	6	A1	A1	A1
Neach 6K	6	A1	A1	A1
Neach 6L	6	A1	A1	A1

Beachd farsaing air na toraidhean gu h-àrd aig ìre 6. Bhathar a' faireachdainn gun robh cuid am measg na rinn fèin-mheasadh le '6' gu h-onarach a' leantainn nan slatan-tomhais a thugadh dhaibh agus, a rèir sin, cofhurtail agus cleachdte ri bhith a' bruidhinn mun obair - daoine, mar eisimpleir, a chaidh tron fhoghlam no a bh' ann an dreuchdan proifeiseanta Gàidhlig. A dh'aindeoin sin, bhathar a' meas gun robh beagan a dh'ith orra ann an doimhneachd- is ealantachd-chainnte an taca ri cuid eile, agus 's e A1/A2 a chuireadh man coinneimh. 'S e 'eileanaich' a bha fileanta sa h-uile dòigh a bha san fheadhainn dhan tugadh A1.

Clàr 210: Ìre 5 - *I can comfortably take part in daily Gaelic conversations with fluent Gaelic speakers at normal speed.*

AINM	FÈIN-MHEASADH	TUIGSINN	LABHAIRT	GU h-IOMLAN
Neach 5A	5	A1	A1/A2	A1/A2
Neach 5B	5	A1	A1	A1
Neach 5C	5	A1	A1	A1
Neach 5D	5	A1	A1/A2	A1/A2
Neach 5E	5	A1	A1/A2	A1/A2
Neach 5F	5	A1	A2	A2

Neach 5G	5	A1/A2	A1/A2	A1/A2
Neach 5H	5	A1	A1	A1
Neach 5J	5	A1	A1	A1
Neach 5K	5	A1	A1	A1
Neach 5L	5	A1	A1	A1
Neach 5M	5	A1	A1	A1
Neach 5N	5	A1	A1	A1

Beachd farsaing air na toraidhean gu h-àrd aig ìre 5

Chithear gun robh cuid mhath (dithis às gach triùir) den t-sampall gu h-àrd a rinn fèin-mheasadh le '5' ach a bha airidh, gun teagamh, air A1 fo gach ceann. 'S e 'eileanaich' a thogadh le Gàidhlig a bha sa bhuidhinn seo. Chaidh faighneachd de gach duine aca, "Cò dha a bheireadh tu fhèin 6?" agus bha iad dualtach a bhith ag ràdh tidsearan, ministearan, sagartan agus "daoine a fhuair ionnsachadh". Thuirt cuid dhiubh, cuideachd, nach robh iad ga cleachdadh an-diugh agus gun robh diofar adhbharan air an sin, a leithid crìonaidh is atharrachaidhean sa choimhearsnachd, gluasad a sgìrean eile, an aois agus a bhith nan aonar - nì sam bith eile den t-seòrsa sin a thàinig nan rathad. A dh'aindeoin an t-seallaidh a bh' aca orra fhèin, bhathar a' meas gun robh iad fileanta sa h-uile dòigh agus a' tighinn fo bhrataich A1. Bha an '5' a chuir iad mu choinneimh an ainmean fhèin an ìre mhath freagarrach dhan cheathrar dhan tugadh A2/A1, agus bha measgachadh an sin eadar 'eileanaich'(le dìth cleachdaidh) agus 'luchd-ionnsachaidh' adhartach.

Clàr 211: Ìre 4 - *I can take part in daily conversations on most subjects if I take my time.*

<i>AINM</i>	<i>FÈIN-MHEASADH</i>	<i>TUIGSINN</i>	<i>LABHAIRT</i>	<i>GU h-IOMLAN</i>
Neach 4A	4	B2/B1	B2	B2
Neach 4B	4	A2	B1	B1
Neach 4C	4	B1	B1	B1
Neach 4D	4	B1	B2	B2
Neach 4E	4	D2	D2/D1	D2

Neach 4F	4	A1	B1	A2
Neach 4G	4	A1/A2	B1	B1
Neach 4H	4	A2	A2	A2
Neach 4J	4	A1	A2	A2

Beachd farsaing air na toraidhean gu h-àrd aig ìre 4

'S iad inbhich a dh'ionnsaich an cànan a bu mhotha a thàinig am bàrr fon cheann seo. Cha robh ach aon tè nam measg a chaidh a togail leis a' chànan. Bhathar a' faireachdainn gun robh a' chuid a bu mhotha dhiubh den t-seòrsa a bha adhartach agus dìcheallach mu choinneimh an ionnsachaidh agus airidh air comharran air a' chrìch eadar 'B' agus 'A' air clàr-tomhais cànan an oilthigh (no '5' air a' chlàr a thugadh dhaibh an seo). Thathar dhen bheachd gur e seo an seòrsa duine a ruigeas ìre A2 no A1 air a' cheann thall.

Bha an tè a chaidh ainmeachadh gu h-àrd na h-'eileanach' le cion-cleachdaidh, cuideachd, air a' chrìch eadar 4/5 agus buailteach dhan chleachdadh a chunnacas aig ìre 5 - thogadh i le Gàidhlig ach bha i ga tomhas fhèin ìosal air sgath dìth cleachdaidh.

B' e seo, cuideachd, a' bhuidheann san do nochd a' chiad neach a bha ga tomhas fhèin ro àrd: cha robh i deònach (no comasach) sgilean-cànain a nochdadh idir agus stiùir i dhan Bheurla an còmhradh sa bhad. A rèir a seachas, chìte gur e 'D' dha-rìribh an ìre fhreagarrach - beagan ionnsachaidh bliadhnaichean roimhe agus cion-cleachdaidh bhon uair sin. Bha i taiceil dhan chànan – rinn i Ceiltis san oilthigh is bha Gàidhlig aig an duine aice (fileantach).

Clàr 212: Ìre 3 - I can take part in basic conversations about everyday subjects if I fill in the gaps in my Gaelic with some English words.

AINM	FÈIN-MHEASADH	TUIGSINN	LABHAIRT	GU h-IOMLAN
3A	3	B2	B1	B2
3B	3	B1	B2	B2
3C	3	C2	C2	C2
3D	3	B1	C1	C1
3E	3	D2	D2	D2
3F	3	D2	D2	D2
3G	3	B1	D2	D1

Beachd farsaing air na toraidhean gu h-àrd aig ìre 3

Bha measgachadh sa bhuidhinn seo eadar ‘eileanaich’, a thogadh ann an coimhearsnachdan no teaghlaichean Gàidhlig, agus daoine gun cheangal sam bith ris a’ chànan.

Mar a chunnacas roimhe, bha tè de na h-‘eileanaich’ ga tomhas fhèin aig ìre ‘3’ ach na bu choltaiche ri ‘5’ a thaobh Tuigsinn agus 4-5 ann an Labhairt (no ‘B’ air clàr an oilthigh). Tèile còmhla rithe a rinn ionnsachadh mar inbheach ach na b’ fheàrr na bha i ga meas fhèin agus airidh air 4 air a’ chlàr a fhuair iad, no ‘B’ air a’ chlàr san rannsachadh. Bha neach-ionnsachaidh eile ann a bha faisg air ‘B’, a dh’aindeoin nach robh beachd ro math aige air a chomasan fhèin.

Bha dithis dhan tugadh ‘D’ fon h-uile ceann - feadhainn gun cheangal ris a’ chànan ach aig a bheil ùidh mhòr innte agus anns a’ chultar, a shuath ri cothroman-ionnsachaidh (bliadhnaichean roimhe no o chionn glè ghoirid) ach nach do nochd comasan tuigsinn no labhairt sam bith idir agus a stiùir an còmhradh dhan Bheurla sa bhad.

Bha ‘eileanach’ sa bhuidhinn a bha a’ tuigsinn a h-uile facal aig ìre ‘B’ no ‘A’ ach nach canadh facal Gàidhlig, a fhreagair gach ceist sa Bheurla agus, mar sin, a dh’fheumte tomhas aig ìre ‘D’.

Clàr 213: ìre 2 - *I can exchange simple greetings in Gaelic.*

<i>AINM</i>	<i>FÈIN-MHEASADH</i>	<i>TUIGSINN</i>	<i>LABHAIRT</i>	<i>GU h-IOMLAN</i>
2A	2	D2	D2	D2
2B	2	A1/A2	B1	B1
2C	2	D2	D2	D2
2D	2	B1	C1	C1
2E	2	D1	D2	D2
2F	2	C1	D2	D2
2G	2	D2	D2	D2
2H	2	D1	D2	D2
2J	2	D2	D2	D2

Beachd farsaing air na toraidhean gu h-àrd aig ìre 2

Bha measgachadh an seo, cuideachd, eadar 'eileanaich' a thogadh ann an sgìrean Gàidhlig agus daoine aig nach eil ceangal sam bith ris a' chànan.

'S e D2 a thugadh do sheachdnar nach bruidhneadh facal idir san agallaimh. Eadar an e feadhainn a thogadh ann an sgìrean Gàidhlig no feadhainn a shuath ri cùrsaichean a leithid Ùlpan airson ùine ghoirid no 'Gàidhlig' san sgoil, thàinig e am bàrr sa chòmhradh nach eil agus nach robh iad a-riamh ga bruidhinn. (Fhuair tè dhiubh 'C' airson tuigsinn: bha i a' tuigsinn na ceist ach a' freagairt sa Bheurla). Ach chanadh iad uile, às bith dè a' bhuidheann dham buineadh iad, gun robh ùidh aca innte agus gun robh iad taiceil dhi.

Bha fear de na h-'eileanaich' a bhios a' cleith nan comasan an seo ann, mar a bha sa h-uile buidhinn eadar 3-5 - fear a thuir 'D' ach dhan tugadh 'A' airson Tuigsinn agus 'B' airson 'Labhairt' is airson a chomasan san fharsaingeachd. Agus bha tèile den t-seòrsa sin ann, cuideachd, nach robh cho làidir ris-san ach a bha airidh air 'C' - chùm i an còmhradh a' dol greiseag.

Beachdan san dealachadh

Fhad 's a bhathar a' cumail nan agallamhan thàinig na beachdan farsaing a leanas am bàrr:

1 'Eileanaich' sa h-uile buidhinn eadar 2-5 den t-seòrsa a bhios a' cleith nan comasan, no nach eil a' faireachdainn gu bheil na comasan aca. Bhathar a' leughadh air a' chòmhradh aca faireachdainnean a leithid an cogais a bhith gan dìteadh air sgàth nach robh a' Ghàidhlig aca. Bha iad a' tuigsinn cho math 's a dh'fhaodadh iad a bhith no a' tuigsinn cho beag 's a bh' aca dhith. Mar a bu trice, 's e bu choireach ri sin gun robh a' Ghàidhlig san dachaigh nuair a bha iad òg agus pàrant/pàrantan ga bruidhinn. Thuir cuid den fheadhainn nach tug dhaibh fhèin ach 5 an àite 6 nach robh na cothroman còmhradh aca an-diugh an dèidh dhaibh gluasad dhan Eilean Sgitheanach à eilean eile no mar a tha an cànan a' crìonadh san eilean/san Àth Leathann an-diugh, no mar a tha an aois air tighinn orra agus nach eil iad a' faighinn a-mach no a' faicinn dhaoine.

2 Luchd-ionnsachaidh à diofar àiteachan. Mar a bu trice, bha iadsan na b' fheàrr air fèin-mheasadh a dhèanamh na bha na h-eileanaich. Cha robh na rudan a bha a' dèanamh dragh dha na h-'eileanaich', 's a chaidh ainmeachadh gu h-àrd, a' dèanamh an aon dragh dhaibhsan. Bha luchd-ionnsachaidh cleachdte, cuideachd, ri saoghal nan cùrsaichean agus ri bhith air an seòrsachadh a thaobh ìrean comais dha rèir.

3 Mar a bhiodhte an dùil, bha taobh aig gach neach ris an deach bruidhinn ris a' chànan - eadar an fheadhainn a chaidh a thogail ann an sgìrean Gàidhlig agus iadsan aig nach robh ceangal sam bith riutha. Aig a' cheart àm, bha tòrr a lìon an ceisteachan agus a bha aig ìre '2' (no D1/D2) nach robh gu ìre mhòir sam bith a-riamh ga bruidhinn, nach eil air prògram ionnsachaidh an-dràsta no aig nach eil càil a dhùil tòiseachadh air a leithid. Sa bhitheantas, 's

ann air an t-slige air adhart a tha an luchd-ionnsachaidh a th' aige ìre C/B an-dràsta. Cha deach bruidhinn ri 'eileanach' sam bith san t-sampall seo a tha air prògram ionnsachaidh an-dràsta no an sàs ann an leasachadh sgilean cànan.

7.3. Toraidhean air Fèin-mheasadh sna Ceisteachain agus Freagairtean gu Ceistean a Bha Coltach ri Ceistean a' Chunntais-Shluaigh sna Ceisteachain

Ann an dà chlàr a leanas, chaidh fios a chur ri chèile, bho Cheisteachan B, far an deach sgrùdadh a dhèanamh air freagairtean bho dhaoine gun do chuir iad sìos sna ceistean coltach ri ceistean a' chunntais-shluaigh 2011, gun robh comas labhairt aca ri taobh an ìre fileantachd ann an labhairt a thagh iad, a' cleachdadh an sgèile CEFR. Chaidh co-dhùnadh a ghabhail leis an sgioba rannsachaidh gum biodh daoine gam meas fhèin ro àrd (**over-reporters** sna clàran fodha) ma dh' innis iad gun do chuir iad iad fhèin sìos sna ceistean coltach ri ceistean a' chunntais-shluaigh gun robh comas labhairt sa Ghàidhlig aca, ach a chuir iad fhèin fo ìre 3 sna comasan labhairt ann an Gàidhlig, ann an Earrann B de Cheisteachan B – ma mheas iad fhèin mar a leanas:

- I do not yet speak any Gaelic
- I can exchange simple greetings in Gaelic

Chaidh co-dhùnadh gun do rinn iad 'over-reporting' dha na ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh 2011.

Chithear san ath dhà chlàr cuideachd an fheadhainn nach do mheas iad fhèin comasach air bruidhinn na Gàidhlig sna ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh 2011, ach a chuir na comasan cànan aca aig na ceithir ìrean àrda a leanas:

- I can take part in basic conversations about every-day subjects if I fill in the gaps in my Gaelic with some English words
- I can take part in daily conversations on most subjects if I take my time
- I can comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers at normal speed
- I can comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers

Chithear mar a bha barrachd over-reporting ann an Obar Dheathain agus gu nàiseanta – an dà choimhearsnachd as fhaide air falbh is dòcha bho choimhearsnachd thraidiseanta Ghàidhealach.

Aig a’ cheart àm, chithear fodha gur ann an Obar Dheathain agus gu nàiseanta a bha na figearan as àirde airson over-reporting.

Chan eil na h-àireamhan de dhaoine sna clàir fodha mòr, agus mar sin feumar a bhith faiceallach nach dèanar cus dhe na toraidhean; ach aig a’ cheart àm, tha pàtrain ann, agus tha iad an aon rud ri toraidhean nan agallamhan fòn a thaobh under-/over-reporting air comas – gu bheil gu h-àraid daoine sna h-Eileanan Siar le comas àrd ann an labhairt nas buailtiche **gun** a bhith a’ meas nan sgilean cànan aca àrd gu leòr; is gu bheil àireamh bheag de dhaoine sna buidhnean air falbh bhon Ghàidhealtachd/às na h-Eileanan an sàs ann an over-reporting; bheireadh seo buaidh bheag air toraidhean a’ chunntais-shluaigh, shaoilear, agus bha seo gu h-àraid fìor airson Obar Dheathain, far a bheil pàtrain over-reporting nas àirde na ann an sgìrean/coimhearsnachdan eile san rannsachadh (ach bha iomairt anns an sgìre am measg cuid a bhith a’ cur sìos gun robh comas sa Ghàidhlig agad ma bha Gàidhlig agad aig ìre sam bith).

Chithear na figearan sa chlàr fodha.


Clàr 214: Na sgìrean rannsachaidh agus àireamhan de under-/over-reporting

Survey Source	UNDER-REPORTERS		All others		OVER-REPORTERS	
	N	%	N	%	N	%
1 NatOnline Adult	8	42.1	291	50	14	36.8
3 Broadford Adults	3	15.8	88	15.1	7	18.4
5 Aberdeen Adults	6	31.6	118	20.3	16	42.1
7 Uist Adults	2	10.5	85	14.6	1	2.6
Total	19	100.0	582	100.0	38	100.0

Tha am bar chart fodha a’ cur nam figearan gu h-àrd ann an cruth eile. Chithear gu bheil am pàtran a thaobh dè as àirde/ìsle eadar nan colbh eadar-dhealaichte airson Uibhist.

Bha glè bheag de under-reporters no over-reporters anns an rannsachadh.

Clàr 215: Na sgìrean rannsachaidh agus am meud de under-/over-reporting



San ath chlàr, chithear gun robh barrachd under- agus over-reporting ga dhèanamh leis na buidhnean aoise 35-49 agus 50-64. Cuideachd, chithear nach robh duine os cionn 65 a' dèanamh over-reporting.

Clàr 216: Aois mu choinneamh under-/over-reporting

Age	UNDER-REPORTERS		All others		OVER-REPORTERS	
	N	%	N	%	N	%
5 16-24	3	15.8	61	10.6	1	2.6
6 25-34	2	10.5	75	13	6	15.8
7 35-49	4	21.1	151	26.2	13	34.2
8 50-64	7	36.8	166	28.8	18	47.4
9 65-74	2	10.5	84	14.6	0	0.0
10 75+	1	5.3	39	6.8	0	0.0
Total	19	100.0	576	100.0	38	100.0

San ath chlàr, chithear gun robh a h-uile neach a rinn over-reporting aig ìre bruidhinn 2 – comasach air beagan abairtean sa Ghàidhlig a ràdh.

Chithear na daoine nach do chuir ticks ri comas labhairt sna ceistean coltach ri ceistean a' chunntais-shluaigh agus a chomharraich gu bheil sgilean cànan aca os cionn an dàrna ìre as ìsle air an sgèile CEFR. Tha an clàr a' sealltainn gur iad na daoine a mheas iad fhèin aig an treas ìre, comasach air còmhraidhean bunaiteach air cuspairean làitheil a bu choltaiche a bhith under-reporting sna ceistean coltach ri ceistean a' Chunntais-Shluaigh 2011.

Clàr 217: Ìre comais agus under-/over-reporting

Gaelic Speaking Ability	UNDER-REPORTERS		All others		OVER-REPORTERS	
	N	%	N	%	N	%
1 Cannot yet speak any Gaelic	0	0.0	8	1.4	0	0.0
2 Can exchange simple greetings in Gaelic	0	0.0	102	18.0	38	100.0
3 Can take part in basic conversations about every-day subjects	16	84.2	122	21.5	0	0.0
4 Can take part in daily conversations on most subjects	2	10.5	71	12.5	0	0.0
5 Can comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers	1	5.3	128	22.5	0	0.0
6 Can comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers	0	0.0	137	24.1	0	0.0
Total	19	100.0	568	100.0	38	100.0

7.4. Co-dhùnadh

A' cleachdadh an sgèile comas cànanain aig an CEFR, agus mar sin a' gabhail ris gu bheil comas labhairt agad sa Ghàidhlig ma tha a' ruigsinn ìre 3 no nas àirde (aig na ceithir ìrean as àirde, mar sin), tha an rannsachadh a' sealltainn gun robh comas bruidhinn aca sa Ghàidhlig aig a' mhòr-mhòr chuid a chuir tick sa bhogsa, agus mar sin bha iad ceart sin a dhèanamh. Tha seo a' ciallachadh gu bheil an dealbh, a thug CS 2011 air comas bruidhinn sa Ghàidhlig am measg luchd-labhairt na Gàidhlig an Alba, earbsach.

San rannsachadh seo, a-mach à 600 neach-freagairt, chaidh measadh gun robh 'over-reporting' air comas labhairt sa Ghàidhlig ga dhèanamh le dìreach 36 duine.

Anns an rannsachadh seo, dhen fheadhainn a chuir tick sa CS 2011 gu bheil comas labhairt aca sa Gàidhlig, bha leth dhiubh fileanta agus bha an leth eile comasach gu ìre.

B' ann às na h-Eileanan a bha a' mhòr-chuid dhe na fileantaich san rannsachadh seo.

8. Co-dhùnaidhean

Comas cànanain agus an Cunntas-Sluaigh

Tha ceist dhoirbh a’ ruith tron rannsachadh seo: dè th’ ann an ‘comas cànanain’? Nuair a chuir Cunntas-Sluaigh 2011 a’ cheist air daoine ‘Which of these can you do?’ agus bha cothrom aca tick a chur mu choinneamh Tuigsinn, Bruidhinn, Leughadh, Sgrìobhadh [Scottish Gàidhlig] cha robh stiùireadh ann dha daoine air ìrean fileantachd a bhiodh a’ cunntadh, agus ìrean fileantachd nach biodh a’ cunntadh. San aon dòigh, tha a’ cheist ‘Do you use a language other than English at home?’ cuideachd gun mhìneachadh sam bith air dè bhiodh a’ cunntadh a thaobh tricead cleachdaidh – oir tha tricead cleachdaidh cudromach ann am measadh neart agus cor cànanain.

Fheuchadh san rannsachadh seo ri dealbh nas mionaidiche fhaighinn air ìrean comais; agus fheuchadh dà dhiofar ‘chrìoch’ ann an comasan cànanain, tro bhith a’ cleachdadh diofar ìrean comais air an *Common European Framework of Reference for Languages*, an ‘CEFR’, (2001). Ma ghabhar ris na ceithir ìrean as àirde air an CEFR agus toraidhean bho na ceithir eisimpleirean coimhearsnachd san rannsachadh seo, chithear gun robh na toraidhean an seo a’ cur taic ri earbsachd toraidhean Gàidhlig a’ Chunntais-Shluaigh 2011. Saoilear, ged a bha rud beag over-reporting ga dhèanamh ann an cuid dhe na coimhearsnachdan san rannsachadh seo, a’ togail air an dealbh a fhuair, thathas am beachd gu bheil na toraidhean Cunntas-Sluaigh 2011 sa mhòr, mhòr-chuid ceart.

Ged-thà, mur an gabhar ach na trì ìrean as àirde air sgèile an CEFR, agus às dèidh nan ceithir coimhearsnachdan a sgrùdadh, saoilear gum biodh an ìre de over-reporting sa Chunntas-Shluaigh mòr agus cudromach gu leòr gus moladh a dhèanamh a bhith air leth faiceallach a thaobh a bhith a’ cleachdadh toraidhean a’ Chunntais-Shluaigh mar bhunait airson planadh cànanain, gu h-àraidh a thaobh over-estimate de fhileantachd no de chomas a bhith siùbhlach a’ bruidhinn a’ chànain.

Tha an argamaid seo fìor chudromach, oir tha fiosrachadh mionaideach a thaobh comais bunaiteach ann am planadh cànanain: mur bheil fios mionaideach ann air cor a’ chànain an dhà-rìribh, cha bhi na poileasaidhean agus planaichean leasachaidh cho èifeachdach, no is dòcha èifeachdach idir. A bharrachd air sin, chì luchd-labhairt nach eil na planaichean re ùine soirbheachail, caillear misneachd, agus tuitidh an iomairt planadh cànanain às a chèile. Tha a’ phuuing seo a’ bualadh air gach ìre de phlanadh, bho phlana nàiseanta gu plana coimhearsnachd.

Mar sin, thathar a’ moladh ceistean mu chomasan agus cleachdadh na Gàidhlig sa chunntas-shluaigh a shoillearachadh.

Tha fiosrachadh mionaideach riatanach do phlanaichean cànanain a bhios soirbheachail. Ach thàinig beàrn eile an àrd tron rannsachadh seo: càite bheil na daoine aig a bheil comas sa chànain? Chan eil am fios seo ri fhaighinn, ach tron stòr-data aig a’ Chunntas-Shluaigh. Gun fios air càite bheil na daoine le comas, agus cò iad is dè tha a’ bualadh air na sgilean cànanain aca a thaobh factaran eacanomaigeach is sòisealta, dè mar a tha iad a’ cleachdadh a’ chànain agus càite, agus dè am beachdan air a’ chànain, a-rithist tha e do-

dhèanta planaichean a dhealbh aig a' mhòr- no mhion-ìre a tha gu bhith èifeachdach dhan t-suidheachadh a th' ann. Feumaidh planadh a bhith a' tachairt aig ìre nàiseanta aig an aon àm ri ìrean nan sgìrean, nam bailtean, agus aig ìre teaghlaichean is daoine fa leth: feumaidh iad a bhith freagarrach do na suidheachaidhean ionadail is pearsanta aig daoine agus gu h-ionadail; agus feumaidh planaichean, bho ìre nàiseanta gu ìre an teaghlaich/duine uile a bhith ceangailte agus a' cur ri neart càch a chèile.

Sheall an rannsachadh dhan sgioba rannsachaidh cho doirbh is a tha e daoine le Gàidhlig a lorg, gu h-àraidh far a bheil a' choimhearsnachd sin air gluasad bho choimhearsnachd fhiosaigeach le density àrd de luchd-cleachdaidh (mar Na Meadhanan) gu daoine sgapte ann an coimhearsnachd fhiosaigeach (mar an t-Àth Leathann) gu coimhearsnachdan neo-fhaicsinneach am measg mòr-shluaigh no mòr-chultair, ceangailte airson ùine glè bheag tro lìonraidhean ùidh (mar ann an Obar Dheathain, agus le Pannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig, gu ìre mhòir). Tha density luchd-labhairt a' sìor lagachadh sna sgìrean traidiseanta Gàidhlig air a' Ghàidhealtachd agus sna h-Eileanan, agus ma dh'fhaoidte gu bheil an aon rud fìor ann an lìonraidhean cànan/cultair agus sa bhaile mhòr cuideachd, gu h-àraidh a thaobh ballrachd nan comann traidiseanta. Tha fiosrachadh air càite bheil daoine le comas sa chànan, agus cò iad, gus an urrainnear bruidhinn riutha, gu bhith riatanach ann an soirbheas iomairt ath-bheothachadh na Gàidhlig an Alba.

Thathar a' moladh mar sin ath bheachdachadh a dhèanamh air ceistean Gàidhlig sna cunntasan-sluaigh, le mìneachaidhean air comas cànan agus cleachdadh cànan aig an taigh, gus am bi e soilleir do dhaoine dè tha comas cànan a' ciallachadh, agus dè tha 'cleachdadh cànan san dachaigh' a' ciallachadh sna ceistean.

Thathar cuideachd a' moladh beachdachadh air rannsachadh mionaideach a dhèanamh air daoine le comas sa Ghàidhlig ann an Cunntas-Sluaigh Gàidhlig, tro chunntas-sluaigh na h-Alba. Le bhith a' cleachdadh fiosrachadh bhon Chunntas-Shluaigh air càite bheil dachaighean le daoine le comas sa chànan, ghabhadh cunntas Gàidhlig a dhèanamh air comas, cleachdadh agus barailean mar eisimpleir, fo stiùir a' chunntais-shluaigh, a chumadh fiosrachadh pearsanta mar ainmean is seòlaidhean taighe dìomhair, ach aig an aon àm a bheireadh fiosrachadh bunaiteach riatanach do luchd planaidh.

Gu cinnteach, chan fhaighear (le fiosrachadh mionaideach mar seo air daoine le comas sa Ghàidhlig) ach tomhas de sgìlean cànan. Ghabhadh ceistean mu bheachdan dhaoine fhaighneachd mar phàirt de Chunntas Ghàidhlig; no, nam biodh fios bhon Chunntas Ghàidhlig aig buidhnean a tha an sàs ann am iomairtean cànan air sgìrean far a bheil daoine le Gàidhlig, dh'fhaodar an uair sin còmhradh fhosgladh air mar a tha daoine an dha-rìribh a' faireachdainn mu iomairt cànan a phlanadh agus a chur an gnìomh. Gun a bhith a' dèanamh seo, tha e doirbh do dh' iomairtean cànan soirbheachadh oir cha bhi daoine air an ìre 'soillearachadh ideòlach ro-làimhe' (Fishman 1991) a ruigsinn, mus bi iad ag aontachadh amasan iomairt cànan, agus cha bhi iad an ìre mhath air an aon ràimh.

Tha density fhiosaigeach de luchd-labhairt na Gàidhlig a' lagachadh. Aig an aon àm, tha feum air ro-innleachd conaltraidh, le dòighean ùra air daoine a cheangal ri chèile, ge brith a bheil iad air misneachd a chall le dìth cleachdaidh no dìth comais, no dìth chothrom. Bhiodh seirbheis fòn nàiseanta/conaltradh tro teicneòlas eile, mar

eisimpleir, feumail gus daoine a cheangal ri chèile: ghabhadh daoine cur ann an ìrean comais, no le diofar ìrean comais mar neadan cànan le fileantach is neach-ionnsachaidh; is ghabhadh daoine eile an cur còmhla mar chòmhradh air ùidhean coitcheann. Dh'fhaodadh comhairle a bhith ann bhon bhuidhinn a ruitheas an t-seirbheis ma nithear measadh air feumalachdan an duine, eadar comhairle air còmhradh neo-fhoirmeil le neach deònach eile, no fios air cùrsaichean foirmeil aig diofar bhuidhnean, cholaistean is oilthighean.

Thogadh seo misneachd; leasaicheadh e faireachdainn aonranachd do neach gun chothrom Gàidhlig a chleachdadh; agus thogadh e comasan cànan.

Sgrùdaidhean Coimhearsnachd

Na Meadhanan

San rannsachadh seo, tha na Meadhanan ann an Uibhist a Deas a' seasamh a-mach bho na coimhearsnachdan eile a thaobh àrd ìre fileantachd ann am bruidhinn is tuigsinn na Gàidhlig, agus mar an t-aon àite far am faodar a dhol agus a bhith a' cleachdadh do chuid Gàidhlig a-staigh agus a-muigh, le teaghlach, nàbaidhean is luchd-obrach sna bùithtean/ionadan foghlaim no slàinte, agus sa phost-oifis. Tha fèin-aithne mar sgìre Ghàidhlig làidir ann, agus bha an luchd-freagairt a' saoilinn gum bu chòir do phàrantan le Gàidhlig Gàidhlig a thoirt don chloinn, agus gu bheil Gàidhlig riatanach gu fèin-aithne nan Eilean Siar.

B'è seo an aon choimhearsnachd san rannsachadh far a bheil fileantachd ann am bruidhinn na Gàidhlig aig a' mhòr-chuid anns a h-uile buidheann aoise. Tha a' mhòr-chuid (95%) de dh' eileanaich fileanta; agus tha cha mhòr a h-uile duine (79%) bho tìr mòr gun Gàidhlig sam bith, no le glè bheag - agus gu h-annasach, an taca ris na trì coimhearsnachdan rannsachaidh eile - chan eil àireamh mhòr sam bith de 'leth-fhileantaich' no de luchd-ionnsachaidh anns na Meadhanan.

Aig cùl na fileantachd seo sna Meadhanan, bha gu robh Gàidhlig ga bruidhinn gu làidir sna teaghlachan aig luchd-freagairt (fhuair còrr is leth Gàidhlig a-mhàin/Gàidhlig mar bu trice san dachaigh). Agus b' ann à Uibhist, no às na h-Eileanan Siar, a bha a' mhòr-chuid de luchd-freagairt agus na pàrantan aca. Agus leis gu bheil Gàidhlig fhathast ga cleachdadh anns a' mhòr-chuid a dh' àiteachan timcheall, far am bi daoine a' dol airson biadh is seirbheisean, chan eil na Meadhanan buileach nan 'eilean Gàidhlig'.

Thaghadh na Meadhanan às dèidh comhairle a ghabhail bho eòlaichean cànan sa choimhearsnachd, gur anns na Meadhanan a gheibhear na h-ìrean as àirde de fhileantachd agus cuid òigridh a chumadh an cànan a' dol san àm ri teachd – ann am mòran choimhearsnachdan a-nis ann an Uibhist, chan eil àireamh cloinne mhòr no idir ann (Mac an Tàilleir, 2014). B' e gainnead òigridh san sgìre cunntais-sluaigh seo as adhbhar nach deach an rannsachadh a dhèanamh anns an sgìre bho Chille Pheadair gu Gleann Dail.

Tha e fhathast àbhaisteach a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig nad bheatha làitheil anns na Meadhanan. Chithear atharrachadh sa phàtran cànan a bha eadar luchd-freagairt agus

an cuid phàrantan, agus an luchd-freagairt is an cuid cloinne. Tha cha mhòr a h-uile set phàrantan san rannsachadh seo a' cleachdadh Gàidhlig cho tric ri Beurla, no Gàidhlig a-mhàin, le an cuid cloinne, agus tha beagan a bharrachd Beurla a' nochdadh anns na cànan a bhruidhinn clann ri am pàrantan. Ach gu soilleir, tha na pàrantan uile aig a bheil Gàidhlig a' dèanamh oidhirp gus Gàidhlig a bhruidhinn ris a' chloinn. Ach a' coimhead air cleachdadh cànan na h-àireimh bhig de chloinn, chithear gu bheil clann a' cleachdadh nam meadhanan cha mhòr uile tro mheadhan na Beurla mar as trice, agus, san t-suidheachadh fìor chudromach far a bheil a' chlann nam measg fhèin, tha iad cha mhòr uile a' cleachdadh Beurla mar as trice/fad an t-siubhail le an caraidean.

Bha na h-àireamhan cloinne fìor bheag san rannsachadh seo - ach fhathast, saoillear gu bheil pàtran gluasad cànan gu Beurla ann a tha ri fhaicinn ann an cleachdaidhean cànan na cloinne gu h-àraidh nam measg fhèin, ged a tha tachartasan sòisealta agus meadhanan sòisealta tro mheadhan na Gàidhlig ri fhaighinn.

Bha e inntinneach faicinn, ged a bha a' mhòr-mhòr chuid a' faireachdainn gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig an sgìre, agus ged a tha beachdan làidir ann gum bu chòir do phàrantan le Gàidhlig an cànan seo a bhruidhinn leis an cuid cloinne, gu bheil Gàidhlig riatanach gu fèin-aithne nan Eilean Siar, gum bu chòir clann sna h-Eileanan Siar a bhith a' bruidhinn na Gàidhlig, agus gum bu chòir Gàidhlig a bhith riatanach airson obraichean san roinn shòisealta – bha 54% an aghaidh/an aghaidh gu làidir gum bu chòir do chòigreach Gàidhlig ionnsachadh ma thig iad a dh' fhuireach ann an sgìre Ghàidhlig, agus bha 24% eile gun bheachd air a' chuspair.

Bha e cuideachd inntinneach gu bheil na beachdan air cho làidir no lag is a bhios a' Ghàidhlig san sgìre san ath dheich bliadhna air a roinn cho mòr, eadar 27% a' creidsinn gum bi i nas/mòran nas làidire, 36% a' creidsinn gum bi i an aon rud agus 37% a' creidsinn gum bi i beagan/mòran nas laige. Leis cho beag is a tha an àireamh de chlann, tha an sluagh a rèir choltais a' dol a thruidseadh, tha an àireamh de luchd-bruidhinn na Gàidhlig mar sin a' dol a bhith glè bheag, agus a rèir pàtrain cleachdaidh na cloinne, mas ceart e, cha bhi a' Ghàidhlig na cànan teaghlaich no coimhearsnachd aca gu làitheil tuilleadh.

Chan e dìreach gu bheil pàtran ùr is dòcha a' nochdadh a thaobh nan cànan a bhios pàrantan/clann a' cleachdadh nas trice, tha duilgheadasan mòra eile ann. Tha a' choimhearsnachd a' fàs sean agus a' truidseadh; agus ged a tha planadh co-obrachail is oidhirpean mòra gan dèanamh a thaobh chothroman trèanaidh is ionnsachaidh ann, chan eil farsaingeachd taghaidhean obrach ann airson a h-uile duine le Gàidhlig a chumail no a tharraing air ais bho tìr-mòr, ged a bhiodh iad ag iarraidh tilleadh.

Saoillear nach tig leasachadh air suidheachadh na Gàidhlig anns na Meadhanan gun a bhith a' dèiligeadh le suidheachadh doirbh eaconomaidh is crìonadh san àireimh sluaigh an Uibhist is sna h-Eileanan. Agus dh'fheumte bruidhinn ris a' choimhearsnachd an toiseach, ro iomairt cànan sam bith, le toraidhean an rannsachaidh mar aon bhunait, feuch a bheil toil ann barrachd a dhèanamh.

An t-Àth Leathann

Tha an t-Àth Leathann agus na Meadhanan coltach ann an grunn dhòighean: tha iad mar phàirt dhen Ghaidhealtachd far a bheil Gàidhlig air a bhith beò airson ceudan de bhliadhnaichean is far a bheil i fhathast ga bruidhinn ach gu diofar ìrean le muinntir an àite; ach san Àth Leathann, tha buidheann nach beag ann nach eil anns na Meadhanan - clann agus inbhich leis na trì ìrean as ìsle de chomas sa Ghàidhlig, air sgèile an CEFR – bha còrr is leth (57%) dhen chloinn aig na h-ìrean bunaiteach seo, agus bha 56% dhe na pàrantan aig na h-ìrean seo cuideachd.

Anns an Àth Leathann, buinidh a' mhòr-chuid de dhaoine le Gàidhlig san rannsachadh (80%) don Ghaidhealtachd/do na h-Eileanan – mar a bha an suidheachadh anns na Meadhanan. Gu ìre mhòr, tha na h-aon dùbhlain is buannachdan a thaobh cruinn-eòlais, eaconomaidh is coimhearsnachd shòisealta air a bhith aig an dà sgìre. Tha gluasad cànan gu Beurla fada nas nochdte san Àth Leathann seach na Meadhanan ged-thà; agus tha seo fìor airson an Eilein Sgitheanaich air fad, a rèir CS 2011, an taca ri Uibhist agus na h-Eileanan Siar: mar eisimpleir, tha Gàidhlig aig 65% de dhaoine an Uibhist a Deas, ach chan eil i aig ach 29% san Eilean Sgitheanach (Mac an Tàilleir, 2014). Leis mar a tha a' Ghàidhlig nas laige timcheall air Na Meadhanan agus am pàtran sna cunntasan-sluaigh a' sealltainn crìonadh cànan ann an Uibhist, ann am fichead bliadhna eile, no ma dh'fhaoidte barrachd, dh'fhaodadh na Meadhanan a bhith coltach, a thaobh comas sa Ghàidhlig, ris an Àth Leathann.

Tha cuibhreann gu math mòr san Àth Leathann a tha aig le beagan comais sa Ghàidhlig, aig ìre 4 air sgèile an CEFR. Nam bithte a' cunntas dìreach daoine fileanta aig na trì ìrean as àirde air sgèile an CEFR, bhiodh over-reporting ga dhèanamh le 23%, seach le dìreach 6%, ma tha an rannsachadh seo faisg air na freagairtean a thug daoine gu ceistean Gàidhlig a thaobh bruidhinn ann an CS 2011.

Tha an ìre de chleachdadh na Gàidhlig aig an taigh ìseal cuideachd – 31%. A bharrachd air seo, is iad daoine aois 50+ as coltaiche a bhith a' cleachdadh na Gàidhlig. Ach gabhadh Gàidhlig a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean sa bhaile, le cuid a luchd-obrach ann an cuid dhe na bùithtean – suidheachadh nach eil ri fhaighinn airson 'coimhearsnachdan lìn' sgaoilte ann an àiteachan mar Obar Dheathain. Gu tur eu-coltach ris Na Meadhanan, fhreagair 74% nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir san Àth Leathann.

San Àth Leathann, chan eil pàrantan is clann a' cleachdadh na Gàidhlig ann a bhith a' bruidhinn ri chèile, is *circa* 90% de chlann is de phàrantan a' bruidhinn Beurla mar as trice/Beurla a-mhàin. Mar sin, tha a' chlann a' cleachdadh na Gàidhlig sa sgoil a-mhàin an ìre mhath, agus ann am beagan shuidheachaidhean le neach eile san teaghlach mar seann-phàrant. An taca ri Uibhist, far a bheil a' chlann aig na h-ìrean as àirde ann am fileantachd a thaobh tuigsinn is labhairt, tha tòrr a bharrachd sgaoilteachd sna comasan cànan aig clann an Àth Leathainn is chan eil ach mu 32% a' ruigsinn ìre fileantachd ann am bruidhinn aig an dà ìre as àirde air sgèile an CEFR.

A thaobh bheachdan air a' Ghàidhlig, bha luchd-freagairt inbheach taiceil dha na h-aon bheachdan a bha daoine eile sna sgìrean eile taiceil dha: Gàidhlig a bhith aig clann sna h-Eileanan Siar, is gum bu chòir do phàrantan le Gàidhlig Gàidhlig a bhruidhinn ri an cuid cloinne. Bha e inntinneach gun robh timcheall air aon trian gun bheachd air na ceistean poileataigeach eile a thaobh am bu chòir do chòigrich Gàidhlig ionnsachadh ma thig iad

gu coimhearsnachd le Gàidhlig, agus am bu chòir don Ghàidhlig a bhith riatanach airson obair sa roinn phoblaich fhaighinn.

Obar Dheathain

Bha an rannsachadh ann an Obar Dheathain gu mòr an eisimeil lionradh Gàidhlig Club Gàidhlig Obar Dheathain. Shaoil buill comataidh a' Chlub nach eil daoine gu leòr anns an lionradh bhon Ghàidhealtachd/bho na h-Eileanan Siar, agus leis a' chuideam a tha air clasaichean ionnsachaidh tron Chlub, tha e coltach gum biodh luchd-ionnsachaidh ma dh'fhaoidte nas bitheanta sna toraidhean rannsachaidh na dh'fhaodadh a bhith fìor nam bithte a' bruidhinn ri gach duine le Gàidhlig an Obar Dheathain. Bidh an aon duilgheadas is cinnteach aig buidheann sam bith ann am baile mòr is sgìre sam bith an Alba far nach eil density, no eachdraidh Gàidhlig a bhith san sgìre o chionn ghoirid; agus a rèir choltais, le crìonadh na Gàidhlig sa choimhearsnachd fhiosaigeach an Alba, bidh an duilgheadas seo ann do mhòran bhuidhnean is iomairtean cànanain san àm ri teachd.

Sheall an rannsachadh seo gun robh buntannas aig 38% de luchd-freagairt dha na h-Eileanan Siar/Ghàidhealtachd. Bha trì cairtealan (73%) dhen luchd-freagairt air gluasad a dh' Obar Dheathain, agus is iongantach mur h-e eaconomaidh làidir Obar Dheathain a tharraing ann iad. B' e Obar Dheathain an sgìre a b' àirde a thaobh an àireamh de luchd-freagairt ann an obair/ a' coimhead às dèidh na dachaigh/ann am foghlam (79%), agus a thaobh àrd-ìre teisteanasan (84% -is 69% dhiubh seo le ceum oilthigh). B' e glè bheag a fhreagair gu bheil Gàidhlig cudromach nan obair (14%) no gu bheil Gàidhlig san tuairisgeul obrach (7%). A thaobh comasan cànanain, cha robh ach na buidhnean aoise clann sgoile 6-15, agus daoine aois 75+ a' sealltainn fileantachd aig a' mhòr-chuid. A' cleachdadh nan ceithir ìrean as àirde a thaobh fileantachd ann am bruidhinn na Gàidhlig air sgèile an CEFR, agus a' dèanamh coimeas leis na freagairtean dhan cheist coltach ri ceist CS 2011 a thaobh comas bruidhinn, bha diofar 9% ann ('over-reporting'). Ach nuair nach do chleachdadh ach daoine aig na trì ìrean fileantachd ann am bruidhinn air sgèile an CEFR an taca ri am freagairtean dhan cheist coltach ri ceist CS 2011, bha diofar 39% ann – is iad seo daoine nach eil fileanta ann am bruidhinn. Mar sin, saoil, ged nach d'fhuair ach freagairtean bho buill CGOD, gu bheil tòrr luchd-ionnsachaidh aig ìre neo-fhileanta ann agus a dh'fhaodadh a bhith air buaidh a thoirt air figearan sa CS 2011 airson Obar Dheathain. Fhreagair 44% gu bheil iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh – an dàrna ceudad as ìsle, às dèidh an Àth Leathainn. Fhreagair na h-inbhich san rannsachadh nach d'fhuair iad ach Beurla aig an taigh nuair a bha iad òg (67%). Ach dhe na h-Eileanaich, bha 73% fileanta, fhad's nach robh ach 14% fileanta am measg dhaoine bho tìr-mòr, is 51% de dhaoine bho tìr-mòr le beagan comais bruidhinn sa Ghàidhlig.

Bha na h-inbhich ged-thà air leth taiceil is làidir nam beachdan a thaobh na Gàidhlig ann an Earrann D dhen cheisteachan. Bha iad làidir fiù's nam beachdan gum bu chòir do in-imrichean Gàidhlig ionnsachadh ma thèid iad a dh' fhuireach ann an sgìre Ghàidhlig (77% ag aontachadh/ag aontachadh gu làidir). Ged a shaoil a' mhòr-chuid nach eil fèin-aithne Gàidhlig làidir ann an Obar Dheathain (93%), shaoil 42% gu bheil Gàidhlig an Obar Dheathain nas làidire na bha i deich bliadhna air ais (ach shaoil 34% nach robh atharrachadh ann).

San rannsachadh a rinneadh air clann, chunnacas gun robh athair às a' Ghàidhealtachd/na h-Eileanan Siar aig 47% dhen chloinn, ach cha robh ach 6% de

mhàthraichean às na sgìrean Gàidhlig traidiseanta seo. Is i a' Bheurla a fhuair a' mhòr-chuid dhen chloinn mar an ciad cànan (Beurla le 80% de mhàthraichean is 79% de dh'athraichean) agus tha na pàrantan a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ris a' chloinn (c.79%). Bidh a' chlann a' cleachdadh nam meadhanan tron Bheurla mar as trice. Mheas na pàrantan aca gu bheil 63% dhen chloinn le comas bruidhinn aig na ceithir ìrean as àirde air sgèile an CEFR, agus tha 50% fileanta aig na trì ìrean as àirde. Bha 30% le comas air 'simple greetings' a thoirt seachad. Mar sin, tha cuibhreann mòr dhiubh neo-fhileanta agus le beagan comais sa Ghàidhlig. Bidh a' chlann a' cleachdadh an cuid Gàidhlig san sgoil/sgoil-àraich mar as trice, agus bidh cuid ga cleachdadh le daoine san teaghlach.

Chaidh a ràdh ris an sgioba rannsachaidh gun deach fios timcheall buill nam buidhnean Gàidhlig an Obar Dheathain ro CS 2011, gam brosnachadh, ma bha Gàidhlig aca idir, seo a chomharrachadh sna freagairtean aca sa chunntas. Chan eil an luchd-rannsachaidh cinnteach ged-thà dè seòrsa buaidh a thug seo air CS 2011, ach ma dh'fhaoidte gun robh barrachd le Gàidhlig aig ìre 4 no nas laige a thaobh comasan bruidhinn na bu bhualtiche cur sìos sa chunntas gu bheil comas sa Ghàidhlig aca. Leis gun robh a' cheist ann an CS 2011 mu chomas sa Ghàidhlig gun mhìneachadh air na th' ann an comas, cha bhiodh e ceàrr do dhuine seo a dhèanamh.

Pannal Rannsachaidh Nàiseanta na Gàidhlig

Chaidh am PRNG a chur ri chèile a' leantainn prìomh fheartan dhaoine le Gàidhlig sa CS 2011, a thaobh aois, gnè, agus àite-fuirich, ach gu bheil beagan a bharrachd òigridh agus beagan nas lugha de sheann dhaoine air a' PRNG an coimeas ris a' CS 2011. Cuideachd, ma dh' fhaoidte gun robh buaidh aig dòighean trusaidh a' PRNG, tro lìonraidhean eòlaichean sa choimhearsnachd a bhiodh aithnichte airson Gàidhlig a bhith aca.

Gheibhear dealbh leis a' PhRNG air mar a dh'fhaodadh daoine le Gàidhlig CS 2011 a bhith air na ceistean againne a fhreagairt.

Chunnacas san rannsachadh seo gun robh pàrant(-an) bhon Ghaidhealtachd/bho na h-Eileanan aig leth de luchd-freagairt. Ged a fhuair 40% dhiubh beagan Gàidhlig nuair a bha iad òg, chaidh an togail le Beurla mar bu trice. Dhe na h-eileanaich ged-thà, bha 82% fileanta; agus bha 46% dhe na Goill fileanta sa Ghàidhlig. Fhuair a-mach gun robh fileantachd aig a' mhòr-chuid sna buidhnean-aoise 6-34, agus 65-74; ach mar a chaidh a ràdh gu h-àrd, bha barrachd òigridh air a' PhRNG na bha sa CS 2011. Bha a' chuid mhòr ag obair/a' coimhead às dèidh na dachaigh/nan oileanaich, agus bha ìre nan teisteanasan aca fìor àrd – 69% le ceum oilthigh agus 13% a bharrachd le teisteanas colaiste – ach a-rithist, ma dh'fhaoidte gun robh buaidh aig dòighean trusaidh air seo. Cuideachd, bha leth dhiubh air gluasad dhan àite far an robh iad a' fuireach aig àm a' cheisteachain.

Bha am PRNG diofraichte bho na buidhnean eile a thaobh gun robh iad ag innse gu bheil sgilean aig àrd ìrean anns a h-uile sgìl - bruidhinn, tuigsinn, leughadh is sgrìobhadh na Gàidhlig. Dha na ceistean coltach ri ceist a' CS 2011, dh' innis iad na leanas: bruidhinn is tuigsinn 90%; leughadh 87%; agus sgrìobhadh 78%. A bharrachd air seo, dh' innis 60% gu bheil iad a' cleachdadh na Gàidhlig aig an taigh.

Dha na ceistean air comas bonntaichte air sgèile an CEFR, a thaobh bruidhinn, fhuair an aon ceudad, 90%, airson comas bruidhinn aig na ceithir ìrean as àirde; bha ìre tuigsinn na b' àirde, aig 94%, bha sgrìobhadh na b' àirde, aig 87%, agus bha leughadh na b' ìsle, aig 87%.

Ma bheirear sùil air na ceudadan airson nan trì ìrean as àirde, chithear tuiteam sna h-àireamhan: tuigsinn 79%; bruidhinn 68%; leughadh 73%; sgrìobhadh 72%. Mar sin, a thaobh comas bruidhinn, chithear gu bheil cuibhreann rudeigin mòr aig ìre 4 fhèin, comasach air pàirt a ghabhail ann an còmhraidhean bunaiteach mu chuspairean làitheil, no leth-fhileanta – 22% nas ìsle na am figear airson na ceist, air comas bruidhinn, a bha coltach ri ceist a' CS 2011.

A thaobh cleachdadh na Gàidhlig, dh' èirich an aon seòrsa phàtran an seo is a nochd ann an sgìrean eile. A thaobh daoine os cionn 50, cleachdar an cuid Gàidhlig le teaghlach air a' fòn agus le nàbaidhean; agus bidh daoine nas òige a' cleachdadh an cuid Gàidhlig san aon dòigh agus le clann, inbhich eile agus gu h-àraidh ann an suidheachadh foghlaim.

Sna ceistean mu am beachdan, bha daoine taiceil sna h-aon dòighean dha na beachdan mu Ghàidhlig a bhith sna h-Eileanan Siar agus aig a' chloinn an sin, gum bu chòir do chomhairlean a bhith a' cur taic ris a' Ghàidhlig, agus, coltach ri muinntir Obar Dheathain san rannsachadh (ach eu-coltach ri Uibhist is an t-Àth Leathann), gum bu chòir do dhaoine a tha a' gluasad gu sgìre Ghàidhlig Gàidhlig ionnsachadh.

Shaoil a' mhòr-chuid gu bheil Gàidhlig air a dhol nas làidire san sgìre aca sna deich bliadhna mu dheireadh.

Sna toraidhean air clann aig buill an PRNG, chithear gum buin a' mhòr-chuid dhen chloinn dhan Central Belt (53%) agus gun robh a' mhòr-chuid (73%) aig aois bun-sgoile. Bruidhnidh a' mhòr-chuid, 69%, Beurla a-mhàin/mar as trice mar an ciad cànan. Bidh iad a' cleachdadh nam meadhanan sa Bheurla mar as trice, ach bha cuibhreann dhiubh ann a tha a' cleachdadh nam meadhanan (TV, radio, nobhailean is stuthan leughaidh eile) sa Ghàidhlig agus sa Bheurla chun na h-aon ìre. Ged a fhreagair a' mhòr-chuid, trì cairtealan, gur i a' Bheurla an cànan a bhruidhneas pàrantan ris a' chloinn mar as trice, bha 14-20% dhen chloinn a' faighinn Gàidhlig a-mhàin/mar as trice bho màthair/athair san dachaigh. Fhreagrachd gu bheil 72% dhen chloinn a' bruidhinn Beurla a-mhàin/mar as trice ri am pàrantan. Buinidh c. 40% dhe na pàrantan dhan Ghàidhealtachd/na h-Eileanan Siar.

Dh' innis na pàrantan gu bheil 85% dhen chloinn fileanta ann an tuigsinn is bruidhinn na Gàidhlig aig na trì ìrean as àirde air sgèile an CEFR. Bha am figear airson sgìlean leughaidh sa Ghàidhlig ìseal – 31%; airson sgrìobhadh na Gàidhlig, bha 63% comasach aig na trì ìrean as àirde.

Bidh a' chlann seo a' cleachdadh an cuid Gàidhlig le daoine anns an teaghlach (ged a chunnacas gu h-àrd gur i a' Bheurla as trice a chluinnear aig pàrantan ri clann) agus san sgoil.

Na ceithir coimhearsnachdan rannsachaidh

Sna fharsaingeachd, chithear na leanas:

Tha tar-chur cànan gu math lag anns a h-uile coimhearsnachd (ach na Meadhanan). Tha Beurla mar as trice/a-mhàin aig a' mhòr-chuid mar an ciad cànan, agus mar am prìomh chànan a bhruidhneas daoine is clann aig an taigh.

Ged a bha àireamhan caran àrd ag innse gun robh iad a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh – freagairtean gu ceist coltach ri ceist sa CS 2011 – sheall an rannsachadh gur i a' Bheurla a-mhàin/mar as trice a tha m.e. pàrantan is clann a' bruidhinn ri chèile aig an taigh.

Ach, bha cuid bheag de phàrantan ann a tha a' cleachdadh Gàidhlig a-mhàin/mar as trice leis an cuid cloinne.

Anns na Meadhanan, tha gluasad cànan a' tachairt, gu h-àraidh am measg òigridh, a tha air leth fileanta ach a tha a' taghadh Beurla taobh a-muigh na dachaigh is na sgoile – ach chan robh na h-àireamhan san rannsachadh seo àrd gu leòr airson a bhith buileach cinnteach às an toradh seo.

Tha dualchas Gàidhlig san teaghlach aig deagh chuibhreann (co-dhiù dithis às gach còignear) anns gach coimhearsnachd.

Far a bheil Eileanaich a' fuireach, tha a' mhòr-chuid fileanta agus tha na Goill neo-fhileanta.

Tha fileantachd aig a' mhòr-chuid ann am buidhnean aoise ri lorg dìreach aig aoisean clann sgoile/daoine òga - a fhuair FMG, is iongantach - agus aig daoine os cionn 50+.

Anns na Meadhanan ged-thà, bha a' mhòr-chuid fileanta anns gach buidhinn aoise.

Bha cuibhreann mòr is cudromach anns gach coimhearsnachd, ach sna Meadhanan, aig nach eil ach beagan comais, agus a tha aig ìre 4 air sgèile an CEFR: a rèir an rannsachaidh, bha buaidh aig a' chuibhreann seo air freagairtean gu ceistean coltach ri ceistean CS 2011.

Bha an sgoil glè chudromach mar raon cleachdadh na Gàidhlig airson a' mhòr-mhòr chuid den chloinn, ach san fharsaingeachd, 's ann sa chlas, agus le inbhich co-cheangailte ris an sgoil, a chleachdar an cuid Gàidhlig.

Bha gach coimhearsnachd a' smaoinichadh gu bheil na h-Eileanan Siar fìor chudromach gu fèin-aithne Gàidhlig agus gum bu chòir Gàidhlig a bhith aig clann sna h-eileanan seo. Bha iad cuideachd dhen bheachd gu bheil uallach air comhairlichean taic a chur ris a' Ghàidhlig.

Cha robh daoine sna Meadhanan cho taiceil dhan bheachd gum bu chòir do dhaoine a thig a-steach gu sgìre Ghàidhlig Gàidhlig ionnsachadh; cha robh daoine san Àth Leathann mòran na bu làidire air a' bheachd seo; ach tha daoine sna lionraidhean Gàidhlig an Obar Dheathain agus gu nàiseanta ag aontachadh/gu làidir leis a' bheachd seo.

Cha robh ach daoine às na Meadhanan a' faicinn gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig an sgìre aca; ach aig a' cheart àm, shaoil daoine anns gach coimhearsnachd gu bheil am fèin-aithne Gàidhlig aca an aon rud no nas làidire na bha e deich bliadhna air ais.

Airson nam Meadhanan, ged a tha an cànan làidir aig gach buidheann aoise, is cothroman sa choimhearsnachd an cànan a chur gu feum, tha gluasad gu barrachd

Beurla ri fhaicinn am measg na h-òigridh. Tha sinn a' faicinn fiù's sna Meadhanan gu bheil pàrantan a' cleachdadh barrachd Beurla na fhuair iad fhèin nuair a bha iad ag èirigh suas; agus tha am pàtran seo fada nas fhaide gu taobh na Beurla anns a h-uile sgìre eile a chaidh sgrùdadh – a' ciallachadh nach eil tar-chur cànan a' soirbheachadh gu ceart ann an Gàidhlig na h-Alba. Ma dh'fhaoidte gu bheil sinn a' faicinn deireadh linn Gàidhlig anns na Meadhanan, agus mar sin ann an coimhearsnachdan nach eil cho làidir sa Ghàidhlig anns na h-Eileanan Siar, san fhichead bliadhna a tha romhainn.

Iomairtean Cànan?

Dh'fheumadh iomairtean cànan sna Meadhanan a bhith dlùth-cheangailte ri iomairtean eacanomaigeach is sòisealta. Chaidh sgrìobhadh sa chiad aithisg aig Bòrd Leasachaidh na Gàidhealtachd is nan Eilean sna 1960an gum biodh soirbheas obair a' bhùird ga mheas air soirbheas leasachaidhean anns na sgìrean a b' iomallaiche – mar na h-Eileanan Siar, agus le sin, bheireadh iad buaidh air a' chànan is air a' chultar. Tha stòraidh an demography, cion iomairtean gus togail mothachaidh is togail planaichean cànan aig gach ìre, agus na dùbhlain eacanomaigeach is sòisealta a tha ann an sgìrean mar na Meadhanan, mar chomharran agus nan adhbharan airson deireadh linn Ghàidhlig.

Bha eisimpleir an Àth Leathainn na sgàthan, saoillear, air mar a bhios na Meadhanan ann am fichead bliadhna eile, a thaobh phàtrain gluasad cànan is atharraichean nas fharsaingeach sa chultar san eilean. San Àth Leathann, tha comas bruidhinn sa Ghàidhlig aig daoine a tha ann am pàtran a tha spapte sa choimhearsnachd. Chan eil luchd na Gàidhlig ceangailte ri chèile tro lionradh, mar a buill Club Gàidhlig Obar Dheathain, ged a tha ceangal aig cuid tro Fhoghlam tro Meadhan na Gàidhlig, no tron chòisir. Chan eil daoine a' faireachdainn fiù's gu bheil fèin-aithne Gàidhlig làidir aig a' bhaile. Tha an ceudad de luchd bruidhinn na Gàidhlig nas àirde na a' mhòr-chuid a dh'àiteachan air a' Ghàidhealtachd, mar sin ma tha daoine le Gàidhlig sgapte an seo agus mothachadh fèin-aithne Gàidhlig poblach dhan chànan ìseal thèid an cànan fodha nas luaithe buileach ma dh'fhaoidte ann an àiteachan eile, mur dèanar plana no club brosnachaidh gus tachartasan Gàidhlig a dhèanamh pailte is follaiseach.

Chunnacas gu bheil cuibhreann mòr ann a tha aig ìre 4 dhen CEFR, neo-fhileanta, agus gu bheil seo ri fhaicinn am measg sgìlean na cloinne. Bhiodh iomairt le clann sgoile agus na pàrantan aca mar phàirt chudromach de phlana cànan airson an Àth Leathainn. An-dràsta, is l a' Bheurla a tha a' mhòr-chuid a' bruidhinn aig an taigh, agus airson tar-chur cànan agus doimhneachd sgìlean cànan a thogail dh'fheumadh iomairtean taic a chur ri bruidhinn na Gàidhlig eadar pàrant is pàiste.

Chunnacas ann an Obar Dheathain iomairt cànan a bha beothail agus dòchasach, eadar Club Gàidhlig Obar Dheathain, an Comann Ceilteach san oilthigh, oifigear Gàidhlig aig comhairle Baile Obar Dheathain, agus FMG aig an sgoil-àraich is aig bun-sgoil Ghilcomstoun agus àrd-sgoil Hazlehead. Bha buaidh mhòr aig daoine le Gàidhlig aig ìre 4 air sgèile an CEFR air àireamhan, mar a bha fìor airson PRNG. Gu soilleir, bhiodh iomairtean a bhith a' taiceachadh nan iomairtean a th' ann an-dràsta fìor chudromach gu neartachadh na Gàidhlig ann an Obar Dheathain. Sheall Obar Dheathain cuideachd na dùbhlain a th' ann daoine le Gàidhlig a lorg, mus dèanar iomairt cànan, agus sheall

seo cho deatamach is a bhios fiosrachadh air càite bheil daoine le Gàidhlig gu planadh càinain.

Rinneadh rannsachadh le pannal nàiseanta a bha dèanta a bhith coltach ri feartan sluagh na Gàidhlig sa chunntas-shluaigh. Shealladh gun robh na h-ìrean fileantachd am measg eileanaich fìor àrd, mar a bha e cuideachd anns na coimhearsnachdan rannsachaidh eile. Dh' innseadh gu bheil àireamh mhòr a' cleachdadh Gàidhlig aig an taigh (dhan cheist coltach ri ceist a' CS 2011) ach a-rithist, nuair a chaidh faighneachd mu na càinain eadar phàrantan is clann, chunnacas an aon phàtran, gun robh beagan Gàidhlig ga cleachdadh le cuid, ach gur i a' Bheurla am prìomh chànan a tha ga cleachdadh. Gu h-inntinneach, bha an ceudad a fhreagair ceist coltach ri ceist a' CS 2011 an dearbh rud ris na ceithir ìrean as àirde air sgèile an CEFR (fèin-mheasadh), ach nuair a sheallar air dìreach na trì ìrean as àirde, thuit an ceudad gu mòr, agus mar sin, sheall an rannsachadh gu bheil cuibhreann mòr a tha comasach dìreach air còmhradh bunaiteach air cuspairean làitheil.

Gu soilleir, ann an trì dhe na coimhearsnachdan rannsachaidh, tha cuibhreann ann a tha feumach air taic mhòr le Gàidhlig ionnsachadh is a chleachdadh, an dà chuid a thaobh inbhich agus cloinne; agus saoiltear gu bheil an saoghal Gàidhlig a' gluasad bho fhileantaich ann an coimhearsnachdan càinain dlùth gu luchd-ionnsachaidh sgapte is a' tighinn còmhla tro sgoiltean, còisirean, clasaichean càinain is clubaichean. Gu cinnteach, bidh susbaint a' chàinain ag atharrachadh air falbh bho shaoghal stèidhichte air bith-beò air an dùthaich agus dualchas Gàidhlig gu coimhearsnachd ùidh is coimhearsnachd shamhlachail a tha gu mòr ma dheidhinn an duine seach comann.

9. Tùsan

Basham, C & Fathman, A K. (2008). 'The Latent Speaker: Attaining Adult Fluency in an Endangered Language.' *The International Journal of Bilingual Education and Bilingualism* 11 (5), 577-597.

Comhairle nan Eilean Siar (2015). *Summary Evaluation Inspection of the Learning Community surrounding Sgoil Lìonaclait, 6233430*. Unpublished document provided by Comhairle nan Eilean Siar.

Comhairle na Roinn-Eòrpa (2001) *The Common European Framework of Reference for Languages, Learning, Teaching, Assessment*. Cambridge: Cambridge University Press.

Dorian, N C. (1982). 'Defining the speech community to include its working margins.' Ann an Romaine, S. (deas.) *Sociolinguistic Variation in Speech Communities*. Lunnainn: Edward Arnold, 25-33

Fishman, J. A. (1991) *Reversing Language Shift*. Cambridge: Cambridge University Press.

Landgraf, S. (2013). *Cànain agus Cultar ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig: Neartan, Duilgheadasan agus am Buaidh air Comasan is Seasamhan Cànain na h-Òigridh*. PhD neo-fhoillsichte aig Oilthigh Obar Dheathain is OGE.

Mac an Tàilleir, I. (2014). *Cunntas-sluaigh na h-Alba 2011 - Clàran mun Ghàidhlig*. Pàipear neo-fhoillsichte do chùrsa trèanaidh oifigearan cànain.

Martin-Jones, M & Romaine, S. (1987). 'Semilingualism: A Half-Baked Theory of Communicative Competence.' *Applied Linguistics* 7 (1), 26-38.

Müller, M. (2006). 'Language use, language attitudes and Gaelic writing ability among secondary pupils in the Isle of Skye'. Ann am McLeod, W. (deas.) *Revitalising Gaelic in Scotland*. Dùn Èideann: Dunedin Academic Press, 119-138.

Rothach, G, Mac an Tàilleir, I & Armstrong, T. (2011). *Cor na Gàidhlig ann an Siabost*. Inbhir Nis: Bòrd na Gàidhlig.

NicAoidh, M. (2010). 'Plana Cànan nan Eilean Siar'. Ann an Rothach, G & Mac an Tàilleir, I. (deas.) *Coimhearsnachd na Gàidhlig an-diugh / Gaelic Communities Today*. Dùn Èideann: Dunedin Academic Press, 49-60.


Scottish Government. 'Language Learning in Scotland: A 1+2 Approach. Scottish Government Languages Working Group Report and Recommendations'.
www.gov.scot/Resource/0039/0039435.pdf

Ó Giollagáin, C. et al. (2007). *Comprehensive Linguistic Study of the Use of Irish in the Gaeltacht*. Baile Àth Cliath: The Stationery Office.

Oliver, J. (2005). 'Scottish Gaelic Identities: Contexts and Contingencies'. *Scottish Affairs* 51, 1-24.

Uist Core Learning Interests Group Action Plan Reports. Unpublished report, obtained for 2013-14, from Comhairle nan Eilean Siar.

Williams, C H. (1991). *Linguistic Minorities, Society and Territories*. Clevedon: Multilingual Matters.



10. Pàipearan-taice

Community Survey of Gaelic Ability and Use: BROADFORD

A research project by Lèirsinn, SMO for Bòrd na Gàidhlig, 2015

Questionnaire A: YOUR HOUSEHOLD

To be completed by one adult householder

A1. Please tell us how many people live in your household, including yourself?
(circle the appropriate number for adults and children)

Adults (16 yrs+) 1 2 3 4 5 6 more (please specify)____
Children (0-15 yrs) 0 1 2 3 4 5 6 more (please specify)____

A2. Please provide the age, gender and Gaelic ability for each person in your household, including yourself, other adults and children (tick the appropriate boxes for each person.)

<p>PERSON 1 (you)</p> <p>Your Age: <input type="checkbox"/>16-24 <input type="checkbox"/>25-34 <input type="checkbox"/>35-49 <input type="checkbox"/>50-64 <input type="checkbox"/>65-74 <input type="checkbox"/>75+</p> <p>Your Gender: <input type="checkbox"/>Male <input type="checkbox"/>Female <input type="checkbox"/>Transgender</p> <p>Your Gaelic: <input type="checkbox"/>Have at least some ability in speaking Gaelic <input type="checkbox"/>No ability in speaking Gaelic</p>
<p>PERSON 2 Relationship to you (e.g. partner/spouse/parent/child): _____</p> <p>Age: <input type="checkbox"/>0-3 <input type="checkbox"/>4-5 <input type="checkbox"/>6-11 <input type="checkbox"/>12-15 <input type="checkbox"/>16-24 <input type="checkbox"/>25-34 <input type="checkbox"/>35-49 <input type="checkbox"/>50-64 <input type="checkbox"/>65-74 <input type="checkbox"/>75+</p> <p>Gender: <input type="checkbox"/>Male <input type="checkbox"/>Female <input type="checkbox"/>Transgender</p> <p>Gaelic: <input type="checkbox"/>Has at least some ability in speaking Gaelic <input type="checkbox"/>No ability in speaking Gaelic</p>
<p>PERSON 3 Relationship to you (e.g. partner/spouse/parent/child): _____</p> <p>Age: <input type="checkbox"/>0-3 <input type="checkbox"/>4-5 <input type="checkbox"/>6-11 <input type="checkbox"/>12-15 <input type="checkbox"/>16-24 <input type="checkbox"/>25-34 <input type="checkbox"/>35-49 <input type="checkbox"/>50-64 <input type="checkbox"/>65-74 <input type="checkbox"/>75+</p> <p>Gender: <input type="checkbox"/>Male <input type="checkbox"/>Female <input type="checkbox"/>Transgender</p> <p>Gaelic: <input type="checkbox"/>Has at least some ability in speaking Gaelic <input type="checkbox"/>No ability in speaking Gaelic</p>
<p>PERSON 4 Relationship to you (e.g. partner/spouse/parent/child): _____</p> <p>Age: <input type="checkbox"/>0-3 <input type="checkbox"/>4-5 <input type="checkbox"/>6-11 <input type="checkbox"/>12-15 <input type="checkbox"/>16-24 <input type="checkbox"/>25-34 <input type="checkbox"/>35-49 <input type="checkbox"/>50-64 <input type="checkbox"/>65-74 <input type="checkbox"/>75+</p> <p>Gender: <input type="checkbox"/>Male <input type="checkbox"/>Female <input type="checkbox"/>Transgender</p> <p>Gaelic: <input type="checkbox"/>Has at least some ability in speaking Gaelic <input type="checkbox"/>No ability in speaking Gaelic</p>
<p>PERSON 5 Relationship to you (e.g. partner/spouse/parent/child): _____</p> <p>Age: <input type="checkbox"/>0-3 <input type="checkbox"/>4-5 <input type="checkbox"/>6-11 <input type="checkbox"/>12-15 <input type="checkbox"/>16-24 <input type="checkbox"/>25-34 <input type="checkbox"/>35-49 <input type="checkbox"/>50-64 <input type="checkbox"/>65-74 <input type="checkbox"/>75+</p> <p>Gender: <input type="checkbox"/>Male <input type="checkbox"/>Female <input type="checkbox"/>Transgender</p> <p>Gaelic: <input type="checkbox"/>Has at least some ability in speaking Gaelic <input type="checkbox"/>No ability in speaking Gaelic</p>

Please turn over the page, thank you. ⇨

PERSON 6 Relationship to you (e.g. partner/spouse/parent/child): _____

Age: 0-3 4-5 6-11 12-15 16-24 25-34 35-49 50-64 65-74 75+

Gender: Male Female Transgender

Gaelic: Has at least some ability in speaking Gaelic No ability in speaking Gaelic

A3. Is your home?

- A croft house on your own/family croft, not on a feu
- A croft house on your own/family croft, on a feu
- A croft house which you rent from the crofter
- Private rented
- Public rented (e.g. council housing/housing association)
- Owner-occupied
- Other

A4. Is this a holiday home? Yes No

A5. Generally, what is the main language used in the household?

- Gaelic only
- Mainly Gaelic
- Gaelic & English equally
- Mainly English
- English only
- Other, please specify: _____
- Question not applicable

Thank you for completing Questionnaire A.

Please now continue by:

- completing Questionnaire B for yourself

- please also ask each Gaelic-speaking adult (aged 16 and over) in your house to complete a Questionnaire B for themselves.

- completing Questionnaire C for each Gaelic-speaking child in your house

If you have any questions about this short questionnaire, or about the research, please contact Gillian Munro at SMO on 01471-888-311. She will be very happy to speak to you.



Community Survey of Gaelic Ability and Use: BROADFORD
A research project by Lèirsinn, SMO for Bòrd na Gàidhlig, 2015

Questionnaire B: ADULTS (aged 16+)

Please can each adult aged 16 years and over complete a separate questionnaire

—

ALL information will be treated in confidence

This questionnaire asks for the following information:

- In Section A, you will be asked to provide some background information about yourself.
- In Section B, you will be asked to describe your own *abilities* in Gaelic.
- In Section C, you will be asked about your *use* of Gaelic.
- In Section D, you will be asked about your *attitudes* to Gaelic.

The questionnaire mainly consists of **tick box** choices.

Please note that we respect all views, and we welcome your honesty.



Section A: About you

Please tick only one box in each of the following questions.

A1. Please tell us your gender: Male Female Transgender

A2. Please tell us your age:

16-24 25-34 35-49 50-64 65-74 75 and over

A3. Please tell us your marital status: Single Married Same-sex partnership
 Separated Divorced Widowed

A4. For how many years have you lived in Broadford?

All or most of my life I moved to Broadford in the year _____

A5. Please tell us your main place of upbringing (area/village/town/city): _____

A6. Was the area in which you were brought up mainly Gaelic- or English-speaking?

Mainly Gaelic-speaking Both Gaelic- and English-speaking, roughly equally
 Mainly English-speaking Other (please describe:) _____

A7. What languages did you speak in the home as a child?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English equally
 Mainly English English only Other (please specify): _____

A8. Did you attend any of the following during your education? Please tick all that apply.

Sgoil-àraich English-language playgroup
 Gaelic Medium Education primary classes English medium primary
 Gaelic Medium Education secondary subjects English medium secondary
 College/university course about and/or through the medium of Gaelic
 Not English, not Gaelic, but other (please specify): _____

A9. What is your current employment status? Please tick all that apply.

- Employed full-time Employed part-time Self-employed Student
 Looking after home/family Unemployed Retired Permanently sick/disabled
 Other If other, please tell us which: _____

A10. If employed/self-employed, what is (or, if retired, was) your main occupation?

A11. Where is your main workplace?

- Working from own home Working in the Broadford area Working elsewhere in Skye Not employed
 Retired Other (please state where) _____

A12. Is Gaelic important in carrying out your daily work? Yes No

A13. If you have a job description, is Gaelic named as 'essential'? Yes No

A14. Please tick the highest educational qualification you have:

- No formal qualification
 (Level I) e.g. Standard Grades, O Grades, National 4, National 5
 (Level II) e.g. Highers, Advanced Highers, Sixth Year Studies
 (Level III) e.g. HNC, HND, SVQ Level 4
 (Level IV) e.g. University Degree, Post-graduate qualification

A15. Which language(s) do you use in these activities? Please tick all that apply.

	Gaelic only	Mainly Gaelic	Gael/Eng equally	Mainly English	English only
Watching TV	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Listening to radio	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Using social media	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Watching DVDs	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Viewing the internet	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Reading novels	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>
Reading other material	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>	<input type="checkbox"/>

A16. Are you learning Gaelic, either informally at home, or through attending classes?

Yes No

If you answered no, are you a native speaker lapsed native speaker lapsed learner or have never spoken or tried to learn Gaelic?

A17. If you are learning Gaelic, please indicate all the types of course you are attending.

- Ùlpan classes Other community night classes Other community day classes
Self-taught using books, DVDs etc Other (please describe) _____
Distance-learning Gaelic course (please indicate which): _____

Next, please tell us about the languages used by your parents, grandparents and your brothers/sisters.

Your mother (or *principal female guardian*). If this question is not applicable, please go to A22.

A18. Where does/did your mother come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles
Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A19. Is/Was your mother a Gaelic or English speaker?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A20. In which language does/did your mother speak to you?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A21. In which language do/did you speak to your mother?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

Your father (or *principal male guardian*). If this question is not applicable, please go to A26.

A22. Where does/did your father come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles
Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A23. Is/Was your father a Gaelic or English speaker?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A24. In which language does/did your father speak to you?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A25. In which language do/did you speak to your father?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

Your mother's parents. If this question is not applicable, please go to A30.

A26. Where do/did your mother's father come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles
Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A27. In which language does/did your mother's father speak to you?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A28. Where does/did your mother's mother come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles
Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A29. In which language does/did your mother's mother speak to you?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

Your father's parents. If this question is not applicable, please go to question A34.

A30. Where does/did your father's father come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles
Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A31. In which language does/did your father's father speak to you?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only
Other (please specify):_____ Question not applicable

A32. Where does/did your father's mother come from?

- The Broadford area Elsewhere in Skye & Lochalsh The Western Isles

Elsewhere in Highlands & Islands Elsewhere in Scotland Other: _____

A33. In which language does/did your father's mother speak to you?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only

Other (please specify): _____ Question not applicable

Your brothers and/or sisters. If this question is not applicable, please go to **Section B**, below.

A34. Did you have brothers and/or sisters in your household when you were growing up?

Yes No

A35. If yes, which language did you speak to each other in when you were growing up?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic/English equally Mainly English English only

Other (please specify): _____ Question not applicable

Section B: Your Ability In Gaelic

This section, Section B, asks you to tell us a bit about your language abilities in Gaelic.

B1. Census 2011

B1.1 Were you living in Broadford when the 2011 Census was being done? Yes No

Please answer the following two questions, adapted from the 2011 Census, based on your current ability and usage of Gaelic.

B1.2 Which of these can you do? Tick all that apply:

Scottish Gaelic

Understand

Speak

Read

Write

or

None of these

B1.3 Do you use Gaelic at home?

Yes No

For questions B2 to B5, please tick ONE box next to the statement which best describes your abilities in understanding, speaking, reading and writing Gaelic:

B2. Your ability to understand Gaelic

- I do not yet understand any Gaelic
- I can understand simple greetings when someone is speaking slowly and clearly
- I can pick up the general meaning of simple conversations if someone is speaking slowly and clearly
- I can understand most normal, daily conversations if someone is speaking slowly and clearly
- I can understand fluent Gaelic speakers talking about every-day subjects at normal speed
- I can understand fluent Gaelic speakers in work situations, using words connected to my work (e.g. croft words, office terms, etc).

B3. Your ability to speak Gaelic

- I do not yet speak any Gaelic
- I can exchange simple greetings in Gaelic
- I can take part in basic conversations about every-day subjects if I fill in the gaps in my Gaelic with some English words
- I can take part in daily conversations on most subjects if I take my time
- I can comfortably take part in daily conversations with fluent Gaelic speakers at normal speed
- I can comfortably discuss subjects connected to my work with fluent Gaelic speakers

B4. Your ability to read Gaelic

- I cannot yet read any Gaelic
- I can understand a few words on signs or notices, particularly if there is a diagram or picture to help with the meaning
- I can understand Gaelic children's books with the help of the pictures
- I can understand Gaelic novels aimed at teenagers with the help of a dictionary
- I can understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers with some difficulty and using a dictionary
- I can understand and read Gaelic books or articles aimed at adult readers
- I can understand Gaelic terms connected to my work (e.g. croft words, office terms)

B5. Your ability to write Gaelic

- I cannot yet write anything in Gaelic
- I can write a simple greeting in a thankyou note or birthday card
- I can write a few simple sentences in an email to a friend with the help of a dictionary
- I can write an extended letter to a friend with the help of a dictionary

- I can write about most every-day subjects without difficulty (letters, reports, emails)
- I can write in Gaelic using Gaelic terms connected to work without difficulty

Section C: Your Language Use

Below is a number of situations where you might or might not use Gaelic.

Please can you answer by ticking the appropriate box for each question.

If any situation is not relevant to you, just tick the 'Not applicable' box.

With the Family

C1. Is it **possible** to talk with your partner/spouse in Gaelic? Yes No Not applicable

C2. Please tell us which language(s) you **actually use** when speaking with your partner/spouse.

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
- Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C3. Is it **possible** to talk to other adults in the household in Gaelic? Yes No

C4. Please tell us which language(s) you **actually use** with other adults in the household.

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
- Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C5. Is it **possible** to talk to children in the household in Gaelic? Yes No Not applicable

C6. Please tell us which language(s) you **actually use** with children in your household.

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
- Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C7. Is it **possible** for your partner/spouse to speak Gaelic with the children? Yes No

C8. Please tell us which language(s) your partner **actually uses** when speaking Gaelic with the children?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
- Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C9. Is it **possible** for the children to use Gaelic with each other? Yes No Not applicable

C10. Please tell us which language(s) your children **actually use** with each other? Not applicable

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
- Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C11. Is it **possible** for an involved grandparent to speak Gaelic with children in the family?

- Yes No Not applicable

C12. Please tell us which language(s) an involved grandparent **actually uses** with children in the family?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C13. Is it **possible** to use Gaelic on the phone with other family members?

- Yes No Not applicable

C14. Please tell us which language(s) you **actually use** during phone calls to other family members?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C15. Is it **possible** to talk to neighbours in Gaelic?

- Yes No Don't know Not applicable

C16. Please tell us which language(s) you **actually use** with neighbours?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

At your Work Not applicable

Please state where you work (name):_____

C17. Is it **possible** to speak Gaelic to your co-workers?

- Yes No Don't know Not applicable

C18. Which language do you **actually use** with your co-workers?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C19. Is it **possible** to speak Gaelic to your line-manager?

- Yes No Don't know Not applicable

C20. Which language do you **actually use** with your line-manager?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C21. If you are a boss/line-manager, is it **possible** to speak Gaelic to those you line-manage?

- Yes No I'm not a line-manager Don't know

C22. Which language(s) do you **actually use** with the people you line-manage?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
Mainly English English only Other If other, please specify:_____

C23. Is it **possible** to speak Gaelic to the company directors/bosses (if different from person in C20)?

Yes No Don't know

C24. Which language(s) do you **actually use** with company directors/bosses?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
 Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C25. Is it **possible** to speak Gaelic to the company's clients/customers?

Yes No Don't know Not applicable

C26. Which language(s) do you **actually use** with the company's clients/customers?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
 Mainly English English only Other If other, please specify: _____

At the fank/communal croftwork Not applicable

C27. Is it **possible** to speak Gaelic with others at the fank? Yes No Don't know

C28. Which language(s) do you **actually use** with others at the fank?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
 Mainly English English only Other If other, please specify: _____

Place of Worship Not applicable

If this section is relevant, please specify your place of worship: _____

C29. Is it **possible** to speak Gaelic to the priest/minister? Yes No Don't know

C30. Which language do you **actually use** with the priest/ minister?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
 Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C31. Is it **possible** to speak Gaelic to the priest's/minster's helpers/elders?

Yes No Don't know Not Applicable

C32. Which language do you **actually use** with the priest's/minster's helpers/elders?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English
 Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C33. Is it **possible** to speak Gaelic to other worshippers? Yes No Don't know

C34. Which language do you **actually use** with other worshippers?

- Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English

Mainly English English only Other If other, please specify: _____

At the Sgoil Àraich Not applicable

C35. Is it **possible** to use Gaelic at the sgoil àraich when speaking to staff?

Yes No Don't know

C36. Please tell us which language(s) you **actually use** at the sgoil àraich when speaking to staff?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English

Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C37. Is it **possible** to use Gaelic at the sgoil àraich when speaking to the children?

Yes No Don't know

C38. Please tell us which language(s) you **actually use** at the sgoil àraich when speaking to the children?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English

Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C39. Is it **possible** to use Gaelic with other parents? Yes No Don't know

C41. Please tell us which language(s) you **actually use** when speaking to other parents?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English

Mainly English English only Other If other, please specify: _____

In Broadford Primary School Not applicable

C41. Is it **possible** to speak Gaelic to the main class teacher of your children?

Yes No Don't know

C42. Please tell us which language(s) you **actually use** with the main class teacher?

Gaelic only Mainly Gaelic Gaelic and English

Mainly English English only Other If other, please specify: _____

C43. Is it **possible** to speak Gaelic to the headteacher? Yes No Don't know

C44. Please tell us which language(s) you **actually use** with the headteacher?

